

Hall 195 h.1(1-22)

National Library of Scotland



B000274327

BEACHDAN AITHGHEARR

MU

FIARSUINNEACHD IOBAIRT-REITICH CHRIOSD;

FEUMALACHD OBAIR AN SPIORAD NA OIMH

AGUS

CREIDIMH,

LE CO-CHUR NA NITHE SIN;

MAILLE RI

LAOIDHEAN SPIORADA IL.

LE

GILLEASPUIG FARCHARSON.


"Oir is ann mar sin a ghradhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e 'aon-ghin
Mhic fein, chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm
bi a' bheatha shiorruidh aige."—EOIN iii. 16.

GLASGOW :—J. & P. CAMPBELL.

INVERNESS :—SMITH.

MDCCCXLIII.

GLASGOW :
PRINTED BY WILLIAM GILCHRIST, 145 ARGYLE STREET.



A N R O I M H - R A D H .

THA'N duine glic ag radh ; "Aig gach nì tha trath, agus am aig gach run fuldh neamh : am gu bhi tosdach, agus am gu labhairt." Thalnig an t'am, mata, 's am bheil e dleasnach cha'n e amhain labhairt a mach gu neo-sgathach ; ach mar an ceudna 's am blodh tosd 'na chionta. 'S e sin gu saor mo bharail, agus is e m'aobhar an leabhran so a sgriobhadh. Tha mi fiosrach gu bheil beachdán air an eur sios, agus air an dionadh nach cord ri cuid : agus alr an aobhair sin na'm b'e daoine 'bhithinn ag iaraidh a thoileachadh cha do sgriobh mi idir iad. Ach 's i a oheisd ; am bheil na beachdan sin a reir firinn Dho ? Ma tha, thugadh duino sam bith a chuireas nan aghaidh an aire ciod ata e 'deanamh ; gur h'ann a breabadh an aghaidh nan doalg ata e. Agus chomh-airlichinn do dhuine sam bith a leughas iad gun tlughinn tuille is oban a dh ionnsuidh a chomh-dhunaidh gu bheil iad cearr ; ach rannsachadh mean a dheanamh, agus sin le h'urnuigh, 'n t'eagal le bhi cur 'nan aghaidh, gu'm feud e bhi 'cogadh chum a chroin fein agus crón muinntir eile. 'an aghaidh na frinn, agus air taobh athair na breige. Gu'm bheil trou-n-mhealladh uamhasach ag eiridh o chuid de 'na beachdaibh a tha air an diteadh, tha mi cho dearbhta 's a tha mi a fradharc mo shula, no a claireachd mo chluas : agus tha mo chogais ag innseadh gur h'e anama neo-bhasmhor a shaoradh o 'na meallaidhean sin, an ni sonruicht' a th'agam anns an amharc. Ma 's e 's gu'm bi neach sam blith a meas gu bheil cainnt tuille is geur, agus tuille is pearsanta ann an cuid a dh'aitean ; 's e nio fhreagradh ; nach 'eil mi a saoilsinn gu bheil a chainnt n'is geire na 's coir dhi a bhith : agus a thaobh i bhi pearsanta, 's e their mi, " An duine d'am freagair an cota cuiroadh e uime e ;" Oir cha'n ann a labhairt an aghaidh duine, no dhaoiné a tha mi, ach an aglaidh am mearachdan. " Is dileas lotan caraid ; ach is cealgach pogan eas-caraid."

A thaobh nan laoidhean, oha 'n'eil ni sam bith agam ri radh mu'n deibhinn : tha iad an sin. Bha cuid de dhaoinibh toileach am fàotainn, agus bha e draghail dhomh bhi ga'n sior sgriobhadh ; agus smuainich mi leis an aon dragh gu'n cuirinn bharr mo laimh iad.

BEACHDAN AITHGHEARR, &c.

MU FIARSUINGEACHD IOBART-REITICH CHRIOSD.

A LEUGHADAIR, ma's neach thu a chleachd a bhli rannsachadh a Bhiobuill; tha mi cinnteach gu bheil beachd agad, gu'n robh creutairean anns gach linn do'n t'saoghal gu teachd Chriosd air an iobradh, agus am ful air a dortadh a reir ordugh Dhe. Cha robh na h'iobairtean ud uapa fein comasach air peacadh a thoirt air falbh. 'S ann a bha iad a leigeil ris do dhaoinibh, co uamhasach 's a tha 'm peacadh ann an sealladh Dhe, co eucomasach 's a tha e dha a mhaitheadh as eug'ais dioladh fhaotainn air a shon; agus mar an ceudna a treòrachadh an luchdaoraidh gu bhi 'g amharc air an aghart ris an aon iobairt mhoir a bha Criod gu thoirt suas ann an coimh-lionadh na h'aimsire. 'S ann ris an iobairt sin, mata, a bha creidmhich anns gach linn o thoiseach an t'saoghal gu teachd Chriosd ag amharc air an aghart, agus 's ann ris an iobairt cheudna, a bha agus a bhios creidmhich gu deireadh an t'saoghal ag amharc air an ais, mar an t'aon ri sin trid am bheil e comasaich do Dhia trocair a dheanamh air peacaich, gun an t'eas-urram is lugha a chuir air a lagh; gun a cheartas a chuir air cul, agus gun an smal is lugha a thoirt air gloir ainme. O thoiseach gu deireadh an t'saoghal, cha do thachair agus cha tachair ni co cudthromach ri has Chriosd. Mur basaicheadh Criod, bhiodh an cinnedaoine- gun dochas—an Dia a chruthaich iad, na aobhar uamhais dhoibh—a lagh air ardachadh, agus a cheartas air a ghlorachadh, leis an iomlan diu fhiosrachadh le dioghaltas teine shiorruidh. "As eug'ais

dortadh folà Mhic Dhe, cha bhiodh maiteanas peacaidh ann."

'S e so, mata, a phuinc a dh'ionnsuidh am bheil sinn a' teachd; agus gu cinnteach is puinc chudthromach i. Co'n dream airson an do bhasaich Criod? 'N'ann airson na'n uile, no airson cuid? 'S e ar freagradh; airson n'an uile. "Bhasaich Criod airson a chinne-daoine." Cha 'neil sinn a ciallachadh gu'n do bhasaich Criod airson duine sam bith, air chor's gu'm bi duine sam bith air a thearnadh le a bhàs as eug'ais creidimh. Ni mo tha sinn a ciallachadh gu'm b'e run siorruidh an Athar agus a Mhic gu'm biodh bàs Chriosd le obair an Spioraid Naoimh air a dheanamh na' mheadhon eifeachdach slainte do na h'uile: tha sinn a lan chreidsinn anns an roimh-orduchadh. 'Nuair a tha sinn ag radh, gu'n do bhasaich Criod airson na'n uile, 's e so ata sinn a ciallachadh. Gu'n d'fhosgail Criod le a bhàs dorus trocair do na h'uile—gu'n d'thug e as an rathad na h'uile ni a bha bacadh slainte 'pheacach a thaobh Dhe—nach eil a lagh, a cheartas, fhirinn, gloir ainme, no 'm fuath is cubhaidh ðha a nochdadhbh do'n pheacadh mar an t'ard-uachdaran, a cur bacadh sam bith ann an rathad aon pheacach de shliochd Adhaimh,—na tha do bhacadh ann, gur h'ann maille ris a pheacach fein ata e, eadhon a dhroch cridhe neo-aithreachail, mi-chreideach fein. An so bheir mi air aghart beagan de na reusanaibh a th'againn airson a bhi gabhail a bheachd f'harsuing so air iobairt-reitich Chriosd.

1. Tha sinn a meas gu bheil na Sgriobtuirean ga theagasg. Lengh le curam na h-earrainnean a leanas; "Air an la maireach chunnaic Eoin Iosa 'teachd d'a ionnsuidh, agus thubhairt e, Feuch Uan De, a ta toirt air falbh peacaidh an t-saoghaill." Eoin i. 29. "Oir a ta gradh Chriosd 'gar coimh-eigneachadh, air dhuinn breith-neachadh mar so, ma f huair a h-aon bàs air son nan uile, gu'n robh na h-uile marbh: agus gu'n d'f huair e bàs air son nan uile, chum iadsan a ta beo, nach biodh iad a so suas beo dhoibh fein, ach dhasan a dh'fhuling am bàs air an son, agus a dh'eirich a ris. Eadhon, gu robh Dia ann an Criod a' deanamh an t-saoghaill reidh ris fein, gun bhi a' meas an cionta dhoibh; agus dh'earb e ruinne focal na reite." 2 Cor. x. 14, 15, 19. "A thug e fein

'na eiric air son nan uile, mar f hianuis ann an am iom-chuidh." 1 Tim. ii. 6. "Ach chi sinn Iosa, a rinneadh re uine bhig ni b'isle na na h-aingil, chum tre ghras De gu'm blaiseadh e bàs air son gach uile dhuine, tre f hulang a' bhais air a chrunadh le gloir agus *le h'urram*. Eabhl. ii. 9. "Agus is esan an iobairt-reitich air son ar peacaidhne; agus cha'n e air son ar peacaidhne a mhain, ach mar an ceudna air son peacaidh an t-saoghail uile." 1 Eoin ii. 2. Tha mi fiosrach nach eil a h'aon de na b'earr-annibh sin nach eil cuid de luchd-mineachaидh a fiaradh a null 's a nall, air eagal gu'n tig iad fein agus daoine eile a mach as a chrò chumhann 'sa bheil iad: ach tha an oidheirpean co diomhain, ri garbh-ionnsuidhean na'n tonna buaireasach air Eileanaibh na Gaidhealtachd a chur as an t'sealladh 's an f hairge.

2. Tha am beachd farsuing air bàs Chriosd air a ghabhail a steach anns an t'soisgeul a làn-shearmonachadh. 'N e an soisgeul; "Deadh sgeul mhor-aoibhneis a bhitheas do'n uile shluagh." B'e an soisgeul a shearmonaich Pol air tus do na Corintianaich neo-iompaichte: "Gu'n d'f huair Chriosd bàs airson ar peacanna a reir nan sgriobtuir: agus gu'n d'adhlaiceadh e, agus gu'n d'eirich e a ris air an treas la a reir nan sgriobtuir." 'Nis tha mi feoraich; am biodh e na dheadh sgeul do'n uile shluagh inuseadh dhoibh, gu'n do bhasaich e airson a chaorach fein—airson nan daoine taghta, agus air an son-san amhain? Mu 'm b'urrainn aon pheacach misneach a tharruing o'n t'soisgeil sin, dh'f henmadh e 'n toiseach a thuigsinn gu bheil e de na daoinibh taghta, agus mar sin, ainm fhaicinn sgriobhita ann an leabhar beatha an Uain.

3. Tha sinn lan-chinnteach o f hocal na firinn; gu bheil Dia toirt cuireadh do na h'uile—gn bheil a chuireadh mar bhogha-frois nan speur a gabhlait a steach an t'saoghal mhoir 'n a chuairt. Tha sinn dearbhte mar an ceudna gu bheil Dia treibhdhireach anns a chuireadh sin. "Seallaibh riumsa, agus bitibh air bhur tearnadh, uile iomalla na talmhainn; oir is mise Dia, agus cha 'n 'eil atharrach ann." Is. xlvi. 22. "A ris chuir e d'an ionnsuidh seirbhisich eile, ag radh, Abruibhse ris a' mhuinnitir d'an d'thugadh cuireadh, Feuch, dheasuish mi mo

dhinneir *a ta* mo dhaimh agus mo spreidh bhiadhta air am marbhadh, agus *a ta* na h-uile nithe ullamh: thigibh chum na bainnse." Mata. xxii. 4. "Agus a ta an Spiorad agus a' bhean nuadh phosda, ag radh Thig. Agus abradh an ti a chluinneas, Thig. Agus thigeadh an neach air am bheil tart. Agus ge b'e neach leis an aill, gabhadh e uisge na beatha gu saor." Tais. xxii. 17. Thoir fainear do'n chuireadh fhlialaidh sin, agus cioumas is urrainn duit a chreidsinn gu bheil Dia trei'dhireach ma se's nach do bhasaich Criosd airson duine ach airson nan daoine taghta? A reir a bheachd so, tha chuid eile a' faotainn cuireadh; Ach mo thruaighe! cha neil ni sam bith ann doibhsan, agus tha flios aig Dia air sin. Am bheil duil agad gu bheil Dia a fanaid air a chreutairean? Na toir caidreamh do bheachd cho eas-urramach do Dhia na firinn.

4. Tha e air a mheas ceart gu leoir a radh, gu bheil Criosd ar aon deonach, agus comasach air trocair agus maitheanas a thoirt do na h'uile. "Abair riu, Mar is beo mise, deir an Tighearn Dia, cha'n'eil tlachd air bith agamsa ann ami bas an aingidh, ach gu'm pilleadh an t-aingidh o'shlighe, agus gu'm biodh e beo; pillibh, pillibh, o'ur droch shlighibh, carson a bhasaicheas sibh, O thigh Israel?" Esec. xxxiii. 1 i "Neach leis an aill na h-uile dhaoine bhi air an slanuchadh, agus iad a theachd chum eolais na firinn." 1 Tim. ii. 4. "Cha'n'eil an Tighearn mall a thaobh a' gheallaidh, (mar a mheasas dream araidh maille) ach tha e fad fhlolangach d'ar taobhne gun toil aige dreani sam bith a bhi cailte, ach na h-uile dhaoine theachd gu h-aithreachas." 2 Phead. iii. 9. A nis ma se's nach do bhasaich Criosd airson nan uile, cha'n'eil e fior gu bheil e aon a chuid deonach, no comasach, air na h'uile a thearnadh. Tha e co eu-comasach do Chriosd maitheanas a thoirt do'n chuid airson nach do bhasaich e, (ma se's gu bheil an leithid aon,) 's a tha e dha maitheanas a thoirt do na deamhannaibh; as eu'gais iobairt eile a thoirt suas air an son.

5. Tha sinn a gabhail a bheachd fhrsuing air bas Chriosd, do bhri's nach toir creideas do ni sam bith eile goirid air, sith do'n chogais chiontaich. Faodaidh tu aon ni a thogras tu a labhairt ris a chiontach iomagaineach, ach

gus an toir thu dearbhadh dha o f hocal na firinn, gu bheil esan a measg na muinntir sin airson an do bhasaich Criod, cha labhair thu aon smid ris a bheir sith da chogais, no danachd a thaobh Dhe.

6. Tha mi feoraich ; C'airson a tha Dia a faotainn coire do dhaoinibh an tràs ? Agus c'airson a ni e gu sonruicht' an diteadh an ceann latha mor a chunntais ? Nách ann airson cul a chuir ri Criod agus dimeas a dheanainh air a shlainte mhoir ? " An ti a chreideas ann, cha ditear e : ach an ti nach creid, tha e air a dhiteadh cheana, chionn nach do chreid e an ainm aoin ghin Mhic Dhe. Agus is e so an diteadh, gu'n d'thainig an solus do'n t-saoghal, agus gu'n do ghradhaich daoine an dorchadas ni's mo na'n solus, a chionn gu'n robh an gniomharan olc." " An ti chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha mbaireannach aige ; ach an ti nach 'eil a' creidsinn anns a' Mhac, cha'n fhaic e beatha ; ach a ta fearg Dhe a' gabhail comhnuidh air." Eoin. iii. 18, 19, 36. " Agus dhuibhse a ta fa amhghar, fois maille ruinne, 'nuair a dh'f hoillsichear an Tighearn Iosa o neamh, maille r'a ainglibh cumhachdach, ann an teine lasarach, a' deanamh dioghaltais air an dream aig nach 'eil eolas air Dia, agus nach 'eil umhal do shoisgeul ar Tighearna Iosa Criod. Muinntir air an deanar peanas le sgrios siorruidh o lathair an Tighearna, agus o ghloir a chumhachd." 2 Thesal. i. 7, 8, 9. " Oir ma bha am focal a labhradh le h-ainglibh seasmhach, agus gu'n d'f huair gach uile blriseadh agus easumhlachd diol-thuarasdal dligh-each ; cionnus a theid sinne as, ma ni sinn dimeas air slainte co mòr, a thoisich an tùs air bhi air a labhairt leis an Tighearn, agus a rinneadh dearbhta dhuinne, leosan a chual e." " Oir ma pheacaicheas sinn d'ar toilfein an deigh dhuinn eolas na firinn fhaotainn, cha'n f hagar tuilleadh dhuinn iobairt airson peacaidh, ach duil eagalach re breitheanas, agus fearg theinnteach, a sgriosas na h-eascairdean. An neach a rinn tair air lagh Mhaois, bhasaich e gun trocair, fuidh dhithis no thriuiri a dh'f hienuisibh : cia mor is mo na sin am peanas a shaoleas sibh air am measar esan toillteanach, a shaltair fuidh chosaibh Mac Dhe, agus a mheas mar ni mi-naomha ful a' choimh-cheangail, leis an do naomhaicheadh e, agus a rinn tarcuis air Spiorad nan gras ? Eabh. ii. 2, 3 ; x. 26—

29. Am bheil thu saoilsinn gu bheil Dia a faotainn coire do dhaoinibh, ro dhiombach riu, agus gu'n dean e fadheoidh an diteadh, 's a 'm peanasachadh airson cul a chuir ri Criod, ma se 's nach 'eil ni sam bith ann an Criod dhoibh? Oir cha'n'eil ni sam bith ann an Criod dhoibh ma se 's nach do bhasaich e air an son. Tha sinn lan dearbhta gu'n dean Breitheamh mor an t'saoghail ceartas. Thoir an aire a pheacaich; ma se 's gu'n dean briseadh lagha Mhaois àmhuinn theintich na h'ifrinn f'hagail teth do t'anam, ni cul a chur ri Criod a fagail seachd uairean nis teotha.

Bheir mi a nis air an aghaidh cuid de na h'earrainnean sin a tha, a reir coslais, a' toirt gnuis do'n bheachd clumhann air bàs Chriosd. "Agus beiridh i mac, agus bheir thu Iosa mar ainm air; oir saoraidh e a shluagh fein o'm peacaibh." Mata i. 21. "Air an aobhar sin thugaibh aire dhuibh fein, agus do'n treud uile, air an d'rinn an Spiorad naomh luchd-coimhead dhíbh, a bheathachadh eaglais Dhe, a cheannaich e le f'huil fein." Gníomh. xx. 28. "Fheara, gradhaichibh bhur mnai fein, eadhon mar a ghradhaich Criod an eaglais, agus a thug se e fein air à son." Eph. v. 25. "O f'hoirneart agus o blreitheanas thugadh air falbh e; agus a ghinealach co a chuireas an ceil? oir ghearradh as e o thir nam beo; airson eusaontais mo shluagh-sa bha e air a throm-bhualadh." "Do shaothair 'anama chi e, agus bithidh e toilichte. Le eolas airson ni mi'oglach fireanach morau fhireanachadh; oir giulainidh e an en ceartan. Is. liii. 8, 11. "Is mise am buachaill maith: leigidh am buachaill maith 'anam sios air son nan caorach." Eoin x. 11. Do thaobh nan earrainnean sin cha neil iad ach a fagail na ceist mar a bha i. Cha'n'eil a h'aon diu a dearbhadh gur h'aun airson a shluagh fein amhain, a bhasaich Criod. Tha e fior gu leoir gu'n do leig Criod sios a bheatha airson a chaoirich fein—gu'n do cheannaich e'n eaglais le f'huil; ach tha e cheart cho fior, gur h'e an Iobairt-reitich airson peacanna an t'saoghail uile. Tha an t'Abstol Pol ag radh, do thaobh Chriosd, "a ghradhaich mi, agus a thug e fein air mo shon;" ach am bheil sinne gu thuigsinn o na briathra so, nach do ghradhaich Criod, agus nach d' thug se e fein airson duine sam bith, ach an t'Abstol? A bharr air sin feudar na h'earrannan a

mhineachadh ann an doigh eile, mar earrannan a tha 'leigeil ris, co an dream d'am bheil, no d'am bi, bàs Chriosd 'na mheadhon eiseachdach slainte.

Tha gu leoir de dhiadhairibh urramach nach eil a' gabhairt a bheachd f'harsuing so air bàs Chriosd, agus ged a tha e car dalma do 'm leithid'sa, oidhircipichidh mi air cuid de na uithibh sin a tha ga'n treorachadh 's a mhearachd, a thoirt air an aghaidh.

1. Le bhi 'g amharc air bàs Chriosd anns gach seadh, mar phaidheadh, ain-fhiach, agus le bhi meas gu robh fulangas Chriosd a reir an aireamh do pheacana a ghiulain e; 'se sin ri radh, gu'm feumadh Criosd tuille do dh'fhior pheanas a ghiulan airson aireamh nhor, na airson aireamh bheag do pheacaich. A reir a bheachd so, Ghiulain Criosd buillean peanais a shluaign fein--phaidh e'n tain-fhiach trom air an son. Na'm biodh a chuid eile do n' chinne-daoine air an tearnadh, dh' fheumadh Criosd buillean am peanais-san a ghiulan—an ain-fhiach-san a phaidheadh mar an ceudna; ach cha d'riinn e sin, agus uime sin, feumaidh iad fein a dheanamh. A uis cha 'n 'eil so ach 'toirt dhuinn beachd anabarach iosaí air iobairt-reitich Chriosd—ga'r trecrachadh gu bhi 'g amharc uis mo air meud fulangais Chriosd, na air gloir, agus ardl-inbhe, an ti a dh'f hulaing.

Leis a bheachd so a leantuinn a mach, tha sinn air ar treorachadh gus a cho-dhunadh gu'n dh'f hulaing Criosd urrad do dh' fhior pheanas, agns a dh'f hulaingeadh na daoine taghta ann an ifrinn re na bith-bhuanachd; agus gu'n bi peanas na'n aingidh ann an ifrinn na chomhar; nis uamhasaiche air oleas a pheacaidh, na bha bàs Chriosd; a thaobh 's gu bheil e na ni soilleir gu fulaing iad tuille na dh'f hulaing Criosd. Cha 'n 'eil duine sam bith a saoilsinn gn'n d' f hulaing Criosd mar Dhia, ach amhain mar dhuine. Ann an doimhneachd fulaingis Chriosd bha dochas aige, ach cha bhi dochas acasan ann an ifrinn: Cha robh fulangais Chriosd ach gearr; bithidh fulangais na'n aingidh gu siorruidh: cha robh aithne aigesan air agartas na cogais chiontaich; ach a'n ifrinn,—

“ Bidh do chogais gad' phianadh mar sgian ann ad' chridhe,
‘S co-ionannu a giulan 's laidhe ruisgt' ann an sgitheach.”

Bha fulangais Chriosd gu'n teagamh sam bith uamhasach ; cha ruig sinn a leas ach amharc air ann an gàradh Ghetsemani, 's air sliabh Chalbhari, agus chi sinn sin. Ach O ! 's ann gu sonruicht' air morachd a's maise an ti a dh'f hulaing 'bu choir dhuinn bhi 'g amharc ; se sin an ni a tha leigeil ris dhuinn uamharrachd a pheacaidh, agus a dh'f hag an iobairt a thug e suas, cho neo-chriochnach iomlan, agus luachmhor. Ach ciod tuille a raigeas mi leas a radh mu'n bheachd so, agus gu bheil a chuid is mo do dhaoinibh poncail an deidh a treigsinn.

2. Tha ni eile 'treorachadh dhaoine sa mhearachd ; agus 'se so e. Gun iad a bhi cur dealachadli 'nan inntinnibh eadar bàs Chriosd ann fein, agus rùn siorruidh Dhe a thaobh na muintir sin a bhiodh trid creideamh 'sa bhàs sin air an toirt fa-dheoidh chum slainte. Tha e na ni dearbhta dhomhsa, nach eil na sgriobhairean a tha air taobh na cumhannachd do'n cheist a deanamh so, a chionn cho dichiollach 'sa tha iad ann a bhi dearbhadh an taghaidh, agus an roimh-orduchaidh, agus an sgrudadh anabarach a tha iad a deanamh air na h'uile earrann a chuid-icheas leo chum na criche sin. A nis, anns a chuid sin deth tha 'n saothair gu buileach 'an diomhanas, do blri nach eil sinne ag aicheadh, an ni a tha iadsan a dearbhadh. Tha sinn ag aideachadh gu robh aireamh shonruichte do'n chinne-daoine air an toirt do'n Mhac leis an Athair o shiorruidheachd, gu robh iad sin gu.sonruichte aig Criosd anns an amharc 'nuair a thainig e do'n t'saoghal 's a bhasaich e,—gu robh, mar gu'm b'ann, an ainmean egríobhta air a chridhe 'nuair a chaidh e steach mar an t'ard-shagart do na neamhaibh—gur ann air an sonsan a tha e ag eadar-ghuidhe, agus gur iadsan fa-dheoidh a bhios air an toirt chum slainte. Ach ged a tha sinn ag aideachadh so air fad, cha 'n 'eil an rùn diomhair sin a deanamh atharrachadh sam bith air bàs Chriosd, tha e ga f hagail leis fein mar a bha e, uile-fhoghainteach, uile-ionlan, agus uile-shaor do na h'uile. A bharr air sin, bha nithean eile aig Dia anns an amharc cho mhath ri aireamh shonruicht' do'n chinne-daoine a thearnadh. Bha so aige 'san amharc a thaobh bàs a Mhic, gu'm biodh e fein air a ghlorachadh, agus dorus trocair air fhosgladh do na h'uile, agus mar sin bunait air a shuidheachadh,

chum cuireadh fialaidh, farsuing, tredhireach, a thoirt do shliochd Adhaimh air fad.

3. Tha gun a bhi cur eadar-dhealachadh eadar iobairt-reitich Chriosd, agus maitheanas, fireanachadh, saorsa, agus slainte a treorachadh cuid 'sa nihearachd. Cha ni'n iobairt-reitich, maitheanas, fireanachadh, saorsa, no slainte. Cha 'ni aon de na nithibh sin ; cha 'ni'n t'iomlan, diu. 'Si 'n iobairt-reitich an ni sin airson, no am fosgladh, trid a bheil na beannachdan sin air am buileachadh. Tha corr is och-ceud-deug bliadhna on a thug Criosd suas e fein mar iobairt-reitich, ach anam duine cha 'neil air a mhaiteadh, air fhireanachadh, no air a shaoradh gus a mhionaid sam bheil e creidsinn an t'soisgeil. Bhasaich Criosd airson nan uile, ach cha 'n 'eil na h'uile, air am fireanachadh, air am maitheadh, air an saoradh, no air an slannachadh.

Ann an iobairt-reitich Chriosd tha Dia 'toirt foillseachadh uamhasach air a cheartas ann a bhi 'gabhal diolaidh airson peacaidh, ann am pearsa a Mhic. Shaoilta na 'm bu chomasach do Dhia baigh sam bith a nochdadhbh do'n pheacadhbh,—an dlu-cheangal a tha eadar peacadhbh agus peanas a chuir fa-sgaoil, gu'n deanadh se e 'nuair a bha Mac a ghraidh ga ghiulan—ga thoirt fein suas mar iobairt air a shon, ach cha bu chomasach e. O ! mata, gabhadh daoine rabbadh, oir mu chaidh na nithe ud a dheanamh ris a chrann ùr, ciod a nithear ris a chrionaich ? Ach mu tha bas Chriosd a toirt foillseachadh uamhasach air olcas a pheacaidh, tha e mar an ceudna a toirt foillseachadh gloirmhor air gradh Dhe do shaoghal cailte. "An so tha gradh, cha 'ne gu'n do ghradhaich sinne Dia, ach gu'n do ghradhaich esan sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac fein gu bhi na iobairt-reitich airson ar peacanna." 'S ann is muladach an ni gu bheil a chumhanachd cheudna a tha ann an inntinnibh cuid de dhaoinibh mu bhlas Chriosd, annta mu ghradh Dhe. Cha'n f hulaing iad a chluinntinn gu 'n do ghradhaich Dia an saoghal air fad ; ach cluinneamid briathran 'n Fhir-shaoiridh fein mu'n chuis : air chinnte 's ann aigesan tha fios ceart. Eoin iii. 16. "Oir is ann mar sin a ghradhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon-ghin Mhic fein, chum is ge be neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha

shiorruidh aige." Nach eil e na ni soilleir o'n earrainn so ; gu bheil " an saoghal a ghradhaich Dia" nis farsuinge, agus a' gabhail tuille a steach ann, na " ge be neach a chreideas ann." Cionnas a leughadh an earrainn ? " Oir is ann mar sin a ghradhaich Dia *na daoine taghta*, gu'n d'thug e aon-ghin Mhic fein, chum is ge be neach *de na daoinibh taghta* a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha shiorruidh aige :" mar gu'm biodh cuid de na daoinibh taghta nach creideadh ann idir. Cha'n aithne dhomh aon aite eadar da cheann a Bhiobuill far a bheil an saoghal air a radh ris na daoinibh taghta. Cha'n'eil e deanamh atharrachadh air a chuis, Iudhaich a's Cinnich a radh ris an t'saoghal ; oir tha e air a thuigsiun gur h'e tha sin a ciallachadh na daoine taghta o mheasg na'n Iudhach, s nan Cinneach.

Ann an Iobairt Chriosd, mata, cha'neil dorus na trocair air fhosgladh nis farsuinge do dh'aon duine, na do dhuine eile, ni mo a tha 'n obair sin a toirt foillseachadh n'i's mo air gradh Dhe do dh'aon duine na do dhuine eile. 'S ann tha 'n obair sin a toirt an aoin fhoillseachadh ghloirmhoir air gradh Dhe ar Slanuif hear do dhaoinibh mar sholas dealrach na greine—

" 'Si 'g eiridh o sgiath na'm beann,'

A sgaoileadh a soluis agus a blathais, leis an aon fhiatalidheachd do gach creutair beo. 'S i obair an Spioraid Naoimh, agus cha n'i obair Chriosd a tha toirt foillseachadh air a ghradh shonruichte sin a bha ann an rùn siorruidh Dhe, a thaobh na'n daoine taghta. Tha 'n rùn-diomhair sin a tighinn am follais, uidh air uidh, a reir 's mar a tha peacach an sud san so, peacach an deidh peacaich, a faotainn dearbhadh, 's a toirt dearbhadh seachad, gu bheil e, da rireadh, le teagast an Spioraid air a threorachadh gu creidsinn ann an obair Chriosd. " Buinidh na nithe diomhair do'n Tighearn ar Dia ; ach na nithe ata foillsichte dhuinne, agus d'ar cloinn a chaoiadh." " 'Ni nach buin duit na buin da.' Bi glic, mata, agus leig leis na nithe diomhair, gus am foillsich Dia iad ; an sin buinidh iad duit. 'S iad na ceistean bu chubhaidh dhuitse bhi cur ; 'An d'fhoillsich Dia a ghradh dhomhsa ? 'Bheil gu leoир ann am bàs Chriosd dhomhsa ? 'Bheil Dia

toileach gabhail rumsa air sgath a bhais sin? Tha na sgriobtuirean ag radh, *tha*, agus an Spiorad agus a bhean nuadh-phosda ag radh. *Amen.*

MU FHEUMALACHD OBAIR AN SPIORAID NAOIMH.

CHAIDH a leagail ris cheana, gu'n d'thug Chriosd le a bhas as an rathad na h-uile ni a bha bacadh slainte 'pheacaich a thaobh Dhe—nach eil bacadh sam bith a nis ann an rathad aon pheacach a tha 'g eisdeachd an t'soisgeul, ach na tha maille ris fein, eadhon a dhroch cridhe mi chreideach fein. Amach 'o obair Chriosd cha' n'eil ni sam bith is comhraichte, is soilleire, agus is dearbhta, na feumalachd obair an Spioraid, air a thoirt air aghart eadar da cheann a Bhiobuill. Air chor 's gu feudar a chur sios mar phuinc sheasmhaich nach gabb atharrachadh, no aicheadh; nach eil, nach robh, 's nach bi uiread a's aon anam de shliochd Adhaimh air a bhreith a ri's no air a thoirt gu creidsinn aon an Criosd as eug'ais an Spioraid. Ged' a theid oidheirp a thoirt air naomhachd, spioradalachd, farsuingeachd agus seasmhachd lagha Dhe a leigeil ris do dhaoinibh, agus, na bagraidhean uamhasach da'm bheil bristeadh an lagha sin ga'm fagail buailteach. Ged a theid an comhdachadh, mar gu'm b'eadh, a thoirt bharr an t'sluicdh ata gun iochdar, agus peanas gairiseach a pheacaidh mar ata e air f'haireachduinn an sin, anis a ghul, 's anns a ghiosgan fhiacal—anns a chiuimh nach basaich, 's anns an teine nach muchar a chaoidh, na'n lan uamhas a chur an geill.—Ged a theid an cuirtean a tharruing a thaoibh, agus gloir a's greadhnachas na flaitheas a leagail ris, maille ri sonas neo-chriochnach agus ard-inbhe a' luchd-aiteachaidh.—Agus ged a theid 'ni s cudthromaiche na iad sin air fad a chumail a mach, iongantasan Ghetsemani agus Chalbhari; seircein graidh an Athar, ailleagan na'm flaitheas, iomlaine na maise, a'n cruaidh-ghleachd anama a fulang an ait' a chinne-daoine—f huil chraobhach ga dortadh—athair ga threigsinn—

claidheamh a cheartais ga bhualadh—agus ifrinn a's talamh, deamhain a's daoine, air an leigeil mu sgoil air,—seadh, ged a theid na nithe sin air fad a thoirt gu soilleir, druidh teach fa chomhair dhaoine, agus guidhe orra leis gach uile dhurachd, as uchd Chriosd iad a bhi reidh ri Dia; as eug'ais cumhachd o na n' h-airdibh, buan-nichidh iad gun charachadh! O! nach e so a tha toirt nan dearbhaidhean uamhasach air aingidheachd chloinn nan daoine, co buileach truaillidh 's a tha iad, agus an dian naimhdeas a tha 'nan cridheachaibh an aghaidh Dhe. Cha 'n aithne dhomh firinn sam bith is feumaile a bhi air a deargadh gu domhain, drughteach air cridhe gach neach a ghabhadh os laimh a bhi cosnadh anamanna do Chriosd? na feumalachd obair an Spioraid; a chum sgu'n taic e ris, gu'n gabh e a' sheoladh, agus gu'n tagair e air a shon. 'S e an spiorad Naomh a thoisicheas, a ghiulaineas air a haghart, agus, fa-dheoidh a chriochnaicheas an deadh obair anns an anam; ach cha 'neil e deanamh aon chuid diu as eug'ais creidimh, mar a chi sinn an deigh so.

Ach ciod an t'aobhar airson am bheil obair an spioraid feumail? A'm briathribh eile; Ciod an t'aobhair nach 'tig daoine gu h' aithreachas, agus nach creid iad an soisgeul? ni a tha cho dearbhta, a' toirt o leithid a dh'fhoillseachadh iongantach air caomh throcair Dhe, agns mar sin na mheadhon co freagarrach air cridheach-aibh dhaoine a chosnadh do Dhia, agus an toirt gu h' aithreachas: Co dhiu 'si cion-toil, no da rireadh cion-comais is aobhar? 'Se mo f hreagradh; cion-toile, agus cion-toile amhain, a tha 'geiridh o naimhdeas do Dhia, o uabhar anama, 'so thlachd anns an olc.

Bheir mi oidheirp air so a dhearbhadh, agus uime sin tha e feumail a leigeil ris ann an cainnt chumanda mar anns na Sgriobtuiribh gu bheil cion-comais air a radh ri tomhais ard do chion-toile. Nach bitheanta a chual thu daoine 'g radh: "Cha n'urrainn domh dol leat;" "Cha neil e comasach domh 'n t'airgiot thoirt a duit." Mar an ceudna; "Nach dubhaint mi riut nach b'urrainn am misgear ud dol seachad air 'n tigh òsda;" "Nach dubhaint mi riut nach b'urrainn an droch dhuin ud sgur d'a shloitireachd." Nach eil a chainnt sin air a tuigsinn math gu leoir? Nach eil lan f hios aig na h'uile duine, gur

h'e tombas ard de chion-toil a tha i' ciallachadh? Gu bheil cleachdainn na misge agus na sloitireachd air tighinn gus a leithid a dh'airde, air chor's gu bheil aomadh an naduir ga 'n ionnsuidh, cha 'n urrainn doibh, mar gu 'm b'eadh, an treigsium; se sin ri radh, cha'n 'aill leo an treigsinn. 'S ann d'an nadur so a bha cion-comais braithrean Iosaiph, "cha b'urrainn iad labhairt ris gu siochail;" Ciod a b'aobhar, ach an crosdachd, 's 'a naimhdeas fein. Is tur eadar-dhealaichte uatha sin, a bha cion-comais na maraichean a bha san luing maille ri Iona; "Gidheadh dhiomraim na daoine gu cruidh, a chum pilleadh gu tir ach cha b'urrainn iad; oir dh'fhas onfha na fairge ni bu mho, agus ni bu mho na 'n aghaidh." Cha robh na maraichean r'a choireachadh: cha'n eil duine nach gabbadh an leisgeul; ach cha do thachair sin do bhraithrean Iosaiph.

Thig a nis a dhionnsuidh na h'earrainn sin, a tha gu leoir de dhaoinibh a cur mar adhartan socrach fo'n ceann. "Cha 'n urrainn neach air bith teachd a m'ionnsuidh'sa mar tarruing an t'Athair a chuir uaith mise, e." Eoin vi. 44. Ann an aite na h'earrainn so bhi ghabhail leisgeul duine na'm biodh i air a tuigsinu gn ceart, cha 'n 'eil aon earrann 'sa Bhiobull is mo a tha 'na cuis dhitidh dha na i. Am bheil thu saoilsinn gur h'ann de nadur cion-comais na maraichean a tha so, a ghabhas an leisgeul? cha'n ann idir. 'Si cion-toil, no aingidheachd, is ainm da; a tha 'g eiridh o uainhdeas cridhe an aghaidh Dhe, 'sa tha cholaidir's nach teir ni sam bith gairid air cumhachd an Spioraid Naoimh buaidh air. A chum's nach bi thu a saoilsinn gu bheil sinn a gabhair beachd cearr air a chion-comais so, leugh na h'earrainnean a leanas. "Ge b'e neach a ghineadh o Dhia, cha dean e peacadh; oir a ta a shiolsan a' fantuinn ann: agus cha 'n 'eil e'u comas da peacadh a dheanamh, do bhrigh gu'n do ghineadh o Dhia e." 1 Eoin iii. 9. "Oir cha'u urradh sinn ui air bith a dheanamh an aghaidh na firinn, ach air son na firinn." 2 Cor. xiii. 8. "Oir cha 'n 'eil e'n comas duinne gun na nithe a chunuaic agus a chuala sinn a labhairt." Gniomh. iv. 20. "Greas ort, teich 'an sud, oir cha 'n urrainn mi ui air bith a dheanamh gus an teid thu'n sud; Gen. xix. 22. "Ann an dochas na beatha maireannaich,

a gheall Dia do nach comasach breug a dheanamh, roimh chruthachadh an t-saoghail." Titus i. 2. Mur bu neo-chomasaich an t'Abstol Pol air labhairt an aghaidh na firinn, is ann bu mhō a bha e r'a mholadh ; aeh mar is neo-chomasaiche daoine air sgur de'n ole, Dia a ghradhadh, agus creidsinn ann an Criosd, 's ann is mo a tha iad r'an diteadh, agus is toillteanaiche iad air diom' agus feirg. Ciad a tha thu saoilsinn a chùm am fear a phòs a bhean o thighinn a dhionnsuidh na suipearach? Thubhairt e fein, "cha 'n 'eil e 'n comas domh teachd." An saoil thu 'n robh e ceangait' le h'iarunn? Cha robh ceangal sam bith air, aeh a chion-toil fein, nach b'aill leis teachd.

Tha sinn mata tighinn a dhionnsuidh ceist eile; Am bheil thusa saoilsinn na 'm biodh duine fior dheonach, uile thoileach air creidsinn ann an Criosd, am b'nrrainn da sin a dheanamh leis na buaidhibh nadurra a th'aige? Tha mi dearbhta gu'm b'urrainn. (Thoir fainear nis; cha 'n'eil mi saolsinn gu bheil duine 's am bith uaith' fein, aon a chuid deonach no thoileach air creidsinn ann an Criosd, no air gabhairt ris.) Oir na 'm biodh duine fior dheonach air creidsinn ann an Criosd, agus nach b'urrainn da sin a dheanamh, cha bu pheacadh dha e, agus cha deanadh Breitheamh cothromach an t-saoghail a dhiteadh air a shon. A nis tha'n flirinn'ag innse dhuinn gur peacadh uamhasach, mi-chreidimh—peacadh na m peacanna—clach steigh a's chinnaidh na h'aingidheachd,—gu bheil gach diteadh a tha 'g eiridh o bhriseadh an lagha mar gu b'eadh, a' dol as an t'sealladh ann an coimeas ris an diteadh a tha 'g eiridh uaith' so. "An ti a chreideas anu, cha ditear e: ach an ti nach creid, tha e air a dhiteadh cheana, a chionn nach do chreid e an ainm aoin-ghin Mhic Dhe. Agus is e so an diteadh, gu'n d'thainig an solus do'n t-saoghal, agus gu'n do ghradhaich daoine an dorchadas ni's mo na'n solus, a chionn gu'n robh an gniomharan ole" Eoin iii. 18, 19.

Cha'n aithne dhomh treun mhealladh is uamhasaiche na na beachdan mearachdach a tha aig cuid de dhaoinibh mu'n phuinc so. Air chor 's ged a bhithinn air mo chur air m' fhocall 'an lathair breitheimh saoghalta a thaobh an didean bhreige is uamhasaiche agus is bitheanta leis

am bheil anama neo-bhasmhor ga' mealladh fein, 'se 'm beachd mearachdach a th'aca mu chion-comais a dhainmichinn. Nach minic a chluinneas sinn daoine 'g radh ann an am a bhi sparradh orra an dleasnais mhoir sin; "grad chreidsinn ann am Mac Dhe." "O! cha'n urrainn duinne creidsinn, cha'n urrainn duinne ni sam bith a dheanamh gus an tig latha cumhachd; gus an dean e fein e." Nuair a tha leithid sin de chainnt air a toirt air a h-aghart mar leisgeil, feudar bhi lan dearbhta ciod a tha 's a chridhe. A reir barail na'n daoine sin, "tha iad fior dheonach air creidsinn, ach, O! cha n' urrainn doibh, cha'n'eil iad comasach." A nis nach 'eil e 'na ni soilleir gu bheil na beachdan sin agus an fhirinn a tighinn tur an aghaidh a cheile? Tha iadsau ag radh: "Tha sinne toileach, ach cha'n urrainn duinn :" Ach 's e tha n fhirinn ag radh; "Cha'n aill leibh teachd ani' ionnsuidh-sa." Anns an doigh sin tha na daoine air an cumail 'nan suain chadail leis a bhreig. Agus, nuair a bheirear ionnsuidh air an didean mhillteach, bhreugach, a sguabdh air falbh, le firinn Dhe a thoirt mar f hrois chloich-mheallain chum bualadh air; cha luaithe a thig anail na gaoithe reoidhте a choir an blathais, no rudeigin de mhosgladh air an cogaisibh as an trom chadal mhilis sam bheil iad, na ann am mionaid tha'n glaodh air chois: "tha iad ag aicheadh obair an Spioraid," agus tha: "tha iad ag aicheadh obair an Spioraid," a dol o bheul gu beul; gun chion teachd-airean ga ghiulain: Cha'n'eil sinne ag aicheadh obair an Spioraid, ach 's ann tha sinn a deanamh feum do dh'fhirinn an Spioraid, agus sin ann an umhlachd dha: "dh'fheuchaim an toir e uair air bith aithreachas dhoibh, chum aidmheil na firinn. Agus air mosgladh dhoibh gu'n teid iad as o ribe an diabhuil, aig am bheil iad air am beo-ghlacadh chum a thoile" 'chur an gniomh. Agus cha tig an la gu dilinn a thig iad gn b'aithreachas, gus an tig iad gu bhi dh'aon imntinn ri Dia, a thaobh a ni a tha ga'n cumail o chreidsinn: oir cionnas a ghabhadh duine aithreachas a thaobh a ni a tha e toileach a dheanamh, agus nach urrainn da.

Ach tha thu'g radh; "Cionnas is urrainn duine creidsinn 'se dall, aineolach—air a dhalladh aig dia an t'saoghal so?" Tha sin fior gu leoir: ach tha e cheart cho fior gu

bheil e dall ga dheoin—a' dunadh a shuilean, 's a toirt fuath do'n t'solus. 'S math is urrainn "da sin a dheanamh. Ach tha thu 'gradh. Nach eil daoine marbh gu Spioradail? Agus ciod is urrainn duine marbh a dheanamh?" Tha iad marbh gun teagamh, agus tha'n t'Abstol Pol ag innse dhuinn ciod anns am bheil am bas sin a cosheasamh;—Gur bas an inntinn fheolmor, a tha 'na naimhdeas an aghaidh Dhe; oir cha 'n'eil i umhal do lagh Dhe, agus cha mho a tha'n comas di bhi. Rom. viii. 6, 7.

"'S b'e sud am bas uamhasach, searbh,
Naimhdeas garg anns an inntinn ri Dia :
Seachran aigne, as coimhicheas anm',
Ardan cridho ro anabarrach dhian."

Tha iad marbh, gun teagamh, do Dhia 's do naomhachd ? ach tha iad beo mar an ceadna—beo do'n pheacadh, do'n diabhul, do'n t'saoghal, 's do'n fheoil. "Agus ciod is urrainn duine marbh dheanamh?" Innsith mise sin duit: a's urrainn da creideas a thoirt do n'bhreugaire, an diabhul; agus mi-chreideas a thoirt do Dhia na firinn; e fein a sgrios, agus gu leoir de chron a dheanamh. Mu se 's gu bheil thu s'a bheachd gu bheil am bas Spioradail, anns gach seadh cosmhail ris a bhas aimisreil, tha thu sad a'm mearachd.

Tha am beachd cearr a th'aig cuid de dhaoinibh mu nadur eion-comais an duine, ga fheuchainn fein anns an t'seoladhl sheachranach a bheir iad do pheacach iomaganach. Ann an aite slighe na slainte tre chreidiamb anns an Tighearn Iosa Criosd, 'fhosgladhl suas fa chomhair inutinn, agus a ghairm gu grad chreidsinn mar bu choir; 'sann a bheir, na daoine sin, 'nan gliocas fein a meas gun teagamh sam bith, a bhi cur mor urram air an Spiorad, seoladhl eile dha: ag radh ris. "Cha 'n urrainn duit creidsinn; ach is urrainn duit a bhi 'g urnuigh ri Dia airson an Spioraid, gu'n oibrich e creidimh annad: bi feitheamhl ri Dia le bhi gnathachadh na meadhonan; agus 'na am iomchuidh fein, bheir e creidimh dhuit, agus ni e trocair ort." Na'm biodh toil agam am peacach a chumail o chreidsinn 's e sin an seoladh a bheirinn da. C'ait eadar da cheann an Tiomnaidh Nuaidh an deachaidh a leithid do sheoladh, 'thoirt leis na daoinibh sin a

bha air an deachdadh leis an Spiorad Naomh? Nach eil a cheart uiread a dh'aobhar aig duine a bhi creidsinn ann an Criod, 's a tha aige a bli creidsinn anns an Spiorad? Nach eil na Sgriobtuirean a' labhairt a cheart uiread mu Chriosd, 'sa tha iad a' labhairt mu'n Spiorad? Nach eil e a cheart cho furasd' do dhuine creidsinn 's a tha e dha urnuigh a dheanamh? se sin ri radh, an urnuigh anns am bheil feum, agus a gheibh eisdeachd: oir urnuigh sam bith eile, 's ann a tha i na grainealachd do Dhia. Cionnas a ni duine urnuigh gun chreidimh? Nach eil an Spiorad Naomh ag radh; "Ach cionnus a ghoir-meas iad airsan anns nach do chreid iad? agus cionnus a chreideas iad anns an ti air nach eual iad ionradh? agus cionnus a chluinneas iad gun searmonaiche?" Rom. x. 14. "Ach as eughmais creidimh cha 'n'eil e'n comas a thoileachadh: oir is eigin do'n ti a thig a dh'ionnsuidh Dhe a chreidsinn gu bheil e ann, agus gur e 'n Ti e a bheir duais do'n dream a dh'iarras e gu dichiollach." Eabh. xi. 6. Cha deachaidh agus cha teid aon urnuigh suas chum na righ-chathrach, ach trid creidimh's an Eadar-mheadhonair. Ann an aite an duine a bhi air a threorachadh chum na firinn a tha Dia 'g aithne dha a chreidsinn, 's ann a tha e air a thoirt gu bhi 'g amharc a steach 'na chridhe fein, a dh'f heuch am faic no'm fairich e, 'n rud math sin ris am bi daoine 'g radh creidimh; agus e rè na h'uine tur aineolach air. "Bi feitheamh ri Dia." Cionnas a dh'fheitheas duine gun chreidimh? C'arson a dh'fheitheadh e? agus gu bheil Dia 'g radh: "Feuch a nis an t'am taitneach; feuch, a nis la na slainte." Na h'uile mionaid a tha duine feitheamh gun chreidsinn, cha 'n ann ri Dia a tha e feitheamh, ach ris an diabhal. C'arson a dh'f heitheadh tu; agus gun fhios agad mu'n eirich grian an ath-la, nach bi t'anam ann an ifrinn? Duine sam bith a tha feitheamh's a 'g urnuigh airson creidimh, nach i barail an dnine sin, gu bheil e fior dheonach air creidsinn, ach nach urrainn da? Feudaidh toil a bhi aig duine neo-iompaichte air ni math eigin, a reir a bharail fein, fhaotainn 'na chridhe—tomhas de blhruiteachd, de mliothachadh, de thaisealachd, de dh'eagal, no de ni-eigin leis am mol se e fein do Dhia, leis an tig e 'na lathair air bunait fhireantachd fein, no leis an

coisinn e fhabhar; ach toil sam bith cha 'n'eil aige air tighinn, mar a tha Dia ag aithne dha, gu ruisgte, ciontach, graineil, agus a mhisneach gu leir, tre chreidimh, a thar-ruing o'n iobairt iomlan a thug Criod suas.

Chuala mi iomradh air ministeur araid a chaidh a labhairt ri nighinn, an deidh na searmoin, 's i air a lotadh gu mor. "O! ars ise, a caoineadh, an eiginn domhsa dol clachaidh an nochd gun Chriod agam?" "A bhrònaig bhochd," ars am ministir, "f huair thus' a cheud chuid de n' ghairm eifeachdaich; bi falbh dhachaidh, agus bi 'g urnuigh airson na cuid eile; agus theid mis a dh'urnuigh air do shon mar an ceudna." Thug mi 'n naigh-eachd so air aghart, cha'n ann a chionn gu bheil mi g'a chreidsinn; ach airson na muinntir a tha ga sgaoileadh: do bhri gu bheil e cottach gu bheil iad a'g aontachadh leis, agus gur h'e an seoladh a bheireadh iad fein seachad. Tha e cottach mata a thaobh na h-ighinn bhochd, gu'n robh i 's an am, a reir a h'aidmheil fein, as eug'ais Chriod; agus, uime sin, buailteach do f heirg a Crníth-fhear. Anns an staid sin chaidh misneach a thoirt di. Chaidh innse dhi gu'n d'fhuair i 'cheud chuid de 'n ghairm-eifeachdaich. Tha i nis air an rathad co dhiu. Thoisich an deadh obair. Cha bu bheag a mhisneach so a chum na deoir a thiormachadh suas: ach tha tuille is sin anns an t'seoladh thruagh: Chaidh a cur a dh'urnuigh airson na cuid eile de'n ghairm eifeachdaich! "'S mise ni sin," ars ise, "ma ni urnuighean an gnothach 's mise nach caomhain iad—gach maduinn, feasgair, 's meadhon-la, s mis a theid gu togarrach a dh'urnuigh." Rè na h'uine, gun teagamh sam bith, bhiodh a suil air a chridhe, a dh'feuch an robh a "chuid eile de n ghairm eifeachdaich," a tighinn. Aig amanaibh air-leatha gu bheil i 'faireachadh rud-eigin cottach ris 'na cridhe; 's aig amanaibh eile, tha an t'iomlan ga fagail. Ach 's ann mu dheireadh a tha 'mhisneach is mo air fad: "Theid mis a dh'urnuigh air do shon mar an ceudna." "An duine beannaichte" ars ise "'s minig a fhuair urnuighean-sa eisdeachd! agus, O! nach sonadh mise a' ministeur a dol a dh'urnuigh air mo shon! air chinnt cha'n eagal domh a nis." Chaidh moran misnich a thoirt do'n nighinn bhochd; agus gun uiread

is aon bhoinne de'n mhiúinich cheart a tha sruthadh o iobairt iomlain aon Mhic Dhe. 'Si obair an Spiorad, agus cha b'i obair Chriosd, an soisgeul a chaidh a thoirt di. 'S mise tha dearbhta nach b'e sud an doigh sam buineadh an t'Abstol Peadar, no Pol, ris an nighinn: gun dol a'nail no nall, dheanadh iad a gairm gu h'aithreachas a dhéanamh, agus an soisgeul a chreidsinn.

Cha 'n'eil fhiös agam nach 'eil cuid de dhaoinibh glice crabhabhach, againn air feadh na Gaeltachd a bheireadhl, leasan do Phol fein; seadh, na'n biodh iad na'n seasamh ceart laimh ris 'nuair a thubhairt e ri fear-coimhead a pliriosain; "Creid anns an Tigbearna Iosa Criosd, agus tearnar thu,"—a bheireadh uileag dha, ag radh ris; "Tha thu cearr a Phoil; saoilidh an duine gu'r urrainn da fein creidsinn; bitheidh e'n cuunart creidsinn gu nad-urra: 'se bu choir dhuit a radh ris, e bhi'g urnuigh airson an Spioraid chum 's gu'n oibrich esan creidimh ann." Ciod a tha thu saoilsinn a theireadh Pol ris? Cha 'n'eil flios agam an labhradh e ris co geur 's a labhair e ri Elimas an druidh, nuair a bha esan mar an ceudna ag iarraidh an t'uachadar an thionadh o'n *chreidimh*; ach tha mi lan dearbhta gu 'n tugadh e ach'asan da; maith a dh'fheudta anns na briathraibh a leanas; "Air bhi dhomhsa air mo chur a' mach leis an Spiorad Naomh, tha mi a labhairt na'm briathra a theagaig esan domh, agus co thusa gu'm biodh tu 'labhairt an aghaidh an Spioraid Naoimh? Nach sguir thu do fhiaradh shlighean direach an Tighearna?"

Ach tha thu 'g radh; am bheil thu toirmeasg urnuigh gu buileach? Cha'neil, 's cha robh. 'S e dleasnas na h'uile duine a tha mach a h'ifrinn a bhi'g urnuigh; fhad 'sa tha Dia 'na shuidhe air cathair na trocair; ach tha dleasnas eile a dh'fheumas dol air thoiseach air, eodhain, creidsinn ann am Mac Dhe. Cha 'n'eil ann ach dalmachd a's ceannaire ladarna, do mhac peacaich oidheirp a thoirt air tarruing am fagus do'n "Ti ard agus uasal do'n aite, comhnuidh siorruidheachd, do'n ainm an Ti naomh," ach an bhain tríd creidimh anns an aon Eadar-mheadhonair, an Tighearna Iosa Criosd. Cha'n abair mi, co dhiu, ri duine sam bith gun e dhol a dh'urnuigh gus am bi e dearbhta gu bheil e a creidsinn; oir tha fhiös agam nach

luaithe a chreideas duine na 'dh'f heudar a radh d'a thaobh ; "Feuch ata e ri urnuigh." Cha ruig thu leas dol a dh'iarraidh cuideachaид sam bith o'n ni a thubhairt Peadar ri Simon an druidh, no a urnuigh a ghaduiche air a chrann : oir bha aithreachas air a chur air thoiseach air urnuigh anns an ni a dh'aithn Peadar do Shimon ; agus a thaobh urnuigh a ghaduiche, cha 'n'eil urnuigh eadar da cheann a Bhiobuill is soileire a tha dearbhadh gur a h'ain o chreidimh a bha i, na cheart urnuigh.

Ach dh'f heudadh e bi' gu bheil thu 'g radh. "B'f hearr leam gu minicheadh tu dhomh creidimh : 's ann a tha mi amhurasach gur h'e creideamh, aotrom, fuar, cinn a tha thu cumail amach." Mata a charaid, 'se sin an ni nach 'eil soirbh r'a dheanamh dhomhsa ; cha'n ann do bhri 's gu bheil creidimh 'na ni domhain, diomhair, fada' fada thall, air nach gabh ruigheachd as eug'ais moran sgoilearachd a bhi 'n ceann duine ; ach do bhri 's gu bheil e 'na ni cho simplidh, 's cho so-thuigsinn do na h'uile duine. A bharr air sin, tha e coltach gu robh daoine ann an laithibh na'n abstol ni bu shoilleire m'a chreidimh na tha iad a nis ; a chionn nach eil iomradh againn gu'n do chuir aon duine a cheist ciod a bha air a chiallachadh leis dhoibh. Tha cuid de dhaoinibh, 'g oirpeachadh air creidimh a mhicheadh ach 'an aite solus a chur air, 's ann a tha iad a toirt meall dorcha céo m'a thimchioll, agus mar sin ga f hagail cho doirbh a thuigsinn ris an *Urim* agus an *Tumim* a bha'n uchd-eididh Aaroin, no ris an *Selah* ann an leabhar nan Salm. Leigidh mi ris dhuit mata, beagan de nithibh nach iad creidimh. Cha'n e creidimh, bron diadhaidh, cridhe tais, gradh do Dhia, sith, dochas, aoibhneas : cha'n e creidimh aon de na nithibh sin, 's cha 'ne 'n t'iomlan diu e ; agus, gidheadh, tha e ann an dlu-dhaimh dhoibh air fad ; 'an daimh parant ;—'s esan no ise, an t'athair no mhathair ; 's iadsan a chlann. An d'f huair thu nis amach an ni diomhair sin ? Mur d'f huair bheir sinn oidheirp eile air 'a thoirt am follais ; 'se a th'ann, mata, *creidsinn* : cha 'n eil ni 's mo, 's cha'n' eil ni 's lughaunn. "Chreid Abraham Dia, agus mheasadh sin da mar f hir-eantachd." Dh'innis Dia egeul anabarach math do Abraham—"na shliochd-san gu'm biodh uile theaghlaiche na talmhainn air am beannachadh," agus chreid Abraham

Dia—għabb e air f'ħocal e—mheas e mar ni fior, an ni a thubhaġit Dia ris. Tha f'ħios agad cionnas a chreideas tu duine, nuair a shaoileas tu gu'm bi e 'g innse na firinn duit. 'S ann direach mur sin a chreid Abraham Dia; agus, 's ann mur sin a tha daoine creidsinn gus an la 'u diugh. "Bhuam, bhuam an creidimli fuar, aotrom sin," ars' thusa. Stad ort beagan: na'm biodh lōng agad a seoladli, agns do bhean, do theagħlach, agus do chuid de'n t'saogħal air bord oirre; agus gu 'u tigeadli sgeul cintekk ga d'ionnsuidh gun do chailleadli i. Nach b'anab-rachi simplidh an ni creideas a thoirt do n'sgeul mhull-adali? B'eadli gun teagamh; ach O! thoir fainear ciod an t'atharrachadh druidħteach a bheireadh e mu 'u cuairt annad? Nach biodh do chridhe goirt, do shuilean silteach, t-aogasg mulladach, 's do cheum trom. An abair thu creidimh fuar ris a sin? Cha'u abair. Ach fuirich ort, an ceann ceithir-latha-deug an deigh sin, na'n tigeadħi atharrachadh sgeoil ga d'ionnsuidi le teachdair firinneach nach do chuir thu riamb' an teagħi, ag innse dhuit nach do chailleadħ an lōng idir: agus mur dhearbh-adli air firinn a sgeoil, litir a' shineadli dhuit o'd bhan-chompanaich; a toirt fiannais, gu' robh i fein 's a teagħlach gu slan, agus na h-uile ni gu ceart. Nach bu shimplidh an ni creideas a thoirt do sgeul binn an teachdair eiħblim, air a dhaingneachadh le laimh-sgriobhaidh do cheile? B'eadli, da rireadli; ach uach ann aig' a bhiodh a bhuaidh dhruidħteach air t'anam! Shileadli do shuilean gu fras-ach; ach 's iad deoir na taingealachd a bhiġidli annta; agus cha luaithe a rachadh an fliras ud seachad, na chite a' ghrian a dealrachadh troimħi na neoil, a għniex a fas geanail, an ceum eutrom, 's an corp mar gu biodh għali alt dheth air ħilleadh. Faic, bheireadh an ni beag, simplidli sin *creidimh*, atharrachadh co mor a'd chridhe, sged a bhiġidli an oħħċe ġħruamach, ġħreannach, għeamhraidi, le tein-athair a's tairneanach; claxx-slineachd ġħruaidli, a's gaothi dhoinionnach; air a caoħħladh, gu bhi na maduinn cliuin, għeal, glirianaich 's a cheitein. Au abair thu creidimh fuar ris a sin? Cha'n-eil duil' a'm gu'n abair. Ann a bhi creidsinn na nithe ud, bha thu creidsinn nithe sonruichte a bluineadh dhuit fein; agus ris an robh do shonas, no do thruaighe 's au t'saogħal so, ann an tomħas mor an

earbsa. Air an amhul cheudna, nuair a tha duine a creidsinn an t'soisgeul; tha e creidsinn deadh sgeul a bhuineas da fein; agus ris a' bheil a shlainte, 's a shonas fein, cha'n e amhain 's an t'saoghal so, ach mar an ceudna 's an ath-shaoghal, gu buileach an earbsa. Cha 'n'eil ni sam bith eadar duine agus truaighe shiorruidh—an teine nach muchar a chaoidh—ach an soisgeul—an deadh sgeul mu Chriosd. Mu 'se 's gu bheil e fior, tha bunait dochais, agus aobhar misnich aig gach neach a chreideas ann: ach inu se 's nach 'eil e fior, cha 'n'eil ni tuille air f hagail aig daoinibh, ach duil eagalach ri breitheanas, agus fearg theinteach, a sgriosas iad mar eas-cairdean. A nis cha 'u 'eil e comasach do dhuine an deadh sgeul so a chreidsinn, mur sgeul a bhuineas da fein, agus a tha fior co dhiu a chreideas se e, no nach creid, as eug'ais f hair-eachduinnean a bhi co-chordadh ris an uia a tha e creidsinn: Abair gu robh thu fein aig a cheart am so anns an dearbh staid 's an robh fear-coinhead a phriosain, nuair a chur e a cheist; "A mhaighstirean, ciod is coir dhomh a dheanamh chum gn'n tearnar mi?" Le sealtuinn air d'eachdraidh 's na chaidh seachad, gun a bhi faicinn ni sam bith ach ceannaire ladarna an aghaidh Dhe neimh: le sealltuinn air thoiseach ort, gun a bhi faicinn ni sam bith ach an slochd ata gun iochdar a fosgladh a chraois f harsuing, a chum do shlugadh suas: le sealltuinn os do cheann gun a bhi faicinn ni sam bith, ach fearg Dhe air f hoillseachadh o neamh, Dia Iehobbah, o mhullach sliabh Shinai's e fuidh dheataich, a criothnachadh gu 'bhun, a'g radh; "Is malluichte gach neach nach buanaich anns na h'uile nithibh ata sgriobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh," agus do chogais fein a cuir a h'amen ris a bhinn uamhasaich. Abair anns an staid sin, gu'n tigeadh an t'Abstol Pol mar theachdair o Dhia ga d' ionnsnidh, agus e dearbhadh leis na feartan cumhachdach a bha air oibreachadh leis, gur h'i 'n fhirinn ghlan a bha 'na bheut. "Air bhi dhomhsa" ars esan "'am theachdair airson Chriosd, aon ghin Mhic an Athar, an Dia mor agus uamhasach sin a chruthaich neamh a's talamh, agus an aghaidh an d'rinn thusa ceannaire: Tha mi 'g innse dhuit; gu'n do chuir an Dia sin, ann an gradh do shaoghal cailte, a Mhac fein o neamh, gu'n d'thug esan umblachd

do'n lagh a bbris iadsin : gu'n do bhasaich e airson am peacanna : gu'n d'adhlaiceadh e, agus gu'n d'eirich e ris air an treas la a reir na'n Sgriobtuir : gu bheil e nis air ardachadh aig deas laimh Dhe, agus gu'n rioghaich e'n sin gus an cuirear a naimhde 'nan stol chos fo a chosaibh. Da thridsan, tha maiteanas dhuitsa, agus 'na ainm-san tha mi ga d' ghairmi gu aithreachas. Tha mi a guidhe ort as uchd Chriosd, thn bhi reidh ri Dia. "Creid anns an Tighearna Iosa Criosd, agus tearnar dhu."

A nis tha mi a feoraich dh'iot; Am biodh e comasach dhuit an sgeul sin a chreidsinn, as eug'ais suidheachadh do chridhe a bhi ann an tomhas a co-chordadh ris an ni a chreid thu ? seadh, as eug'ais, mar fhear-coimhead a phriosan, a bhi deanamh gairdeachas, a creidsinn ann an Dia ? Tha mi dearbhita nach bitheadh. Nach ann 'nuair a chreideas duine an deadh sgeul, a bhios a chridhe da rireadh goirt airsou an eas-urrain a chuir e air Dia a ghraidh ?—a bhios e graineil 'na shuilibh fein, air dha tighinn cho dluth do'n Ti Naomha ? Agus nach ann an sin, a gheibh e sith d'a chogais, agus danachd naomh, air dha bhi 'dearbh-thuigsinn an Dia sin a bha roimhe 'na aobhar uamhais da, gu bheil e nis reidh r'a anam air sgath obair a Mhic ? Creid, mata, an deadh sgeul, agus thig bròn diadhaidh, fuath do'n pheacadh, agus gradh do Dhia; sith, dochas, eud, durachd agus gairdeachas 'na lorg. O ! nach ann a tha bhuaidh mhor aig an ni bheag shimplidh sin, *creidimh*.

Tha thu 'g radh ; " Tha na nithe sin ceart gu leoir, ach nach f heum duine mothachadh air a staid chailte mu'n creid e ? nach robh inothachadh aig fear-coimhead a phriosain mu'n do chreid esan ?" Cha do chreid duine riamlas eug'ais mothachadh air a staid chailte. Ach gach mothachadh a tha daoine faotainn mu'n creid iad, 's ann de nadur a mhothachaidh sin a tha aig anamaibh cailte ann an ifrinn ata e, a tha air fhasgadh a mach le teannachadh na cogais—iad craiteach, cha'n ann a chionn 's gu'n do pheacaich iad 'an aghaidh Dhe a ghraidh ; ach a chionn 's g'n d'rinn na peacanna sin iad buailteach d'a fheirg. Cha 'n'eil eolas is lugha orra na colas air Dia : na'm bu chomasach e dhuineadh iad an suilean air; tha e dhoibh mar lasraichibh ifian. Cha 'n'aill leis a pheacach

eolas-a ghabhail air Dia, no amharc mar gu'm b' ann, an clar-an-aoduinn, air a lagh, air a cheartas, air fhirinn, air a naomhachd, air a chumhachd, agus air eolas neochriochuach, gus an creid e 'na throcair. Duine mata, a bhi fanachd air ais gus am faigh e mothachadh ma'n creid e, 's ann a tha e fuireach air ais o'n cheart ni sin a bheireadh mothachadh, no a dh'f hagadh e toileil air an eolas sin a ghabhail air Dia a bheireadh mothachadh dha. Nach mor, mata am mearachd 's am bheil cuid de dhaoinibh, a cumail an t'soisgeul o pheacaich gus an dean iad (mar a their iad fein) an lotadh gn ceart leis an lagh. Tha e ceart gn leoир an lagh a chumail amach 'na lan-f harsuingeachd, agns cha chomasach an soisgeul a shear-monachadh as eug'ais sin a dheanamh; ach cha bhi peacaich toileach an iomhaigh dhuaichnidh fein f haicinn 'na sgathan, gus an tuig iad gu bheil trocair doibh 's an t'soisgeul.

Tha Moran de dhaoinibh ann; agus is e a bhios a' cur curam orra, cha 'ne *ciod* a chreideas iad, ach *cionnus* a chreideas iad; agus mar sin a fairneadh an inntinnean fein gu creidsinn. Ach 's iad na ceistean bu choire do gach aon diu a bhi cur; An bheil an f hianais a tha Dia 'toirt mu thimcholl a Mhic Fior? An bheil e sabhailt' dhomhsa m'anam earbsa ri bas Chriosd? An bheil Dia toilichte leis an obair a chriochnaich a Mhac? agus am bheil e toileach gabhail ruimisa, creutair aingidh, oile, air sgath na h'obair sin?

Tha dream eile ann, agus tha e cuir mor eagail orra gu'n creid iad gu cearr, ach tha mi saoilsinn gur h'e bu choire a bhi cuir eagail orra gu'n creid iad an ni cearr. Duine a bhi saoilsinn gu bheil e iompaichte, gu'n d'f huair e trocair, agus gu bheil e ann an staid shabbailt' 'cha 'ni sin a bhi creidsinn an t'soisgeul. Duine mar an ceudna a bhi creidsinn gu' feum atharrachadh tighinn air, gu bheil e ann an staid chaitte, agus 'na chuspair feirge, cha'n e sin a bhi creidsinn an death sgeil. Cha 'n'eil duine sam bith a' creidsinn an t'soisgeil as eug'ais a bhi lan mhothachail air an nithibh sin. Feudaidh duine moran de nithibh a chreidsinn mu Dhia, mu Chriosd mu neamh, agus mu ifrinn, agus, gidheadh, gun an soisgeul a chreidsinn. 'Se bhi creidsinn an t'soisgeul, a bhi creid-

sium ni sonruichte nach urrainn satan a chreidsinn. Cha 'n urraion satan a chreidsinn, agus ged a chreideadh, cha bhiodh aig achi a bhreug; Gun do ghradhaich Dia na deamhain, ann a Mhae fein a thoirt gu bhi 'na iobairt-reitich airson am peacanna,—gu'n d'f hosgail e le a bhàs dorus trocair dhoibh, trid am bheil maiteanas, trocair, sith, agus slainte air an cumail a'mach dhoibh, agus cuireadh saor, fialaidh, farsuinn aca' ga 'n ionnsuidh. Ach na nithe nach 'eil fior do shatan, tha iad fior dhuitse, agus na ceart nithe a dh'f heumas tu a chreidsinn mu 'n tig sith, no slainte a dh'ionnsuidh t'anama.

Ach tha thu 'g radh; "Am bheil thu saoilsinn gur h'e duine fein, a tha da rireadh a creidsinn?" Co eile ach e fein? mar creid e fein, cha chreid Dia no duine air a shon. "Nach 'eil e sgriobhta" ars thusa "gur h'e creidimh tiodhlac Dhe?" Tha sin sgriobhta ann an Eph. ii. 8.; agus tha 'n t'Abstol ceudna, 'na litir chum ua Philipianach i. 29. 'g radh: "Oir thiodhlaiceadh dhuibhse air son Chriosd, cha'n e amhain creidsinn ann, ach mar an ceudna fulang air a shon." Ciod an seadh, mata, 's am feudar a radh, gur h'e creidimh tiodhlac Dhe? Direach anns an t-seadh so; le Dia a bhi toirt eolas spioradail do'n pheacach air an fhirinn a shaoras an t'anam. Dh'fhosgail an Tighearn cridhe Lidia, 's thug i tainear—fhuaire i eolas—rinn i greim air an fhirinn a bba Pol a labhairt—thníg si i, *chreid* si i. Annas a cheart àm san robh Pol a' labhairt na firinn, dh'fhosgail an Tighearn a' cridhe. 'S e an Tighearn a rinn e, agus na'n cumadh e air ais a ghras bhiodh a cridhe gun fhosgladh: ach 's ann leis an fhirinn, mar mheadhon, a rinn se e—an fhirinn air a tuigsinn, 's air a creidsinn. Cha 'n'eil e furasda dhuinne eolas fhaotainn air an doigh anns am bheil an Spiorad Naomh ag atharrachadh a chridhe: tha'e coltach, anns a cheart àm sam bheil an fhirinn air a cumail amach do'n tuigse, agus a soillseachadh na h-inntinn, anns an àm cheudna gu bheil an Spiorad ag oibreachadh, a' toirt an atharrachaidh air a chridhe, gun an darna ni a chur air thoisearch air an ni eile. Agus cha 'n'eil, aon a chnid, an cridhe air atharrachadh, no an iuntinn air a soillseachadh as eug'ais creidimh; seadh, as eug'ais creidimh, ciod air bith cho meat's a dh'f heudas

an creidimh sin a bhith ; oir tha creidimh lag, no laidir, a reir an tomhais de dh'eoilas spioradaíl a th'aig an duine air an fhirinn, no air Criod cuspair a chreidimh. 'S mor an t'eadar-dhealachadh a tha eadar naoidhean air ùr-bhreith, agus duine 'na lan neart. Tha thu faicinn, mata, ciod an seadh anns an e creidimh tiobhlac Dhe, ann a bhi toirt eoilas Spioradail do dhaoinibh : agus neach sam bith a tha creidsinn anns an rathad so, bheir e a ghloir gu leir do'n ghras sin a dh'aom a chridhe aingidh gu aire a shocrachadh air an fhirinn, agus mar sin creideas a thoirt dith.

A cheart àm 's a bheil duine creidsinn 's an fhior thoisearch, cha'n ann air oibreachadh inntinn fein, no air obair an Spioraid an sin a bhios e a smuainteachadh ; ach air an lagh a bhris e, agus leis am bheil e air a dhiteadh — a cheannairc an aghaidh Dhe na naomhachd, agus a ghraidh :—mu obair Chriosd— an iobairt iomlan a thug e suas, agus na beannachdan a tha air an cumail do na h'uile trid na h-iobairt sin : co-riaraicht' 's a tha Dia le obair a Mhic—co-freagarrach 's a tha e mar Shlánughear do na h'uile—co-fialaidh 's a tha a chuireadh—co-seasmhach 's a tha a ghealladh, agus co airidh 's a tha e air creideas a thoirt da, agus earbsa chur ann. Math dh'f haoidte anns an am 's am bheil aire a chreutair socraichte air na nithibh sin, agus anam gu dùr a beachdachadh orra, gur 'gann a tha uired a's cuimhne aige gu bheil Spiorad Naomha ann. 'S ann an deidh laimhe, nuair a bheir e fainear do'n atharrachadh a thainig air, a thuigeas e nach bu lugh a na'n Spiorad Naomh a bha ga theagasg anns an àm, ged nach robh e fein mothachail air ni sam bith, ach a bhi faiciunn nithe ùr 's an fhirinu nach b'abbaisd da fhaicinn, agus iad a drughadh air. 'S ann an deidh laimhe a thug an dithis dheisciobuil a bha 'g imeachd gu *Emaus*, fainear co am fear-teagaisg a bha maille riu air an t'slighe, nuair a dh'f hosgail e dhoibh na sgriobtuirean, 's an cridhe a' lasadh anna. Nach aithne dhuinn cuid de dh'iompachain, 'nuair a dh'f hosgladh an suilean, a chaidh eadhon a throd ri daoinibh diadhaidh a bha 'nan coimhairsnachd, air son nach d' innis iad na nithe ud doibh ni bu traithe ; gun a bhi toirt fainear co a theagaisg iad.

Tha cuid de dhaoineibh 'am beachd, gu bheil ath-ghineamhluinn, no a bheatha Spioradail a' dol air thioiseach air creidimh. "Cionuas," ars iadsan, "a chreideas duine marbh?" Agus shaoilte, a reir an doigh sam bi iad a labhairt, gu bheil an t'iompachan a dol, mar gu'm b' ann, astar beagan de laithibh anns an t'sligbe gu neamh, mu'm bheil e a' creidsinn. Tha mi a feoraich; nach e breith a ris tuis na naomhachd, no tus na beatha spioradail anns an anam? Tha na h'uile ag aideachadh gur l'e. Am bheil duine, mata, air a naomhachadh ann an tomhas beag mu'm bheil e air fhireanachadh? Mu thra, tha e air a naomhachadh ann an tomhas 's e fo'n mhallachd: oir, duine sam bith cha 'n'eil air a shaoradh o'n mhallachd gus am bheil e air fhireanachadh, agus sin tre chreidimh. Cha 'n'eil anns na beachdaibh truagh sin ach smior na Papanachd. Agus duine 's am bith a bhi 'g obair, 's ag urnuigh airson cridhe nuadh, breith a ris, no na beatha Spioradail, mu'n creid e, cha 'n'eil ann ach am fein-fhirean; mar gu'm b'ann, an deigh a chot' a chur dheth, agus a' toirt amach f halluis, a dh'f heuch an toir e a mach fabhar Dhe le a dhichioll fein; no dh'f heuch am faigh e ni math eigin leis an tig e 'na lathair. Cha leoir leis bas Chriosd mar bhunait dochais da anam, ach feumaidh e 'n cridhe nuadh —na nithe math aige fein a chur 's an t'slige-thomhais maille ri bas Chriosd, a chum an tuille cndthrom thoirt da. Ann an aite misneach a thoirt do leithid a dhuine, agus a bli ga sheideadh suas; b'e a dheadh charaid a chuireadh an sgian ri sgornan a' dhichill, agus a threor-aicheadh e gu bhi 'g amharc ri iobairt-reitich Chriosd amhain, mar steigh a dhochais, agus aobhar a mhisнич. Nach ionann ath-ghineamhluinn, agus an cruthachadh nuadh m'am bheil an t'Abstol a' labhairt? Gun teagamh sam bith 's ionann. Co dhiu, mata, 's ann ann an Criosd, no a mach a Criosd, a tha'n cruthachadh nuadh sin air a dheanamh? Tha'n t'Abstol a' freagairt: "Oir is sinne obair-san, air ar cruthachadh ann an Iosa Criosd chum dheadh oibre." Eph. ii. 10. Am bheil duine ann an Criosd gun chreidimh? Cha 'n'eil a h'aon. Tha'n t'Abstol Seumas ag radh: "O thoil fein ghin e sinu, (co leis?) le focal na firinn." Seumas i. 18. Tha'n t'Abstol Peadar, mar an ceudna, 'g radh; "Air dhuibh bhi air

bhur n' ath-ghineamhuinu cha'n ann o shiol truaillidh, aeb neo-thruaillidh, le focal an De bheo; . . . agus is e so am focal a shearmonaicheadh dhuibhse anns an t'soisgeul." 1 Peadar i. 23, 25. Am bheil neach sam bith air ath-ghineamhuinn leis an fhocal as eug'ais creidimh anns an fhocal sin? Is dearbhta nach 'eil, oir tha'n t'Abstol Pol ag radh; "Oir cha nàr leam-sa soisgeul Chriosd; oir is e cnmhachd Dhe e chum slainte, (co dhia?) do gach neach a chreideas." Rom. i. 16. Is anu le focal a chumhachd a chruthaich Dia an Saoghal, agus is ann le focal firinn an t'soisgeil air a thuigsinn, 's air a chreidsinn a tha e' deanamh a chiruthachaidh nuaidh. Tha e 'na ni soilleir, mata, nach 'eil duine sam bith air ath-ghineamhuinn as eug'ais an Spioraid, no as eug'ais an fhocail; seadh, an fhocail air a chreidsinn.

A thaobh ua 'm beachdan mearachdach a chaidh a thoirt air an aghaidh, cha 'n'eil e 'na ni iongantach air chor sam bith, ged a bhiodh cuid de dhaonibh d'an trid, air an cumail ann an daorsa; agus cuid diu fuidh threun mhealladh eo mor, air chor 's gu bheil iad da rireadhl am barail gur h'i toil De gu'm biodh iad anns an staid sin: seadh, mar a their iad fein; "Tre eagal a bhais rè am beatha uile fo dhaorsa." Eabh. ii. 15. Nach uamhasach an ni a bhi 'cnr na coire air Dia, nuair bu chòir dhoibh a cur air na beachdaibh seachranach ata aca fein, agus ata air an geinneadh anna le daoine dorcha! An earrann a tha iad 'toirt air aghaidh chum iad fein a dhion, 's ann a tha i g'an tur dhiteadh. Nach ann a bhasaich Criosd, a chum 's gu'n saoradh e an dream sin a bha tre eagal a bhais rè am beatha uile fo dhaorsa? Agus cuin a tha e ga n saoradh? An ann aig àm am bais fein? Cha'n ann, ach aig a cheart àm 's an creid iad 'na bhas-san. Le teachd ar Slanuighear Iosa Criosd, nach do chuir e as do 'n blias? agus nach tug e beatha agus neo-bhasmhachd chum soluis, tre an t'soisgeul? Faic 2 Tim. i. 10; Eabhl. ii. 14. Cha luaithe, mata, a tha soisgeul gloirmhor na slainte air a thuigsinn, 's air a chreidsinn, na tha e toirt saoisa do'n anam, o'n daorsa chruaidh anns an robh e tre eagal a bhais rè a bheatha uile, gu ruig a sin.

FOCAL DO'N DUINE NEO-IOMPAICHTE.

A CHARAID ; an ceadaich thu do neach aig am bheil gradh dhuit, beagan de nithibh a labhairt riut a bluineas do shith 's do shlainte t'anama ? Tha mi cinnteach nach bu taitneach leat a smuainteachadh, 'nuair a thig am bas ort, gu'n tig an sin crioch do bhith—gu'm bi thu cosmhail ris na bruidean a gheibh bas, aig an teid ain bith 's am beatha sios leo fein do'n dus. Thi mi cinnteach gu bheil thusa mothach ail gu bheil nieigin an taobh a stigh dhiot a tha ga d' ardachadh gu neo-chriochnach àrd os ceann na'm bruidean ; eadhon anam reusanta. An do smuainich thu riamh le curam air an anam sin, co luachmhor 's a tha e ? Gur coinneal e a lasas rè na siorrui'eachid : nuair a leaghas na duile le dian-theas, agus a bhios an talamh agus oibre uile air an losgadh suas, gu'n teid t'anam-sa as on leir-sgrios, agus nach bi ann, mar gu 'm b'eadh, ach tùs a bhith.—Gu'm bi a dhachaidh aige ann 's an t'siorruidheachd mhoir, a thu gasineadh feingu neo-chriochnach, fada thall, thar gach uile thugse dhaoine ; eadhon an sin gu'm bi thusa, lan-mliothachail, aon a chuid, a fulang dioghaltais teine shiorruidh, diol-thuarasdal do cheannaire mar an deamlan, anns an t-slochd gun ghrunnd, gun suil ri fuasgladh, agus deatach do pheine ag eiridh suas ann fad saoghal nan saoghal ; no air an laimh eile, a dealrachadh gu sgiamhach mar an t'aingeal anns na flaitheas, a' mealtuinn sith agus sonas neo-chriochnach, ann an lathair na righ-chathrach,—lan aoibhneach agus ait anns an Dia sin is leat fein : air do chuairteachadh le bithibh glormhor agus an darna h'aon, mar gu b'ann, a' toirt bàrr air an aon eile ann an gniomharaibh a chaoimhneis ; agns an t'iomlan diu 's tu fein n'a measg, gun sgios, a sior-sheinn air gradh saoraidh an Athar agus a Mhic le h'oran bith-bhuan ? A charaid, mu 'n teid thu ceum ni's fhaide air do thurus a dh'ionnsuidh do dhachaidh bhuan, stad ! O, stad ! agus cuir a cheist ruit fein. "Co dhiu do'n da ionad ud a dh'ionnsuidh am bheil mise triall ?"

Nach 'eil thu faireachduinn ni eigin an taobh a stigh dhiot, a tha 'g iunse dhuit gur coma leat na nithe cud..

thromach sin, agus anns an àm cheudna nach urrainn duit an seachnad? Nach eil ni eigin ag innse dhuit gu miannaicheadh tu dhol as o chert-bhreitheanais De? Na'm b'i so a mhionaid's am biodh tu air do ghairm gu cunntas, agus sumain a bhais air a chur na'd laimh, nach tugadh tu gu deonach an saoghal mu'n iadh grian, ge bu leat e, seachad, air chumhnant dail a chur ann? Nach eil lan-fhios agad, nach cuireadh ni sam bith eile uiread de ghairisinn ort? Na'm biodh do dha roghainn agad, a bhi air t'iompachadh gu staid na neo-ni-eachd, no a bhi air do nochdadh ann an lathair cathair breitheanais; co-dhiu a tha thu am barail a roghnaicheadh tu? Tha mi saoilsinn gu'm bu chruaidh dhuit innseadh. C'iod is aobhar d'a so? C'arson cho eagalach ro'n bhreitheamh? C'arson cho gealtach a dhol 'an lathair an Ti sin do'n ainm, 's do'n nadur gradh, solus? Ah! a charaid tha do choinnseas fein a toirt fiauas a'd aghaidh—ag innseadh dhuit le guth ciuin, ach so-thuigsinn, a tha eadhon a' toirt air do chridhe bualadh, nach'eil cuisean gu ceart eadar Dia agus t'anam—gu'n do pheacaich thu 'na aghaidh—gu'n d'rinn thu 'n eucoir air—gu'n do chuir thu eas-urram air ainm, agus thu gun urrad is aon leisgeul a chum thu fein a dhion 'na lathair, air dhuit a bhi lan-fhiosrach g'um b'urrainn duit atharachadh a dheanamh na'm b'aill leat. An saoil thu, 'm bheil t'eagall gun steigh? am bheil aobhar agad 'a bhi gealtach ro Dhia? Tha e 'na Dhia naomh, nach calgdhireach thu a'd nadur 'na aghaidh? nach salach, grain-eil, thu 'na f bianais? Tha e 'na Dlia cothromach: air sin thug e iomad dearbhadh. Cha bhi claoen bhaigh aige ri neach seach a cheile. Le guth seasmhach, le frinn bhuan, thuirt e; "An t'anain a pheacaicheas basaichidh e." Tha e uile-leirsinneach, uile-lathareach: ciod an taobb a theid thu far nach f haic e thu, agus far nach dean a, cheartas greim ort? Tha e uile-clumhachdach; cionnas a sheasas a chnuimh dhibli 'na aghaidh? Ann an diomhanas bheir thu oidheirp air a dheadh-ghean a chosnad, agus thu fein f hireanachadh le d'umhlachd, agus le do dhichiol anns an àm ri teachd. Tha thu cheana air do dhiteadh. Thubhairt Dia a cheana; "Tha thu mall-aichte;" agus co air neamh, no air talamh a dh'atharr-aicheas a bhinn, no aig am bheil ughdarris a radh; tha

thu beannaichte? Air chor 's gu bheil thusa a thaobh do dheanadais fein, a thaobh ni a rinn no, is urrainn duit a dheanamh, cho caillte ris na deambain a tha ceangailte annu an slabhruidhibh dorchadais fa chomhair breitheanais : mu se 's nach dean Dia 'na għliocas agus 'na chaoimħneas, doigħi eigin fħagħail a mach, air trocair a nochdadħ, gun a lagħ, no a 'cheartas a chur air chul ; gun e fein a bhreugachadh, agus gun am baigh is lugha a nochdadħ do'n pheacadħ. 'N do chuir thu riamli a cheist le curam, Am bheil a leithid de dhoiġi tearnaidh ann? Am bheil an Dia sin an aghaidh an do pheacaich mi comasach air bhi reidh ri m'anam? Is i a cheist is eud-thrommaiche a thainig riamh o bħillib duine; "Ciod is coir dhomh a dheanamh chum gu'n tearna mi?" agus inur bittheadh aon ni chluinneas tu an aithgħearr, bhiodh a cheist sin gun f'hreagrath rè na siorrui'eachid,—bhiodh neamħ agus talamħ cho balbh, thosdach da taobh ri luchd-aiteachaidh na h-uaighe. A' bheil, thusa, mata, a cur na ceist, agus ann an treibhdhireas t'anama, uile dheonach air freagradh f'haotainn di? 'Se so am freagradh; agus gu'n deonaich-eadh Dia na n' uile gluras gu'n tuigeadli, agus gu'n creid-eadh tu e; "Creid anns an Tigħearn Iosa Criosd agus tearnaidh thu." So dhuit doras na trocair fosgailte farsuning fa d' chomhair; 'n teid thu steach air? Amhairec a ris, agus a ris air an f'hreagrath, agus thoir fai'near nach 'eil ni tuille 'na sheasamh eadar t'anam agus truaighe shiør-ruidh ach e. Faic, O! faic ri ceist mhorr d'eiginu, agus ri namh-spread d'eu-dochais, am freagradh a' tigli inn anus an t'sealladh, 'sa deanamh direach ort, mar luing mhoir nan crann arda, fuidh lan a h-eudaich, 's i luchdaichte le ioc-shlaint Ghilead o thir chein, 's an leigh fein air bord:—a' brataicheau geal a snamh gu mear 's an t'soibrheas agus air gach aon diu sgriobhta, le* fuil Mhic Dhe am an litrichibh dealrach, *Sith, sith*:—na h'ainglean naomh mar eunlaith għeal a chuain ag itealaich m'a timchioi, le 'n clarsaichibh na 'n lan-ghleus, ullamħ chum com-sheirm ciuil a thogail aon uair 's gu'n tig thu gu h'aitħreacheas: agus thusa, mar gu m' b'ann, a'd sheasamh air sgeir bathaidh—an f'hairge a briseadb geal mu d'chasaibh, agus an län a tigli inn; gun chobħair a'd choir. Mu 'm bi thu air do shlugadħ suas le muir bhuaire fraoħ feirge

Dhe, an gabh thu ris an aon chobhair ata ann ? Am bheil thu ga fhaicinn ? am bheil e dluthachadh air laimh ? an d'rainig e ort ? an d'fhuair thu greim ? 'an aon fhocal, An do chreid thu ? am bheil t'anam aig fois ?

'M bheil thu 'cur na ceiste chumanda, mhi-thurail ; "Cionnas a chreideas mi anns an Tighearna Iosa Crois ?" Nach li a cheist bu choir dhuit a bhi cur ; Ciod a chreideas mi m'a thimchioll ? no'am briathribh eile ; Co e chum sgu'n creid mi ann ? "Am bheil thu creidsinn ann am Mac Dhe ?" (arsa Criod) ris an duin' a rugadh dall. "Co e a Thighearna (ars'-esan) a chum's gu'n creid mi ann ?" Am bheil thus' a cur na ceist' cheudna ? Amh-airc air mata, mar an t'aon Eadar-mheadhonair glormhor 'na sheasamh eadar neamh a's talamh — eadar Dia an t'ard-uachdaran, agus ua ciontaich aig stol a choise. Thoir fainear gur li'ann an hain annsan, a tha e comasach do Dhia agus dhuit fein a cheil' a choinneachadh ann an sith, 's ann an reite. Gabh beachd air mar an iobairt-reitich ; "Agus is esan an iobairt-reitich air son ar peacanna, agus cha'n e airson ar peacanna amhain, ach mar an ceudna, airson peacanna an t-saoghal uile." Thig a lathair a chiontaich, agus gabh beachd air an t'sealladh iongantach so ; "An t-Uan a fhuair Dia dha fein airson tabhartais loisgte." Faic do pheacanna fein agus peacanna an t-saoghal air an caradh air a cheann. O ! nach uamhasach an trom uallach e : Co a ghiulanadh e ? co ? ach Uan De. Faic an claidheamh lannaireach, lasaireach ; claidhheamh a cheartais, a chuireadh le h'aon bhuille an cinne-daoine do dh'ifrin, 's an saoghal 'na lasair dheirg ! Faic an claidheamh an togail's e sinte'mach chum bualadh ! A'm bheil eagal art roimhe ? Mar seas an t'Uan eadaruihl, tha gu leoir a dh'aobhair agad. Au comasach do'n uile-chumhachdach am peacadh a leigeadh as gun a bhualadh ? Freagradh, cruaidh gleachdanam Mhic Dhe ann an gàradh Getsemani, a lotan a chreuchdan, 's a ghlaodh goirt air sliabh Chalbhari, a cheist ; nuair a ghlaodh e mach, "Mo Dhia, mo Dlia, ciod uime a threig thu mi ?" Na'n caomhaineadh Dia a Mhac 's an am — na'u cumadh e air ais buillean goirt a chlaidheimh ghuinich o aon ghradhaich : an dara cuid, bhiodh an lagh air a thilgeadh fo na casaibh, an ceartas

air a chur tur air chul, an fhirinn air a breugachadh, agus, mar sin, Dia na gloire air a mhaslachadh 'an lathair na cruitheachd reusanta: no air an laimh eile bhiodh sliochd Adhaimh air an cuir do dhifriun le aon lonsgriob de n' chlaidheimh uamhasach. Nach 'eil thu faicinn, mata, ann an iobairt-reitich Chriosd; "Trocair agus firinn air comhlachadh a cheile; ceartas agus sith a pogadh a cheile"—morachd an lagh air a lan chumail suas, an ceartas air a lan dhioladh, an fhirinn air a nochadh seasmhach, olcas a pheacaidh air a lan leigeil ris, agus anns an am cheudna dorus trocair air a thilgeadh fos-gailte do na h'uille; agus uime sin dhuitsa mar an ceudua. Am bheil geilt ort a nis tighiun an lathair Dhe na gloir? Faic? Cha'n ann na shuidhe air cathair breitheanais ata e, ach 'na shuidhe air cathair trocair. Cha'n e ata e 'g radh. Thig, a chum's gu'n toir mi breith ort, ach thig, a chum's gu'n dean mi trocair ort. Cha'n e thig, a chum's gu'n ditear thu, agus gu'n cuirear do'n t-slochd thu; ach thig a chum's gu'm fireanaich mi thu, agus gu'n gabh mi steach ann am uchd thu. Nach b'iad do pheacanna a b'aobhar Dia a bhi 'na chuis-uamhais duit? Nach eil thu faicinn, mata, an ni sin air a thoirt as an rathad le bas Chriosd? Am bheil thu creidsinn so? An urrainn duit t'anam neo-bhasmhor earbsa ri bas Chriosd? An saoil thu nach leoir e airson dol chum bais agus breitheanais leis? Nach eil an t'Athair riaraichte leis? nach do dhearbh e sin ann a Mhac fein a thogail o'na marbhaibh? C'arson, mata, nach biodh tusa riaraichte leis mar an ceudna? Am bheil thu fathast a cur na ceist: "Co e chum's gu'n creid mi ann? 'S mise (ars' e fein), an ti ata beo, agus a bha marbh; agus feuch, tha mi beo gu saoghal nan saoghal, Amen; agus tha iuchraiche ifrinn agus a bhais agam." 'Se'n t-amen e; an fhanuis dhileas agus fhirinneach. Ge d'bhiodh mile anam a'd chorpa, dh'fhaodadh tu an tiomlan diu earbsa ris an fhanuis a tha e toirt. 'Se'n ti sin e a tha air a chumail a mach ann an searmonachadh an t-soisgeil shiorruidh; "mar Shlanui 'ear an domhain," deonach agus comasach air tearnadh; trid am bheil maitheanas, sith, saorsa, dochas, agus tiodhlac an Spioraid Naoimh, air an cumail a mach do na h'uille; le cuireadh saor, fialaidh,

farsuing ga'n ionnsuidh. Am bheil Slanui'ear ga d' dhi ? so dhuit e mata, agus

“ Tha gach sonas gu paitt ann,
Tha gach cobhair gun airc ann,
Tha e buileach a' nasgaidh,
Dir each 'freagairt do'n pheacach ”

’S e tiodhlac Dhe do shaoghal cailte e ; nach mor i ? nach cosmhail ri Dia i ? an gabh thu i ? agus ann a bhi ga gabhail, an obair thu ? “ Buidheachas do Dhia arson a thiodhlac do lathairt.” Tha lan Bharantas agad o Dbia air a mhionaid so a gabhail ; agus cha d'riunn, 's cha dean thu gniomh taitneach 'na shealladh gus an gabh thu i. Creid, mata, agus is leat i. “ Is i so obair De gu'n creideadh tu, anns an ti a chuir esan uaith.”

Ach dh'fhaodadh e bhi, gu bheil thusa an deigh neadachadh sios ann an slochd graineil na leisgeil choit-chiomh : “ Cha'n urrainn domh creidsinn ;” agus 'an sin air do chuairtachadh le nathraichibh nimhe, a' srannraich mu d' thimchioll ; air chor 's n'äm a bhi 'g oidheirpeachadh do thoirt as, gu bheil duine an cunnart, cha n 'e amhain a bhi air a' lotadh, ach, mar an ceudna, air a spriodadh le puinnsean a's lathaich. Tba thu 'g radh, mata ; “ Cha'n urrainn domh creidsinn ;” “ As do bheul feun bheirear breithi ort.” A ghrian, a ghealaich, 's a reulta-neimhe ! stadaibh o bhi ruith 'ur cursa 'an astar nan speur, agus seallaibh air an duine so ! A ghaoth luath nan speur, agus sibhse, a thuinn luaineach na mara, gabhaibh fois car mionaid agus amhaircibh an so ! A luchd-aiteachaidh an domhain mhoir, leigibh dhibh othail an t-saoghal car tacan, agus faicibh so ! Sibhse a tha chomhnaidh anns na flaitheas, cuiribh an ceol a thaobh car tamuill bhig, agus le ar suilibh glan soluis seallaibh a nuas ! Agus thus' a Bheelsebuib, ard-phriomhsa na'n deamhan, thig a lathair, agus do chompanaich cheannaireach uile leat ; seadh, thig a lathair agus le do shuilibh teiue amhairec air an duine so, agus biodh mor mheas agad ort fein airson an ni a tha e 'g radh ! Is urrainn da thusa chreidsinn, agus gun fliocail agad ach na breugan, a chionn iad a bhi a reir a naduir thruaillidh, ach tha e 'g radh, nach urrainn da an Dia sin da nach comasach breug a dhean-amh a chreidsinn, anns an fhiannais a tha e toirt mu

thimchioll a Mhic. Ciod a tha thu saoilsinn a bhinn bheireadh iad a mach? Tha mi saoilsinn co dhiu d'a thaobh luchd-aiteachaidh nam flaitheas, nach luaithe a shealladh iad ort, agus a chluinneadh iat cainnt thoibheumach do bheoil, na thionndadh iad air falbh an suilibh le grain. Ceart amhail a bhiodh tu fein, agus do sheana-chompanach air a charadh 'sa chiste, a's tu toileach aon sealladh eile fhaotainn d'a ghnuis mu'n rachadh an uaigh a dhunadh air; cha luaithe a rachadh am bord a thogail, agus a chitheadh tu aogasg duaichnidh, na a ghrad thionndadh tu do shuilean taobh eile; cha b'urrainn duit amharc air sealladh co mi-thaitneach. Nach iongantach an ni a ghairisinn chuireas cainnt thoibheumach eile ort, agus an ni a tha thu fein ag radh nach eil e 'cur crith ort. Thu gradh as an aodainn ri Dia ; "cha 'n'eil thu labhalrt na firinn; cha 'n'eil e sabhailt dhomh m'anam earbsa ri bas Chriosd amhain; cha 'n'eil mi ga'd chreidsinn; cha'n urrainn domh dheanamh?" Is gannd gu'm biodh e comasach do dhaoinibh no ainglibh a dhol ni's fhaide ann a bhi tort cuis dhitidh a' mach ad' aghaidh na tha do theanga fein aig a cheart am. Faodaidh tusa thu fein a dhionadh an tras leis an leisgeil thruagh, nach urrainn duit creidsinn, ach cuimhnich gu'm bi beul na n leisgeulan air a dhruideadh an ceann latha mor a chunntais, agus gun urrad is aon luideig shallach dhiu air a fagail a chomhdachadh do naire.

Ach, ars' thusa, "Se tha mis a ciallachadh; nach creid mi uam fein as eug'ais an Spioraid." 'S ni eile sin. Tha'n Spiorad, mata, toileach cuideachadh leat; ach cha 'n'eil thusa toileach a chuideachadh a ghabhail. Tha thu 'g radh, "tha;" tha mise 'g radh, *cha 'n'eil*. Tha 'n Spiorad toileach a leigeil ris duit; gur leoir obair Chriosd,—gu bheil t'aobhar misnich an taobh a muigh dhiot fein ann-san,—gu bheil e 'na Shluanighear freagarach.—Tha e toileach do thoirt gu buileach amach asad fein—an fhreumh mu dheireadh de d'fhein. fhireantachd a spionadh a bun—buille-bais a thoirt do na h'uille dochas, a's misneach a bhiodh ag eiridh o ni sam bith a rinn, a mhothaich, n'a dh'f hairich thu, no o ni sam bith a tha suil agad a dheanamh, a mhothachadh, no f haireachadh; seadh, no o atbarrachadh sam bith, a thainig ort, no tha

suil agad a thighinn ort.—Tha 'n Spiorad toileach do spionadh a stoc na feimealachd, do phlanndachadh anns an fhionain-flior, a chum 's gu'm bi e 'na threabhaiche, do d'chridhe, agus gun toir thu mor thoradh uait; ach tha 'm fein-aicheadh gus am bheil an Spiorad ga d'ghairm, agus anns am bheil e toileach cuideachadh leat, searbh dhuit, agus cha 'n'eil thusa toileach. Tha thusa toileach gu leoir aobhar misnich fhaotain ann ad chridhe fein;—tomhas de mhothachadh, de thaisealachd, de dhurachd, de bhron diadhaidh, no de ni math eiginn de 'n t'seorsa sin, a bhios 'na aobhair misnich dhuit, agus leis an tig thu 'dh'ionnsuidh Chriosd. Ciod a tha 's an obair sin agad air fad? ach a bhi 'giarraidh d'f hireantachd fein a chur air chois, gun a bhi striochdadh do fhireantachd Dhe, a tha cheana air a h'oibreachadh a mach. Ma 's mealladh deadh obair mar bhonn-dochais, nach mealladh deadh fhaireachduinn mar an ceudna mar bhonn-dochais? Am bheil duil agad, mata, gu 'n cuidich an Spiorad Naomh leat ann a bhi ga d'mhealladh fein, agus ann a bhi deanamh a leithid do dhimeas air fireantachd iomlan Mhic Dhe, ni is leoir do n' chiontach is graineile gu tighinn 'an lathair Dhe leis. Tha an Spiorad, mata, toileach cuideachadh leat ann an creidsinn, ach cha 'n'eil e toileach cuideachadh leit ann ad cheannaire, 's tu deanamh breugaire do Dhia; an ni a tha thu deanamh na h'uile mionaid a tha thu meas nach leoir an t'aobhar misnich bas Chriosd do na h'uile ciontach a tha mach a ifrinn. Agus c'arson nach cuidich an Spiorad leat ann an ni sam bith ach 'an creidsinn? Tha do bhri gur h'e creidsinn an t'soisgeil am meadhon sonruicht a dh'orduich e, agus d' an toir e a ghmuis, chum daoine irioslachadh, aobhar uaili a thoirt uatha, am fagail falamh graineil 'nan suilibh fein, gradh Dhe a dhortadh a mach 'nan cridheachaibh, an deanamh eudmhor airson Dhe, 's an t-saoghal so, agus fa-dheoidh, iomchuidh airson gloire.

Dh'fhaodhadh e bith, ann a bhi 'g radh nach urrainn duit creidsinn, gnr h'e tha thu ciallachadh, nach urrainn duit do chridhe atharrachadh? Mu se? Thi mi ga d' lan-chreidsinn; cha'n urrainn duit do chridhe atharrachadh; agus cha ruig thu leas duil a bhi agad ris as eug'ais creidimh. Cha 'n'eil an Spiorad Naomha fein

ag atharrachadh cridheachan dhaoine as eug'ais creidimh.

Am bheil thu 'g radh : " Cuin a chreideas mi ? " 'S i so an uair—'s i so a mhionaid ; gun an t'ait 's am bheil thu 'a d' shuidhe f hagail. Tha lan-bharantas agad o Dhia na firinn creidsinn air a mhionaid so : agus cha'n e amhain sin, ach tha e mar an ceudna 'g aithne dhuit creidsinn, agus eadhon diombach dhiot a chionn 's nach eil thu creidsinn. Na h'uile mionaid a tha thu cur dail 'an creidsinn, tha thu saltairt air ful phriseil Mhic Dhe fo d' chos-aibh, a' cur an aghaidh an Spioraid Naoimh, a' deanamh breugaire do Dhia, a' toirt riarrachadh do shatan, agus a' cur t'anama fein 'an cunnart ; seadh, cunnart anns nach cuirinn m'anam airson an t'saoghal. Nach 'eil an ni sin a tha Dia 'g aithne dhuit a chreidsinn fior, co dhiu 'chreideas tu e no nach creid ? ach thoir fainear, ma 's e 's gu'n teid thu aon uair a dh'ifrinn, cha bhi e fior dhuitse an sin. An ni sin airson am bheil thus a' feitheann nach e 'n dearbh ni sin e leis am bheil thu ga d' mhealladh fein ? Agus am bheil duil agad gu'n cuidich an Spiorad leat ann a bhi ga d' mhealladh fein ? Gloir da ainm-sa nach cuidich : 's e am breugaire a chuidicheas leat anns an obair thruagh. An abair thu, mata, gu bheil e dalma, neo-sgriobturail do ghairm gu grad chreidsinn ? Nach ann a tha e dalma dhuitse dail mionaid a chur ann, agus 'na dhalmachd do dhuine sam bith, a bheireadh misneach dhuit sin a dheanamh : oir, gun athadh sam bith, theirinn do'r taoblh araoen ; gur luchd cur an aghaidh an Spioraid Naoimh sibh ; seadh, agus luchd-cuideachaidh do shatan mar an ceudna, ann am mealladh, 's ann an sgrios anam neo-bhasmhor.

Ach co aig ata fios nach ann a tha thusa de'n mhuinnitir sin a tha saoilsinn gu bheil iad a' creidsinn cheana. Is i so a cheist mata ; Ciod an t'atharrachadh a thug do chreidimh ort ? An d'f hag e falamh, bochd, graineil ann ad shuilibh fein thu ? Am bheil Criosd luachmhor dhuit ? Am bheil bunait dochais agad do t'anam ach f huil-san, agus am bheil creidimh auns an f huil sin a toirt sith do d' chogais, agus danachd a thaoblh Dhe, air chor 's gu 'm b'urrainn duit dol a dh'ionnsuidh na siorruidh-eachd an taice rithe ?—An toigh leat Dia, agus am bheil

tlachd agad ann, cha'n e amhain airson a mhaitheis agus a throcair, ach mar an ceudna airson a cheartais, agus a naomhachd ? an i dealradh glan a ghuise an ni is ion-mliannaichte leat, agus a ghruaim an ni is uamh-asaiche dhuit ?—Am bheil thu lan-mhothachail nach urrainn duit an gnothach a dheanamh as eug'ais an Spioraid Naoimh, agus gu bheil a ghras-an cho feumail airson do chumail suas, agus a bha e airson t'iompachadh ? Am bheil am focal priseil duit, agus am bheil miann a's ciocras air t'anam an geall air ? Mar an ceudna ; am fear urnuigh thu ? cha'n e 'm bi thu 'g radh urnuigh, ach am bheil Spiorad na hurnnigh agad ? agus an iad do smuainte ceannaireach, d' aigne mhi-rianail, laigse do chreidinibh, agus fuairead do ghraidih fein, na nithe is mo a tha ga d' ghortachadh, agus is minic a tha tarruing osnaidhean trom agus craiteach o d' chridhe ? A bharr orra sin ; an iad a mhuinnitir sin a tha giulan iomhaidh Chriosd comuin do ghraidih ? An e aobhar gloirmhor Chriosd an ni is dluithe a tha luidhe air do chridhe ? agus am bheil anama dhaoine eile a cur curam ort ? Ann an aon fhocal ; am bheil thu a' d' chreutair nuadh, agus a dearbhadh sin le do chaithe-beatha a bhi gu cubhaidh do shoisgeul Chriosd ? Ann an lathair an Dia sin ris am bheil do gnothach, agus d'an leir do chridhe, ciod am freagradh a bheir do chogais do na ceistibh sin ? Mar toir i am freagradh, *thu*, seachad gun mhearachd, gun mhealladh, faodaidih tusa na thogras tu a radh mu spionnadhl do chreidimh, agns an t'socair 's am bheil e ga d' chumail ; ach cha'n eil ann ach treun-mhealladh. Cha'n eil creidimh de sheorsa sam bith agad. Cha'n eil creidimh ciùn no cridhe, fuar no teth, lag no laidir, beachdail no faireachail, 'nadarra no spior-adail agad-sa. Cha'n eil creidimh idir, idir agad ; cha'n eil tuille no tha 'an cloich a bhalla, anns an deadh sgeul, a cheart ni a tha Dia 'g aithne dhuit a chreidsinn. Feudaidh tu bhi creidsinn nithe eiginn mu Chriosd, ach cha'n ann air an fhirinn mar ata i ann-san a tha thu deanamh greim :—cha'n ann o'n fhirinn sin a tha thu tarruing do mhisiach ;—cha'n ann air a bhas-san amhain a tha thu leigeadh do thaise. Is i a bhreug, no a mhearachd an ni a tha thu cumail a' d' laimh dheis—an fhireumh ghrod a

tha cumail suas t'anama, le dochas baoth, agus misneach f'halla. Tilg bhuait gu luath an dochas meallta aig nach eil eolas agus creidimh na firinu mar a steigh. Cuimh-nich gur ni cudthromach slainte t'anam neo-bhasmhor. Na bi ga earbsadh ri ni co faoin, agus co beag steigh ri breislich, agus neonachas t'inntinn fein. Cladhaich domhain. Ruig carraig na firinu mu'n stad thu. Tha àm na deuchainn a teachd. Na biodh dochas agad, ach dochas a sheasas gu diongmhalta ro' theachdaireachd a bhais, agus ro' uamhas au latha inhoir; agus a dh'f hagadh t'anam neo-ghealtach ri cluinnntinn fuaim na trombaid dheireannaich,—ri faicinn an t'saoghal na aon lasair dheirg, agus coltas Mhic an duine a' teachd air neulaibh neamha. Cha 'n'eil ni tuille a bheir a mhisneach no'n danachd sin dhuit, ach Dia a ghabhail air f'ocal le lan chreideas a thoirt da, agus mar sin t'anam earbsa ri iomlanachd na h'iobairt a thug a Mhac suas, seadh, "a thilgeadh (mar a thubhairt neach araid) breun, salach mar ata e 'na lamhaibh-san." Agus cha chomasach dhuit t'anam earbsa ri Criod, ach le saor aideachadh air do pheacanna gu h'uile, leis an urnuigh; "A Dhe dean trocair ormsa ata am pheacach," agus le run suidhichte cha'n e amhain am peacadh a threigsinn gu tur, ach mar an ceudna thu fein a thoirt suas gu buileach do Dhia ann a bhi ga ghlorachadh rë tim agus siorraidhleachd.

Ciod, mata, a charaid, a tha thu 'g radh ris na nithe sin? Am bheil thu toileach beagan tuille dàil a chur anu fathast, agus mar, Fhelics, a bhi 'g radh; "Imich romhad an trath so: 'nuair a bhios uine agam cuiridh mi fios ort." Ma se sin do chainnt, tha thu a leigeadh ris gu soilleir ciod a tha ann ad chridhe; gur coma leat Dia, agus nach eil toil agad d'a sheirbhis; gur h'i seirbheis an diabhoil is roghnaiche leat; agus gu bheil iodhal eigin ga h'altrum ann ad uchd, agus a deothal do bhrocillich, nach eil thu toileach a spionadh air falbh—ana-miann, no leannan-peacaidh eigin, nach eil thu toileach a threigsinn air sgath Chriosd. Am bheil f'hios agad, O dhuine! Gur h'iad na nithe sin a tha co taitneach dhuit, agus tu gun toil an cuiteachadh, na dearbh chuibhrichean a tha aig an droch Spiorad m'a mhuineal t'anama. Ma bheir

e dh'ifrinn thu mata, 's ann ga d'dheoin. Tha thu cho toileil a bhi gabhail an rathaid leis g'a gharaidh ris fein. Ged a tha firinn De—an fhirinn mar ata i ann an Criosd, agus a tha Dia 'g aithne dhuit a chreidsinn—ged a tha an fhirinn sin le caomh-ghairdein sinte amach, a chum do theasairginn o fhiacalibh casgraiddh an leomhain bheuchdaich, 's ann a tha thusa le sleagh gheur a mhi-chreidimh ga sathadh le uile neart t'aingidheachd gu ruig an t'anam. Tha mi fiosrach nach eil suil agad fein a dhol dh'ifrinn; ach gur h'i do bharail gu'n till thu uair-eigin 'an deigh so. Gun teagainh sam bith tha gu leoir 's an ionad uamhasach a bha aon uair dh'aon bharail riutsa; seadh, agus a bha mar an ceudna cho mhuin-ghineach asda fein gu'n tilleadh iad uair-eigin ro'n bhàs riutsa: ach ciod a ni sin doibh a nis! Na h'uile uair a thig e g'an cuimbhe, nach ann a theid e mar shaighead bheo, no mar dhealgan teine tro'n anam?—nach ann a tha e mar chonnadh a fadadh suas n'an lasraichean dearg 's am bheil iad, chum tuille do theas-ghoil a chur 'an smior an cnamhan? Nach 'eil thusa 's an ām so fo' threun-mhealladh ceart amhul a bha iadsan? agus mar is muinghiniche a tha thusa asad fein gu 'n till thu fathasd, nach ann is mo' agus is soilleire a tha thu a dearbhadh gu'm li thu air do mhealladh mar an ceudna? Do bhri gu bheil thu mar an t-amadan ag earbsa as do chridhe cealgach fein. Ah! a charaid (ceadaich dhomh an fhirinn innse dhuit ann an caoimhneas, 's anu an dilseachd do 'tanam) theirig thusa air t'aghaidh an drasda mar is miannach leat (ciod air bith na ruintean a dh'f haodas bhi agad m'a philleadh an deigh laimh,) agus fagadh Dia thu an earbsa ri do chridhe agus ri do ghliocas fein; agus co cinnteach 's a tha ifrinn ann 's ann 'na builsgein a stadas tu. Uime sin tha mi 'g aslachadh—tha mi guidhe ort aire a thoirt, an t'eagal, le d' dhail, an fhuil sin, ful phriseil Mhic Dhe,,a tha 'g eigheach, *sith, sith*, ri t'anam, nach cluinn thu fathast i a' caochladh a guth, agus mar thoirm tairneanaich chumhachdaich ag eigheach amach *dioghaltas, dioghaltas* do t'anam.

Thoir an aire, an t'Uan sin a tha 'n drasda le gairdean-aibh na caomh-throcaire sinte amach ga d'ionnsuidb,

chum do ghabhail, ciontach, graineil, mar ata thu, steach 'na ghlacaibh graidh, do pheacanna a għlanadha air falbh le f'hu il phrisei fein, agus do dheanamh lan shona ann an Dia; thoir an aire, nach f'haic thu fathast e iġiun, ann an teine lasrach na feirge, le ainglibh cumhachdach a dheanamh diogħaltas ort, mar neach gun eolas air Dia, agus nach robh umhal do shoisgeul ar Tigherna Iosa Criod: 'nuair a theid peanas a dheauamh ort le sgrios siorruidh o lathair an Tighearn, agus o ghloir a chumhachd. Ciad mata a tha thu brath a dheanamh? An cuir thu t'anam priseil ann an cunnart n'is f'haide, le do dhail? An teid thu ceum n'is f'haide air t'aghart, agus gun f'hios agad an ath cheum a bheir thu, nach ceum do 'n t'sloċhd —do bhuijsgein na feirge a bhios ann? Ma tha aon srad de reusan duine an taobh a stiġi dhiot, agus ma tha suim sam bith agad do sblainte t'anama? Ma tha eagħal sanu bith ort ro' f'heirg an Uain, no ma 's cuis eagħi i do dhuine sam bith? Agus ma tha iarrtas sam bith agad air a dheadh-għean, no ma se 's gu'm bheil e ion-mhiaunaichte? tha mi guidhe ort, na nach cuir mionaid tuuile dail ann. "Feuch, a nis an t'am taitneach; feuch, a nis la na slainte." "An diugh, ma chluinneas tu a ghuth, na cruadhaich do chridhe." An diugh, air a mħionaid so; tha Dia 'na shuidhe air righ-chathair na troċair, toileach a bhi reidh ri t'anam air sgath a Mhic, ach amhain gu'n creid thu ann, 's gu'n gabh thu aithreachsen; ach a' maireach faodaidh e bhith 'na shuidhe air cathair breitħeanais, t'anam ruisgte, ciontach, graineil 'na f'hianais, gun urrad a's aon leisgeul a chomħdaicheas a lomnoċhd: a bhinn-ditidh air a toirt a mach, agus ceangailte eadar lamhaibh a's chosaibh air a thilgeadħ sios, fuadaichte le doinjon u amħasach a chorruich, do dhoreħadas iomall-ach an leth a muigh, far am bheil gul agus giosgan f'hiacat. Għoġi do Dħia, nach 'eil thusa fathast anus an ionad ghairisneach. Ma's dearbħta thusa gur duine peacach de shliochd Adhaimħi thu, is dearbħta mise o f'ħocal na firinn gu bheil thu fathast a faqtann cuireadb. Tha t'ażiż agus do shloinne fathast sgriobħta sios anns a chuireadhi luachmhor; "Agus ge be neach leis an aill, gabħadħ e uisge na beatha gu saor;" air chor 's gu'm feud thu dubħlan a thoirt do na h'uille deamhan a th'ażi

an ifrinn a dhubhadh a mach : ach ma se 's gu'n dean am bas aon uair greim ort gun Chriosd agad, theid a sgriobadh as le sgriobadh siorruidh, agus uime sin : Thoir an aire !

FOCAL DO'N IOMPACHAN.

THA thu 'g aideachadh gu'n d'f huair thu trocair do t'anam —gu 'n deachaidh tu thairis o bhas gu beatha—gu'n do ghabh Dia riut air sgath a Mhic, agus gu bheil dochas agad, air a sgath-san, agus tre neartachadh grais a bhi dealrachadh gu siorruidh mar a ghrian ann an rioghachd t'Athair neamhaidh. Ma se 's gu bheil t'aideachadh treibhdhireach, agus do dhochas gun mhearachd, guu mhealladh, a reir eolais, air a steidheachadh air firinn sheasmhach Dhe; their mi; gur sona dhuit; agus tha mi ga d'f hailteachadh mar bhrathair ann an Criosd. Chomhairlichinn duit eo dhiubh gun a bhi t'uille is muinghineach a d'thaobh fein; oir feudaidh tu bhi air do mhealladh Cuimhniuch, gu bheil an cridhe cealgach, agus an namhaid innleachdach. Na bi riaraichte le dearbhailean sam bith, ach le dearbhailean a bhios air an steidheachadh air firinn Dhe. Cha chomasach dhuit tuille 's a choir a dh'earbsa chur ann an Criosd ;—ann an ionlaineachd 'na h'iobairt a thug e suas,—'na thoil 's 'na chomas air tearnadh ;—'na ghealladh, 'na throcair, 'na ghliocas, agus, uime sin, 's 'na seolaidhibh a tha e toirt seachad 'na fhocal. Cuimhnich gu bheil eadar-dhealachadh mor, eadar bhi teagmhach mu na níhibh sin a tha fior mu Chriosd, agus a bhi teagmhach am bheil thu fein iompaichte. Tha na nithe a tha sgriobhta mu Chriosd fior, co dhiu a chreideas tus iad no nach creid : ach feudaidh e bhi nach eil e fior gu bheil thusa ga 'n creidsinn ; agus gur duine iompaichte thu. Gach uair, mata, a dh'eireas teagamh ann ad inntinn a thaobh na nithe a tha sgriobhta mu Chriosd ; fogair air falbh iad; na toir fardach mionaid dhoibh, cha 'n 'eil annta ach na breugan, tha iad eas-urramach do Dhia 'na firinn : ach na

h'uile teagamh a dh'eireas nu d' chreidimh agus mu t'iompachadh fein, eisd riu sin, na bi saoilsinn gur h'aun o'n diabhlul ata iad, agus gur h'e do mhi-chreidimh ata ann. Faodaith e bhi gur h'ann o sholus do chogais fein a tha na teagamban sin ag eiridh, agus, uime sin, eisd riu, agus dean rannsachadh mion air a chuis, air eagal gu 'feud thu bhi ga d'mhealladh fein. 'Nuair a dh'eireas na teagamhan sin, mata, bheir mise oidheirp air seoladh a thoirt duit chum cogadh nan aghaidh, agus air claidheamh a chur 'a d' d'born leis an sgath thu sios iad. Ann an aite suidhe sios gu lunndach, slaodach, mar an daor-chladhaire, 's an dubh-thraig, nuair nach urrainn duit na creachadairean ud a chur amach as do thigh, leis na dearbhan a tha thu faotainn ann ad chridhe fein, no ann an eachdraidh t-iompachaide, eirich gu grad air do bhonn-aibh, agus le cridhe cruadalach, 's le claidheamh sinte a mach abair ris na teagamhan sin ; "Faodaith e bhi O ! theagamhan ; gu bheil an ni ata sibh ag radh rium fior, nach 'eil an obair cheart annam idir, agus nach robh mi riabhach ga m' mhealladh fein : ach ma se's gun robh, cha bhi ni's fhaide. Tha lan-fhios agam air so, gur creutair peacach mi, 's nach 'eil ni math sam bith agam a bheir mi, an lathair Dhe : ach tha f'fios agam, mar an ceudna, gu'n do bhasaich Criod — gur Fear-saoraidh uil-f'hoghainteach e, agus gu bheil e 'g radh, 'An ti a thig 'n m' ionnsuidh-sa, cha tilg mi air chor sam bith a mach e' : an drasda fein air mo dha ghluin, tha mi ga m' thilgeadh fein air a throcair, a lan-chreidsinn nach cuir e cul rium." Se sin duit an doigh is sabhailte, agus is ealaimhe air na teaganian f' hogradh air falbh.

Bi air d'f'haicill an aghaidh bli 'g earbsa as d'f'hair-eachduinnean fein. 'Nuair a bhios do chridhe tais, agus nithe a drughadh air, saoilidh tu 's au am gu bheil moran grais 'a d'anam.—do chreidimh laidir ; agus co ach thusa ? Mar Pheadar eile, bidh duil agad gu'm b'urrain duit coiseachd an comhail an Tighearn' air an f' hairge. Ach, uidh air uidh, toisichidh tusa air uaill a dheanamh as do nithibh taitneach fein, agus saoilidh tu gu'n dean thu 'n gnothach as eug'ais bhi ann ad pheacach truagh—'a d'bhaigeir bochd aig cathair na'n gras, agus mar sin falbhaidh na nithe taitneach, fasaidh an cridhe cruaidh, an inntinn

dorcha, agus toisichidh tu air dol fodha. Ciod is aobh-air da so uile? Tha thusa, 'an ait a bhi beathachadh air an fhirinn, agus a deanamh uaill as an t'Shlannighear, a beathachadh air t'f haireachduinnean fein, agus a deanamh uaill asda. Thoir an aire mar an ceudna, nach meall, t'f haireachduinnean thu ann a bhi roghnachadh, cha'n e an teagascg is math dhuit, ach an teagascg is math leat. 'Se an teagascg sin a thonn-luaisgeas t'aig-neadh—a mhaothaicheas agus a thaisicheas do chridhe, agus a bheir air do shuilibh silleadh, ged a bhiodh do thugse cho dall, aineolach, 'n am sgur's a toiseachadh—a bhios tu a'n cunnart a roghnachadh air thoiseach air an teagascg sin, a dh'f hosgladh suas slighe na slainte dhuit ann an simplidheachd,—a dh'f hagadh iosal, bochd a' d'shui-libh fein thu—a rusigeadh 'sa dh'f hagadh falamh thu, gun ni sam bith air an leigeadh tu do thaic ach Criod amhain, no air an deanadh tu greim ach an fhirinn ghlan—a dh'fosgladh suas slighe do dhleasnais fa d'chomhair, agus a ghairmeadh tu chum dol air t'aghaidh ann an umhlachd do Chriod. Bi air t'f baicill, mata, an agaidh bhi 'g earbsa as t'f haireachduinnean fein; is iomadh caoch-ladh a thig orra-san; ach cha tig atharrachadh no caoch-ladh air bunait do dhochais: oir tha, "Iosa Criod an de, agus an diugh, agus gu siorruidh an ti ceudna."

Ged a fhuair thu sith agus sonas trid creidsinn ann an Criod, cuimhnich nach 'eil thu fathast ach 'am fior thoiseach a chogaidh, agus a chruaidh-chais. Ged a chaidh clann Israel tre n' mhuir ruaidh, agus a sheinn iad oran Mhaois do'n Tighearn, le bhi faicinn 'na saorsa a dh-oibrich e mach dhoibh, agus an naimhdean báithte air traigh na mara; cha robh iad fathast thar Iordan ann an tir a gheallaidh: bha 'u fhasach iargalta air thoiseach orra, far au robh iad air an deuchainn, le teas loisgeach na greine, cion uisge, nathraichibh nimhe, agus le righribh cumhachdach. Cuimhnich thusa mata gu bheil fasach an t'saoghail so air thoiseach ort, agus nach ruig thu leas duil a bhi agad dol uiread a's aon cheum anns an t'slighe gu neamh, as eug'ais codhail a bhi air a thoirt duit le feachd na h'ifrión. Agus na'm b'ann le treun-spiounadh a chogadh iad rint, cha bu dad idir e, ach 's ann leis 'na breugaibh is daicheala, agus leis 'na h'inn-

leachdaibh, agus a chealgaireachd is doimhne agus is uamhasaiche a dh'fheuchas iad riut. Ma se 's nach teid aca air do ribeadh na'n liontaibh, gabhaidh iad an dubhan ; 's mar dean am maghar no chuireag an gnothach, feuchaidh iad biathadh ; agus cha'n f'hàg iad clach gun tionndadh—traigh gun ruamhar, gun rannsachadh, airson a bhiathaidh sin a shaoileas iad a ghabhas, agus a bhios a reir do naduir truaillidh. Is iad na nithe sin ata 's an t'saoghal, a bheathaicheas "ana-miann na feola, ana-miann nan sul, agus uabhar na beatha," leis am feuch iad thu. Is iomadh cagar puimnsionta a chuireas an diabhul ann ad chluais ; agus is iomadh saighead thein-teach à thilgeas e ann ad bhroilleach, chum t'ana-mhiannan a lasadh suas. Bi air t'f haicill mata an aghaidh cuilbheirtean an diabhul, buairidhean an t'saoghal, agus, gu sonruicht, an aghaidh do thruaillidheachd fein. Cuimhnich nach 'eil namhaid ann is cunuartaithe dhuit na thu fein : cha dean duine no deamhan do choire, ach le d' aontachadh fein.

A chum, mata, 's gu'n seas thu gu tul-chuiseach daingean, an aghaidh do naimhdean, cha'n e amhain gu feum thu mar chreutair peacach a bhi taiceadh ri obair chriochnaichte an t'Shlainuighear, ach feumaidh tu mar an ceudna a bhi taice ris airson neart agus treoir. As eug'ais Chriosd cha'n urrainn duit ni sam bith a dheanamh. Cuimhnich sin. Na rach ceum air t-aghart ach 'na neart-san. Ma ni thu uaill a ni sam bith gu ma h-ann as t'anmhuinneachd fein, a chum 's gu'n gabh cumhachd Chriosd comhnuidh ort. Mar is muinghiniche a bhios tu as do neart fein, 's ann is cinntiche a thuiteas tu ro' d' naimhdibh. Ged a dh'f hag Criosd an saoghal a thaobh a lathareachd chorparra, gheall e Comlìfhurtair eile, an Spiorad Naomh, a thoirt da dheiscioblaibh, a bhiodh anna, agus a dh'f hanadh maille riu gu brath. Na tha dh'eolas air Criosd, de ghradh do Dhia, de ghrain do'n pheacadh, de naomhachd, de f'hior shonas, agus de spiorad tagraidh anns an t'saoghal, 's e an Spiorad grasmhor is ughdar dhoibh. Ma 's duine iompaichte thusa, tha do chorp 'na theampull do'u Spiorad Naomh, ata annad, ata agad o Dhia, agus cha leat fein thu. Am bheil thu mata dol a dheanamh teampull iodhalan de'n

chorp sin, agus 'na ionad comhnuidh do spioradaibh neoghlach an t'sluichd? Nar leigeadh Dia. A reir 's mar a bhios tu air do lionadh, agus air do riaghlaigh leis an Spiorad Naomh, 's ann a reir sin, a bhios tu cosmhail ri Criosd,—do thruaillidheachd leanailteach air a toirt, 's air a cumail fo chis, agus a bhios sith a's sonas agad ann ad inninn fein;—a mholas tu an fhiriún do cheagaisibh na'n uile dhaoine, agus a bhios tu a' d' bheannachadh 's an t'saoghal. Thoir an aire, mata, nach cuir thu doilgheas air an Spiorad; oir 's e do dhearbh charaid e. Cuimhnich gur grain leis ni truaillidh, agus nach toir e a ghuais duit ann an doigh sam bith, a's thusa' toirt caidreamh do'n pheacadh.

A chum 's gu faigh thu comhnadh an Spioraid, feumaidh tu umhlachd a thoirt da, agus a sheolaidhean a leantuinn. Cuimhnich sin. 'S e fhocal an riaghait stiuraidh. Tha e 'g aithne dhuit, mata, "A bhi ri faire agus i iurnnigh." A bhi ri faire, gach uair a's mionaid de'n la, an aghaidh peaceaibh, 's an aghaidh buairidh—faire air do smuaintibh, agus air do bhriathraibh. Mar is fhearr a ni thu faire, 's ann is mo a chi thu t'f heum air urnuigh, agus co graneil 's a tha thu 'an lathair Dhe. Gach aon ām a theid thu a thagradh i Dia; cuir na ceisdean: "co 'n ti an lathair am bheil mi? Ciad na peacanna a th'agam ri aideachadh? ciad na h'aobbairean taingealachd ata agam dha? Ciad na beannachdan ata dh'uireasbhuidh orm?" Am bheil Dia toileach 'an toirt seachad; agus Co trid am faigh mi eisdeachd?" Agus mu'n eirich thu bharr do ghlúinean; feoraich dhiot fein; "An ann trid creidimh a tha mi 'g urnuigh?" O! tboir an aire nach dean thu, thu fein a chleachdadh ann a bhi tarruing dluth do Dhia le do bhilibh amhain as eugais do chridhe.

Cuimhnich mar an ceudna, gur h'e 'm focal am meadhon araid leis am bheil an Spiorad, a soilseachadh, a beothachadh, a naomhaebadh, 's a togoil suas a shluaign fein. Gun teagamh sam bith, tha aitean de'n Bhiobull is buannachdaile dhuit a bhi rannsachadh na aitean eile; ach gidheadh, gheibh thu buannachd nach saoil thu ann a bhi ga rannsachadh air fad. Ged a thachras tu ri moran de nithibh nach bi thu tuigsiun, na meataicheadh sin thu;

ach theirig air t'aghaidh 'an taice ri Spiorad na firinn, agus uidh air uidh, bi'dh t-eolas a sior dhol 'am meud : cuiridh an darna earrann solas air an earrainn eile. Ach thoir an aire nach bi thu a Spioradh leat earrann an so, 's an sin, gun a bhi toirt fainear a chomh-cheangail 's am bheil i, agus mar sin a toirt seadh cearr aisde. Cuimh-nich gu bheil na sgriobtuirean air fad air an deachdadhl leis an Spiorad Naomh: bi'sa, nime sin, deigheil air inntinn an Spiorad f haghail a mach, agus na bi feuchainn ri brigh spioradail, nach robh riamb air a runachadhl leis, a thoirt a earrainn sam bith. "Mar naoidheana air an ur-breith, iarraigí bainne fior-ghlan an f hocail, chum 's gu fas sibh leis." "Naomhaich iad," arsa Criod, "troimh an f hirinn, is e t-f hocal-sa an f hirinn."

Tha nithe eile 'na meadhonan ann an laimh an Spioraid air obair na naomhachd a chur air a h-aghaidh 's an anam : mar ata comh-chainnt ri daoinibh spioradail, a tha soilleir's an f hirinn,—coinneamhan urnuigh—òrduighean an t'soisgeil, agus a feitheamh air aoradh follaiseach Dhe aig 'na h'amanaibh gnathaichte: Tha 'na meadhonan sin a' d'lamhaibh fein, agus an taice ris an Spiorad, feumaidh tu fein a bhi feitheamh orra ; oir as eug'ais sin, cha ruig thu leas suil sam bith a bith agad r'a chomhnadh-san. Cha dean an Spiorad do naomhachadh as t-eug'ais fein, —as eug'ais thu fein a bhi leantuinn na seolaidhean a thug e seachad 'na f hocal priseil. Ceart co luath 's a ghabhas tusa do sheolaidhean fein, agus a chuireas tu do ghliocas fein ann an ait' gliocas De, ceart co luath 'sin, theid thu as an t'slighe 's am bheil an Spiorad a' geall-tuinn cuideachadh leat.

Ann an so, cha bhi e mi-f heumail focal no dha a thoirt air aghaidh a thaobh a cho'n altraidh a raoghnaicheas tu. "An ti a comh-luadair le daoinibh glice, bidh e glic; ach sgriosar companach nan amadan." 'S anabarach a bhuaidh a tha aig comhluadar air duine, bheir e dh'ionnsuidh a chuma fein e an aithghearr. A reir 's mar a ghleidheas tu companas ri duine sam bith, 's ann a reir sin a thig thu gu bhi cosmhail ris, agus a ghabhas tu cuma na moltair sin anns na dhealbhadh e fein. 'S 'gann gu'n ruig mi leas focal a labhairt riut a thaobl a bhi seachmadhl comhluadar 'na muinntir sin a tha nan naimhdean follais-

each do Dhia, agus nan luchd-fanaid air diadhuidheachd : bi'dh tu fein air t'f haicill nan aghaidh : 's iad do cho-aoisean fein, muinntir shiobhalta, mhodhail, chaoimhneil, ach gidheadh feolmhор 'nan inntinnibh, gun chail do nthibh spioradail, gu mor is cunnartaiche dhuit. Le cion-faicill goididh seanachas agus doighean nan daoine sin ort, gus an tig iad, uidh air uidh, gu bhi taitneach dhuit, agus an ol thu suas iad mar a mhil mhilis : ach mu dheireadh fairichidh tu gu'n d'ol thu 'm bàs ! Faodaidh tu, mata blii lan chinnteach nach fhaigh thu buannachd do t'anam ann an companas ri duine sam bith a tha gun ghras, ciod air bith co taitneach sa dh'f haodas e bhi ann an rathaidibh eile : oir mar is taitniche e 's ann is cunnartaiche dhuitse e ; uime sin, bi air t-f haicill an an aghaidh a' leithid. Ach ma se 's gu bheil iad sin cunnartach dhuit, tha cuid de dhaoinibh crabhach ann agus 's iad is cunnartaiche air fad. Daoine aig am bheil moran crabhaidh 'nam beul, le suilibh trom a's gnuis fo sprochd ; "sgeadaichte le samhladh broin, is aghaidh leointe chrom." Daoine a tha, cha'n e amhain, a' cur mi-dhreach air an aghaidh, ach mar an ceudna mi-shnas air an cainnit : chan 'e amhain nach eil iad ag aideachadh bhi 'g altrum dochais iad fein, ach 's ann a mheasas iad 'na an-danadas do dhuine sam bith, ach fear 's a mhive, a bhi ga altrum ; agus ma chi iad neach ri gairdeachas 's an Tighearn. 's ann is beag nach saoil iad gu bheil e air an dearg chuthach. Saoilidh tu, astar beag uapa, nach 'eil 's an t-saoghal nis iriosaile na iad ; ach cha luaithe a thig thu dluth dhoibh, agus a ni thu carachadh beag air a chleoc, na chi thu 'm folach snior an uabhair, agus fior spiorad na fein-fhireantachd cho domhain, f hreumhach, ris a chraobh dharaich. Cha 'n'eil iad duilich an aithneachadh : 's e ciod a thuirt am ministir so, agus an duine mor ud eile—naigheachdan miorbhuiteach mu chuid diu, nach do thachair riamh, toiseach a's deireadh an sgeoil. Cha bhi moran iomraigdh aca air ; Ciod a deir 'na Sgriobtuirean, mar bi beagan de nthibh mu'n dorchadas inntinn 's an robh an Salmadair ag amanaibh, agus nthibh dorcha mu earrainnibh eile, nach 'eil iad a tuigsinn gu ceart. Da rireadh, tha e na ni coltach nach ann do ughdarris Dhe a tha iad a striochdadh ach do ughdarris dhaoine :—

nach 'eil an creidimh ann an cumhachd Dhe, ach ann an gliocas dhaoine. An àm a bhi 'g aoradh maille riu, air leat gu bheil thu ann an tigh a chuirp, agus gur h'iad na daoine is crabhaiche, na daimhich is dluithe do'n neach nach maireann. Ach ciod tuille a ruigeas mi leas a radh umpa, agus gu bheil an dearbh chruth air a thar-ruing cho mean le rogha na laimhe.

“ Bu bheag air riamh an lubaireachd,
 'S an eudan mhugach bhalbh,
 'S na h'osnaidh chneadach chiuch ranach
 Gun sugh annt ach an dealbh.”

Seachainn an leithide sin de dhaoinibh, mar a sheachnadh tu a phlaigh. Tha iad ag altrum beachdan tur chearr air diadhaidheachd ; seadh, agus beachdan a tha uamhasach eas-urramach do Dhia na firinn.

Tha seorsa eile de luchd-aideachaидh ann, agus tha iad anns na h'uile doigh a' tighinn calg-dhireach an aghaidh na muinntir ud. Tha iad so, gu slan, fallan—cha 'n'eil enead orra ;—An cridheachan calma, 's an inntinnean laidir :—cha 'n'eil iomagain sam bith orra m'an truaillidh-eachd fein. Tha iad ag radh gu bheil creidimh aca, 's mur h-easan tha laidir, oir ge d' pheacaich iad 'an cainnt 's an gniomh, gun iomradh air an smuainte, tha an creidimh 's an dochas a' fantuinn co daingeann ri carraig. Tha an dia anns am bheil iad a' creidsinn, agus an slannighear anus am bheil iad a cur an earbsa, cho fabharach 's nach bi gruaim air riu ged a pheacaich iad. Tha duil aca fein gu bheil iad a dol do neamh, ach mu tha, tha iad a faotainn slighe nis fhasa na daoine eile. Tha 'n seors dhaoine so na'n rogha dheasbairean : falbhaidh an teangannan gu siubhlach ann a bhi cuir sios muinntir eile, agus a moladh am beachdan fein : agus bheireadh e tuille solais dhoibh, aon duine a dheanamh d'am barail fein, na tri fichead a bhi air an toirt chum an Fir-shaoraidh. 'S e an toirt a dh'ionnsuidh lon spioradail an anama—manna na firinn—gradh Fir-saoraidh, agus a bhuaidh a tha aig creidimh ann-san air cridhe 's caithe-beatha duine, a chuireas na'n tosd iad ; 's ann a stadas an teanga 'n sin, mar a stadas cuidheall mhór muillion leis an reothadh. Seachainn an leithide sin. Mase's gu'm bi thu 'an cunnart a bhi air do thachdadhl le toit maille ris 'na daoinibh eile,

bi'dh tu ann an cunnart a bhi air do mheileachadh le fuachd maille ris a mhuintir so.

Leigidh mi ris dhuit a nis, an comhluadar is coir dhuit a roghnachadb; a mhuianntir sin da'm bheil, " Daoine ciuine na talmhuinn," 'na ainm freagarach. Daoine a tha 'g altrum dochais, agus nach gabh naire riasan an dochais a thoirt seachad, nuair a dh'iarar orra e le ceannsachd 's le eagal :—a tha aoidheil, geanail, gradbach in'a cheile, a's mu na h'uile a tha gradhachadh ar Tighearna Iosa Criod ann an treibhdhireas 's am firinn ; agus aig am bheil truas na'n cridhe, do'n mhuianntir sin a tha ga'n sgrios fein. Daoine nach 'eil ga'n cur fein ann an cruth, an gnuis no'n cainnt, ach mar ata iad an lathair Dhe ; aig am faigh thu seanachas buannachdail, air chor 's 'n ām a bhi dluthachadh orra, gu'm fairich thu, a bhi dluthachadh air a bhlathas, cha'n e blathas truagh na toit, ach blathas soilleir, glan na firinn ; agus an ām a bhi dealachadh riù, gu'm bi aobhar agad a radh, " B'f heайд mi sud." Daoine a bhios ag urnuigh, cha 'n ann o chleachdainn, ach o threibhdhireas cridhe :—ag aideachadh am peacanna gu saor le fior mhothachadh air an grainealachd :—ag aslachadh trocair le mothachadh air a feum :—agus a toirt buidbeachais o chridhe taingeil. Daoine a tha toirt 'na h-uile dearbhadh nach 'eil bunait dochais aca, ach an fhuil a dhoirteadh air a chrann ; nach 'eil suil aca ri beannachd, ach air sgath Chriod ; agus gur li'ann amhain ri Spiorad naomh nan uile ghras, a tha iad a taic, airson buaidh fhaotuinn air an truaillidbeachd fein, agus airson peacaich thruagh iompachadh. Ann an aon t'ocal ; daoine a tha leigeil ris 'na tha de fhior shonas aca 's an t-saoghal so, gur h-ann o gluaise fhabharaich an Dìa sin a tha reidh r'an anam a tha e a sruthadh, agus da rireadhl gu bheil iad a faotuinn sonais aün. 'S e sin dhuit na companaich bhuanachdail : ma thuiteas tu, togaidh iad suas thu ; ma bhios tu aineolach teagaisgidh iad thu ; ma bhios tu cearr, leigidh iad ris duit do mhearrachd ; agus ni iad caoidh maille riut nuair a bhios tu ri caoidh, agus gairdeachas nuair a bhios tu ri gairdeachas. Ach cuimhnich co-dliu nach 'eil duine sain bith gun fhaillinn, agus uime sin cha'n fheum thu bhi tuille is tārmusach, air dhuit a bhi mothachail gu bheil faillinnean annad fein.

'S e so do mhisneach, mata, gu bheil aon charaid seas-mhach ann ; an Tighearn Iosa Criod.

Ma's neach thu a fhuair trocair, na biodh naire sam bith ort aideachadh follaiseach a dheanamh air Criod 'an lathair an t-saoghal. Cuimhnich gu bheil Criod ag radh, "Uime sin ge b'e dh'aidicreas mise am fianuis dhaoine, aidlichidh mise esan mar an ceudna am fianuis m'Athar ata air neamh. Ach ge b'e dh'aicheadhas mise am fianais dhaoine, aicheadhaidh mise esan am fianais m'Athar ata air neamh." Mata, x. 32, 33 C'arson a ghabhladh tu naire do Chriod? Na m b'-aithne dhuit gu ceart e, 's ann a dheanadh t-anam gairdeachas thu bhi air do mheas airidh air masladh fhlulaing air sgath ainm-san. Theirig, mata, air t-aghart ann an umhlachd do Chriod, agus abradh an saoghal a roghainn.

Na bi riaraichte le tomhas beag de ghras. Na b'i do cheist; "ciod an tomhas is lugha de ghras a dh'f hoghaineas chum dol air eigin do neamh? Ach gu ma h'i so do cheist; "ciod an tomhas is mo de ghras air an gabh ruigheachd 's an t-saoghal so!" Ged a tha an t'slighe a dh'ionnsuidh tomhas ard de lanachd Chriod, a tigliinn calg-dhireach an aghaidh do naduir truaillidh; ged is slighe na fein-aicheadh, agus na cruidh-spairn i anns gach ceum; theirig thusa air t'aghaidh, tha Dia toirt na h'uile misneach dhuit. Agus an uair a bhios an slaodaire truagli, no an traill bhochd a' gearan air dorchadas inntiu, agus a theagamhan—a luidhe sios mar ainmhidh fo'n t-sachd; 's ann a bhios tusa a faotainn spionnadh nuadh—ag eiridh suas mar iolair air a sgiathlaibh—a beathachadh air solasaibh ard na 'm flaitheas—t'anam a deanamh mor-ghairdeachas le h'aoibhneas air dol thiar lahlairt agus lan do ghloir; ged a dh'f haodas tu aig amanuaibh a bhi fo thuirse tre iomadh buaireadh. Da rireadh mar is mo a gleibh thu de laithaireachd an Tighearn, agus is mo a bhios de fhior shonas agad, ann an sealbhachadh co-chomunn ris; 's ann is mo a ghoirticheas e thu nuair a cheileas e a ghnuis ort. Ach na meataicheadh ni sam bith thu, ged a tharruingeadh tu iomadh acain ghoirt—iomadh, "Och, och! is duine truagh mi!" theirig air t'aghaidh, cha'n 'eil buaidh gun chath. Cha'n 'eil ceannard treun na 'm buadh a gealltann cuideachaidh dhuit ach a'n dol air t'aghaidh: ma philleas tu air t-ais

no ma bheir thu thairis, cha bhi aig anam-san tachd annad. Is leoir a glras-san duit. Da thrid-san a ghradhaich thu, bheir thu tuille a's bnaidh. Ni aon mhionaid do dhluth cho-chomunnis ris an Athair agus r'a Mhac Iosa Criod—aois bhoisge d'a ghnuis dhealraich tuille is lau dioladh dhuit airson gach cruaidh-chas a thig ort 's an dian-stri. Bi'sa mata, "fas ann an gras, agus an eolas ar Tighearn Iosa Criod." "Do shlighe mar sholas fior-ghlan na maidne, a dhealraicheas ni's mo, agus ni's mo gu ruig an la iomlau."

Bi air t'fhaicill an aghaidh cul-sleamhnachadh, no treigsinn do cheud ghaidh. Nuair a chailleas tu do shonas 'an Dia, agus do chiocras an geall air f'hocal:—a bhios tu toileach dearmad a dheanamh air urnuigh uaig-neach,—no air do ghearsadh ga h'ionnsuidh, cha'n ann le mothachadh air d'f heum, no ann an umblachd do Dhia, ach le sgiursadh do chogais fein; agus 'nuair a bhios rud-eigin do aomadh aig do chridhe ri comhluadar diombain, agus comhluadar sluagh Dhe gun bli co fhior thaitneach dhuit, gabh grad rabhadh, agus tuig gu bheil an cul-sleamhuachadh 'na thoiseach. 'S e ath-philleadh ri Dia, mata, agus sin gun dail, a dh'fheumas bhi ann. Tha f'hius agad cho cunnartach 's a bhiodh an dail, na'm briseadh teine mach ann ad thigh, no na'n toisicheadh an stoirm air a rusgadh. Tha mi fiosrach gur h'iomadh leisgeul a bhios aig cridhe cealgach nan lub, airson dail a chuir 'an grad philleadh, ach cha 'n'eil math eisdeachd ris; seadh, ged bhiodh a leisgeilean air an tumadh 'sa mhil mhilis.

Nuair a thig dorchadas air t'inntinni, agus a bhios tu gun danachd agad aig cathair grais, tuig gu'n do pheac-aich thu le cionta eigin thoirt air do chogais, agus mar sin doilgheas a chur air an Spiorad Naomh. Dean rann-sachadh mean air a chuis, faigh a mach an t-aobhar, agus dean saor aideachadh air an lathair Dhe. 'S e so do mhisneach, "Ma dh'aidhicheas sinn ar peacanna, tha esan firinneach agus ceart, chum ar peacanna a mhaiteadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-f hireantachd."

Math a dh'haodte, ann angliocas 's an caoimhneas dhuit airson do smachdachadh, gu'n toir Dia rudeigin do chead do n' bhuaireadar eiridh ort, agus d'fhagail greis 'na lamhaibh, fo chrudas cridhe agus fo agartas cogais, a chum

do theagascg a bhi ni's faicilliche 'rithisd, agus a' nī graineil siu is fuathach leis a sheachnadh. 'S e sin duit àm na deuchainn's am biodh e feumail lamh cheart a bhi aig an stiuir, agus a bhi furachar air eagal n'an uisgeachan a tha dluthachadh air lorg a cheile, 's gach aon diubh a bagradh do chur fodha 's an doimhne. 'S e so an t'ām 's am biodh e feumail a bhi glaodhaich gu h'ana-barach airson cobhair an aghaidh buairidh 's an droch latha. Cha 'n'eil leigheas, mata, air a chuis, ach aideachadh treibhdhireach a dheanainh air do pheacauna 'an lathair Dhe: agus a thaobh aingealtachd do dhroch cridhe, agus uabhar do naduir, 's e gras amhain a bheir a dh'ionnsuidh sin thu. Ach cha luaithe a thig an t-aideachadh glan, saor n'a gheibh t'anam faochadh—thig an f hairge gu socair, an stoirm gu feath, a ghrian gu dealrachadh troimh na neoil, agus gean a's gaire air a chruitheachd gu leir. Faodaidh tusa nime sin a bhi lau dearbhte ma bheir thu caidreamh do pheacadh sam bith, gu'n dean Dia sgiursair dheth, agus gu'n cuir e aun an laimh do chogais e chum do dheadh sgiùrsadh. "Oir an ti a's ioninhuinn leis an Tighearn smachdaichidh se e, agus sgiursaidh e gach mac ris an gabh e."

Thoir fainear gu bheil nithe eile aig Dia anns an anharc a d'thaobl, a bharrachd air t'anam fein a thoirt do neamh, agus a bhi 'n siu gu siorruidh sona: tha so gu sonruicht aige 's an anharc; gu'n gloiricheadh tu e san t'saoghal, le d' chorp 's le d' Spiorad is leis. 'Nuair a tha esan a beannachadh duine 's ann a chum 's gu'm biodh e na bheannachd. "Agus cha las daoine coinneal, chum sgu'n cuir iad i fuidh shoitbeach, ach ann an coinnleir, agus ni i solus do na bheil a stigh." 'S e caithe-beatha uaomh agus diadhaidh sluagh Dhe, aon de na meadhonaibh araid a tha Dia a beannachadh chum saoghal ceannairceach a thoirt gu striochdadh dha fein. 'N robh companaich agadsa mata ann ad cheannairc, agus a bha thu cuideachadh ann a bhi ga'n sgrios fein? Mu bha, bi a' d'f bianuis dhileas d'an anamaibh airson Chriosd. Bi tagradh ri Dia air an son, agus thoir fainear a mhiseach a tha e toirt. "Abair riu, mar is beo mise deir an Tighearn Dia, cha 'n'eil tlachd air bith agamsa ann am bas an aingidh; ach gu'm pilleadh an t-aingidh o' shlighe,

agus gu'm biodh e beo." Ma bhios tu da rireadhl a tagradh air an son, cha n'urrainn duit gun bli toileach air cothrom fhaotainn air labhairt riu. Ach thoir an aire gu'n tig thu orra ann an doigh ghlic. Na bi mi-mhodhail, no bras. Nuair a gheibh thu duine leis fein gun ghruaimean, gun mhiotlachd; 's e sin an t'am dhuit a bhi aige, agus O! na fosgail do bheil ris gun do chridhe a thogail ri Dia air a shon. Math a dh'f haodte nach fhiach leis aideachadh, no aontachadh leat; ach co aig ata fios nach fhaod an t'saighead sin a dhol an greim, nach leig a chogais leis a tarruing air a h-ais, agus a theid ni's doimhne 's ni's doimhne an greim, gus mu dheireadh, an ni sin nach b'fhiach leis aideacheadh 's a chluais, 's an t'seomar uaigneach, am bi e toileach eigheach air mullach na'n tighean. Chuala mi iomradh air duine air leabaidh a bhais, agus gun dochas aige, ach a bhi truagh gu siorruidh; a thubhairt; "Tha duine mu m' choinneamh air an taobh eile de 'n t'sraid, agus tha mi creidsinn gur duine diadhaidh e, ach bi'dh mi guidhe na mallachd dha ann an ifrinn gu siorruidh, airson ged a bha fios aige gu 'n robh mi cearr, nach do labhair e focal riamh rium a thaobl cor m'anama." Tha mi cinnteach nach miann-aicheadh tuna anam sam bith a bli guidhe na mallachd dhuit ann an ifriun, airson do chion-dilseachd dha? Mur miannaicheadh, bi dileas do anamaibh neo-bhasmhor. Tha creidmhich agus luchd-aideachaidh diadhaidheachd a' tighinn gu h'uamhasach gearr air an dleasanuas anns an rathad so: 's ann a tha e coltach gu bheil iad a' fagail na h'obair chudthromaich an earbsa ris 'na ministearan gu buileach, mar gu'm biodh duil aca gu'm freagair ministearan air an son an ceann la mor a chunntas. Ministearan a freagairt air an son! Tha gu leoир aca freagairt air an son fein! Fhad 's a bhios cogais neo-lochdach aig duine, agus an fhirinn a tha e creidsinn 'toirt sonas da anam fein, cha n'urrainn da bhi 'na thosd; ach an uair a thig ciont air a chogais, a chailleas e a shonas 'an Dia, agus a thig bas agus caoile air anam, is beag a labhras e, agus am beagan a labhras e, cha 'n'eil fhios agam nach b'f hearr dha bhi 'na thosd. Ma bhios 'na h'earailean so feumail dhuit, thoir a ghloir do Dhia.

DO'N LEABHRAN.

'Leabhrain bhig bi thusa falbh 'measg
Ghleanntan uaigneach feadh nan Garbh-chrioch,
'S gach eilean cuain, a's ait an Gaelteachd,
Far am bheil do chanain bhasda.

Bi-sa fos 'an laimh a Chiohair,
'N am na beinne bhi 'ga direadh,
S air seasamh dha air bharr man stucan,
Thoir-sa 'n sin d'a shuilibh fradharc.

'Leabhrain bhig bi thusa falbh 'nis,
S inor am feum ort feadh nan garbh-chrioch,
Daoin' tha lionmhior anns a cheo ann,
S iad gu hronach anns an t'seachran.

'N dall cheo mealltach dorch a's gruamach ,
Dean-sa sgapadh naith 'sa ruagadh,
'Chum 'nuair chitear leis a chaor-ghlas
'M fiadh nach saoil c a bhi aige.

'Leabhrain bhig thoir inl dha 's fradharc,
Air gach iarunn sron a's adharc,
Gach beum 'an cluas a's fiacaill beoil,
S gach ni is coir dha bli aithnicht'.

Bi-sa dha mar 'smeorach' lnath dhuuh,
Teoma, scolta 'n ain a chuaireach',
S hheireadh air na h-uain 'na spogan,
S fiacaill beoil gun chur nan craiccan ;
'Leabhrain bhig bi thusa falbh 'measg
Ghleanntan uaigneach feadh nan garbh-chrioch,
Far am faict na h-uain gheal reis-ruith,
A's an eilid ann ri faire.

Bi-sa dha feumail 'spion' nan uth'nan,
'Chum an luidirean air ur-bhreith,
Gun amais e gu gionach sugach,
Air an ioc-shlainnt urar fhalian.

Ma bhios cuid d'a threud 'gan dalladh,
Bi-s a'd sgian da thoirt na fal' asd',
Fosgail chuisle fo na suilean,
'Chum 's gun sput i mach gu frasach.

Ma hhios cuid d'a threud 'san rihe,
Suiomhta, suainte anns na driscan,
Cuir na cuibhrichcean mu sgoil doihh,
S dean an saodach chum na fars'neachd.

Leabhrain bhig bi dir' na leachduinn,
Ged robh cur na dil' ann 's ceathach,
Cuir na caoirich as na frogan,
thoir do'n chro iad o na ghaduich.

'N sin thoir mach do sgian 's gu h' inich,
Cuir beum a's rib 'an cluas gach giu diubh;
Cuir-sa t'iarrunn air an sron, a's
Dean do choire cheart orr' aithnicht',

Bi-sa fos 'an laimh an tuath'naich,
'N am na curachd a's na buana,
'N am bhi tionaladh nan sguaban,
No gam bualach anns an t-sabhal;

Leabhrain bhig bi thusa falbh, 'measg
Ghleanntan uaigneach 's shraithean tarbhach,
S bi gu deurach 'cur do shil, a
Chum 's gu'n till thu le mor aiteas.

A chridh' fein dean thusa ruamhar,
S rogh an t'sil dean charadh suas ann,
'Chum 's gu'n tionailear mar sguab e,
'N am na buana do na flaitheas.

Leabhrain bhig, &c.

Bi-sa fos 'an laimh a mharaich,
Nuair a tharr'ngear stigh an t'acair,
Sa shuidh's e an taic na stiurach,
Dean-sa 'n sin reul-iuil mhath dha.

Leabhrain bhig bi thusa falbh, 'measg
Eileinibh taobh shiar na h'Alb', o
Iort nan eun gu eilein Leo's, a's,
Uatha sin gu Boad a's Arrain.

'Nuair thig glagarsaich na fiath air,
 S lunndach slaodach bhios a thrialla,
 Dnisg-sa snas an aile shurdail,
 'Ni chuid shinil a chur o chrathadh.
 Leabhrain bhig bi thusa falbh, 'measg.
 Eileinibh, &c.

'Nuair a thig cruaidh-chas na h'eigin,
 Tninn fo bhnaireas, gaoth ga 'n seideadh,
 Uisgeachan gu borb a' dluth'chadh,
 S mnir 'na simnidrich gheal mar chatadh;
 Leabhrain bhig bi mach 'an cabhaig,
 Bi a' d' ruith a dh'ionnsuidh chladaich,
 Dh'fheunch an sabhail thu na daoine,
 S iad a' glaothaich ann ar sealladh.

Thoir iad sabhailt steach do'n chaladh,
 Ged a rach' mhuiir bhuairete tharrad,
 Chaoidh nan elan na dean an treigsin,
 Gus an eighear, *mach an l'acair*.
 Leabhrain bhig, &c.

Cnid ni d' chaineadh 's ni do smadadh,
 Cuid do shaltairt fo an sailtibh,
 S cnid 's an oidhche ghrnamach gheamhraidh,
 Ni do thionndadh mach o'n ghara'.

Leabhrain bhig cha 'n'eil rint m' fhamrad,
 'Measg nan gleanntan feadh nan garbh-chrioch,
 S anus gach ait air feadh na Gaelteachd,
 Far nach fhaigh thu fardach chaidreach.

Ach an corr ait gheibh thu fardach,
 Rogh a'u athlan—smior a chairdeis,
 S inidhidh tu gn caidreach blath,
 An nehd neach araid 'bhios ga d' altrum.

Leabhrain bhig is mor rint m' fhamrad,
 'Measg nan gleanintan feadh nan garbh-chrioch,
 S amus gach ait air feadh na Gaelteachd,
 Far am faigh thu fardach chaidreach.

Ni cuid do dhit' le fianuis bhreige,
 Gunn bhi tuigsinn grunnnd do reusan,
 S togaidh 'n guth gn h-ard ag eigheach,
 'Deanaibh chensadh as an Rathad.'
 Leabhrain bhig 'sc 's eigin falbh duit,
 'Measg nan leomhann allta garg ud,
 'M fiacallan mar chloidhean genra,
 'Chum do renbadh ann ad bhlaidhean.

S cuiridh tosdach sios do'n naigh thu,
 S sleaghan tarr'ite bi'dh m'an euairt duit,
 Chum as sin nach crich suas thu,
 Gu bhi lmidh air an enid mhearachd'.

Leabhrain bhig 'se 's eigin falbh duit,
 Ged is codhail sind bhios searbh dhinit,
 S fheud'r-uinn seasamh taobh na firinn,
 Dian san stri gn fuil a' cathach'.

Ach as 'sin ni thusa dinsgadh,
 S gahhaidh luchd nan sleagh a mhuisceag,
 S tuitidh sios air taobh an eul iad,
 Air bhi dhoibh gun luth's 'nan altaibh.

Leabhrain bhig bi thinsa falbh, nis,
 S is tu dh'fheinnidh bhi fo t-armachd,
 Fircantachd mar t-nehd-eididh,
 S claidheamh geur a' laimh an tarruig.

Fathast eiridh eairdean buadb-inhor,
 Sheasas trenbhach taobh do ghuaille,
 S cuiridh air do naimhdean' aige,
 Ga n trom-bhualadh fo an easan.
 Leabhrain bhig, &c.

Rach'-sa thairs air na enantan,
 Thoir America inni thuath ort,
 S anns gach ait s bheil clann nan Gacl,
 Feadh chraobhan ard faigh thinsa mach iad,
 Leabhrain bhig bi thinsa falbh, measg
 Ghleannntan naigheach feadh nan garbh-chrioch,
 S mu'n teid thu a seall' mo shula,
 Bi dh' sinn 'g urnuigh anns an dealair.

LAOIDHEAN SPIORADAIL.

TROCAIR FHOILLSICHTE DHE.

Air trocair Dhe sior sheinnidh mi
Is ni mi oirre sgeul,
O al gu h'al gu maireannach,
Air t'fhirinn thig mo bheul.

SALM lxxxix.

'S i trocair Ichobhah do pheacaich, tha scoladh
Gu luath dh'ionnsuidh doruinn a's broin tha gun chrioch,
Rinn m' inntinn a threorach' gu sinuaineach' air oran,
A chur ann an ordugh thoirt solas do m'chri' ;
'S O ! 'Thi tha ro ghlormhor, thoir an Spiorad ga m' sheoladh,
Gu 'm b'i mi gu h'ordail air trocair a seinn ;
Thoir sealladh bhios mor chum gu faic mi 'n a gloir i,
Thoir briathran bhios beo 's a bhios ceolmhòr a's binu.

Mu'n do chrui'cheadh an saoghal, no na h'aingealan naomha,
Bha *Trocair* neo-chaochlaideach, caomhail, do dhaoin ;
Bha 'focal an comhnuidh, 's a chomhairle ghloirmhoir,
'S cha deach' aon ni shonrach' le 'deoin-sa chur faoin ;
'S nuair dh'innis 'n t-'Uil'-leirsineach, gu 'm fagadh, 's gu'n
treigeadh,
Sliochd Adhaimh gu leir iad, le geill thoirt do 'n namh,
Thuirt Ceartas le morachd, " bi'dh mis air mo ghlorach"
" Ged' b' ann le 'm ful dhortadh gun trocair gun glras."

" 'S e 'n sonas bhi striochdadadh, cha mhath mi am fiachan,
" Mo threigeas iad m' iarrtus ; cha 'n fhiar mi gu baigh,
" Mu shaltras iad m' aith'nteann, fo 'n casaibh gu taireil !
" Bi'dh claidh'mh mo dheas laimhe annt saithe gu brath."
Thuirt Firinn gu luath riu 'si dileas ra ghuailainn,
" 'S i m' innitinn-sa chual' sibh gu buan a's gu fior,
Gach focal a dh'eisd sibh, gheibh uile mo sheulsa,
Seadh, gheibh iad gu leire m' *amen-sa* gu sior."

Chual' Trocair na briathran, oir bha i 's an fhianuis,
A's dh'aidich gu ciallach, deadh riasan d'an taobh ;
" Ach cionnas a riaraichar m' iochd-sa gu siorruidh,
'No dhealra's mo ghrian-sa gu tiorail a chaoidh ?
Am fol'clear gu brath ini ann am broilleach an ard-Righ ?
An cumar mo għairdean o shlainnt thoirt do dhaoin' ?
Am fagar siol Adhaimh fo'n mhallachd gu basach',
Do 'n pheacadh nan traillean 's aig Satan g' an elaoīdh ?"

A's fhreagair 'n sin Siochaint le briathraibh ro bhinn iad,
 Le ciuineas 'na h' inntinn gun mhighean gun ghruaim,
 "Si siochaint gun chomhrag, a's run thoirt do Throcáir,
 'S geur Cheartas bhi gloirmhoir mo dheoin-sa gach uair :
 Ach cionnas a dh'fhaodar na ceannaircich 'shaoradh,
 Le Ceartas gun chlaonadh a's Naomhachd gun mhuth ?
 Cha 'n urrainn domh smaoineach ged tha mi an gaol air,
 'So 'n 's ceist i nach aotrom, ruibh aomam a chuis."

Bha todh anns ua Neamhaibh car tamull, a's eisdeachd,
 A dheuchainn co reiticheadh, cheist a bha cruaidh !
 Ghlac maille an geiread, ghlac doille an leirsinn ;
 'S cha d'fhosgaileadh beul le aon chreutair 's an uair.
 Ach dhealraich a ghrian orr', 's is math dhuinn gur fior e,
 A's sgap i gu siorruidh gach fiamh agus gruaim,
 'S i Gliocas neo-chriochnach, ann an doimhneachd a cialla
 Thug freagradh do'n iarrtus 'bha diomhair a's cruaidh.

"S e fear na deis lainhe, dlu-chompanach gradhach,
 'S fior iomhaigh an aird-Righ, gun flailinn gun ghaoid ;
 Greim 'dheanamh de 'n nadur, 's am peacaich sliochd
 Adhaimh,
 A's seasamh 'nan aite anhain ni an saor' ;
 Seadh seasamh 'n an aite, mar uras 'no rathan,
 A's umhlachd gu bas thoirt gun fhailneachadh chaoiadh ;
 Chun geur-cheartas ardach', gu soilleir a's dealrach,
 'Bhios suarach a's taireil fo shaitibh nan daoí."

Ged' bhithheadh gach aon de na h'aingilibh naomha,
 Le peacadh nach d' aontaich 's nach d'aom le ni claoen,
 Air an iobradh gu iarrtus geur-Cheatais a riarrach',
 'Nuair bhiodh iad sin criochnaicht' b'e diogh'ltas a ghlaodh ;
 Loisgte uil' iad an cabhaig mar mholl no mar ashbuain,
 A's bhristeadh mar dhealan gu l' ealamh gu daoin,
 Gun dion a's gun fhasgadh o leir-sgrios a Cheatais,
 Bhiodh iadsan mar asgart anns an lasair le gaoith."

'S nuair dh'aontaich an t'aon-ghingu gradhach 's gu gaolach,
 Dhol 'n aito chloinn daoinne gu 'n saoradh o thruaigh',
 Bha na h'aingilean naomha lau solais da thaobh sin,
 'S fhuair 'n inntinnean soilseach, 's ur aoibhneás' bhios buan,
 'S dh'fas Trocair a's Firinn 'nan cairdean ro dhileas,
 A's chomhlaich an sith iad, le sitheadh na laimh' ;
 A's Ceartas a's Siochaint, bha lau de thoil-inntinn,
 Le suil ris an iobairt 'thug Ios' air a chrann.

'S 'nuair pheacaich sliochd Adhaimh le briseadh na h'ainthe,
 'Sa threig iad an t'-ard-Righ le gradh thoirt d'a miann,
 Rug aon mallachd 's am bas orr', 's chuir Ceartas an sas iad,
 'S bha 'd truaillidh 'a's traillidh aig satan 'na lion :



Gun neart a's gun dochas, gun neach ann g'an comhnadh,
 Air seachran 's a cheo 's iad gu doruinn a' triall.,
 B'e 'n-t'aoibhneas ro mhor e, 'nuair a shoillsich orr' Trocail,
 A's caoimhneas Iehobhah thoirt treoir dhoibh a's dion.

Bha 'n Trocail so dealrach', mar reul anns na h'ardaibh,
 Le samhlan, a's sgailean, a's faidheau 's gach tim ;
 O'n thuit an ceud Adhamh, 'nuair a bha e 's a gharadh,
 Gus an d'thaing an Slanuighear grasmhor do'r tir
 'S ged b'fhan a bha soillse, re fada na h'oidlich' ud,
 Le mheas ann an coimeas ris an fhoillseach thain' oirn
 'S mor dh' fhairich de caoimhneas, 'bla 'n teanntachd ro
 oilteil,
 'S mor 'las i le li'aoibhneas, bha claoide le bron.

Ach theich uaimh na sgailean, (mar reulltaibh 's na'
 h'ardaibh,
 'Nuair shoillsich's 'an la oirn le dealradh na grein,)
 'Nuair 'rugadh an Slanuighear o mhnaoi anns ann stabull.
 'S a ghabh e ar nadur mar phailliun da fein.
 Sud a 'm pailliun 's na chomhnuich am fior-Dhia, Iehobhal
 Ged bha e gan treoir a's e 'deothladh na cich' ;
 Gun ait 's an tigh-osd da, le Herod air fhogradh,
 'S air' ghiulan le Ioseph o fhoirneart an righ !

Ach dh'fheuch e a mhorachd le oibrith ro ghloirmhor,
 Rinn iochd agus trocail, air deoraibh bochd truagh ;
 Thug aoibhneas a's solas, do dhaoinibh bha bronach,
 'S thug saorsadh do mhoran, bha 'n doruimi ro chruaidh.
 Gach buaidh anns an diadhaidheachd, dhealraich gu sgiamh-
 ach,
 'Na ghiulan 'na mhiorbhuiilibh, 's gniomhaibh a lamh',
 A's dhealraich caomh Throcail 'na mais' annt' gu h'oir-
 dhearc,
 Ann 'm briathraibh a bheoil, a's 'na dheoir nach bu ghann.

B'e 'n sealladh ro dhruighteach bhi faicinn a dhurachd,
 Ag osnaich 's ag urnuigh 'n deadh runa do dhaoin',
 Na deoir a bhi bruchdadhbh gu frasach o shuilibh,
 'Nuair tharruing e dluth do Ierusalem bhaoth.
 "O ! gu 'm biodh tu eolach air firinn mo bheoil-sa,
 " 'S gu'bheil mi gle dheonach do threorach gu sith,
 "Mu'm bi thu air t'fhogradh gun iochd a's gun trocail,
 "Gu ifrinn na doruinn—'an dolas gun chrich."

'Nuair ghlacadh lo h'uamhunn an aireamh de 'n t'sluagh
 sin,
 Bha gradhach m' an cuairt da dol suas leis 'san rod,
 Gu tul-chuiseach buadhmhorr, lan luchdaicht' le truacantas,
 Ghreas e gu luathl 'n coiuneamh truaigh' agus broin ;

'S chuir Ceartas a chlaidheamh gu feargach 'na anam,
 A's ghiulain e 'm mallachd chaidh 'bhagradh air daoin',
 Chaidh 'phrounadh 'san amar. fo chorruich an Athar,
 'S mar bhoinnibh tiugh fala bha fhallus a taosg'!

Chaidh daoin' agusdiabhlan 'leig' mu sgaoil air g'a phianadh
 'Si, chaomh-f huil a dh' iarr iad le cioeras ro gheir,
 Gach innleachd bu taireil', bu mhaslaich' 's bu chraitich',
 Chaidh ghnath'chadh lo naimhdibh 'san ainneart 'ga cleus',
 Le Ceartas ga bhual' agus peacan' an t-sluaigh air,
 'S chaomh Athair 'an gruaim ris chuir uamhunn r'a phein,
 Am bas a bha 'n uachdar, 's thug thairis do'n uaigh e,
 Gun char'chadh gun għluasad 'na shuain iunt gu seimh.

Ach dh'eirich o'n bhas e, m'a bhristeadh na faire,
 Air maduinn 'n treas-la an deigh charadh 'san uaigh;
 A's naimhdean bha laidir. mhin-phromu e fo shaitibh,
 'S aig deas laimh an ard-Righ tha thamb aig' gu buan.
 Gach cunlhachd air thalamh a's shuas anns na flaitheas,
 Tha 'n gairdean 'san claidheamh Immanuel gu leir,
 A's shuidh anns a chathair, chum ifrimm a's talamh,
 Da 'n deoin no da 'n ain'eoin f'a smachd-san bhi geill.

Tha 'n sgeul so toirt foillseachadh iongantach saoibhir,
 Do 'n pheacach is oillteil' air caoimhnes graidh Dhe,
 Chum 's gu 'n till e le nair' ris, fein-dhite, goirt eraiteach,
 S bhi g' aslachadh fhabhair lo danachd nach geill
 Ach 's bronach ri sumaineach cho gorach 's cho uaibhreachi,
 'S tha moran 's an uair so caoин-shuarach m'a għras,
 Is annsa leo striochdadh do shatan 's d'am miannajib,
 Na gabhail ri Criosda thug dioladh 'nan ait.

Fhir eisdeachd mo dhana, faic caoimhneas an aird-Righ,
 Do pheacaichibh graineil 'nan nadur 's 'nan gluas'd :
 A's teich chum aui t-Slan'ghear a sheasamh 'na t'aite,
 'S a rinn Ceartas a shasach gu d' shabhal' o thruaigh',
 'Bheir fireantachd shaor duit, 'bheir an Spiorad glan naomh
 duit,
 Bheir sith agus naomhachd le saorsadh o 'n uaigh,
 Bheir aisig a's treorach' do rioghachd na gloir duit,
 Far an scinn tħu air Trocair le oran bith-bhuain.

TROCAIR AITHNICHTE DHE.

GRAD mhosgail mo ghloir! agus tog do ghuth ceolmhoir,
 Chum sejn air eaomh Throcair le oran ro bhinn ;
 Tha 'n t'am dhuit bhi toiseach' le t'anam 's le d' dheoine,
 On' thainig, i 'd chomhail le solasaibh grinn,

'S O ! ciomas nach seinn mi air ni tha co aoibhim,
 'Sa bhuin rium co caoimhneil 's mi oillteil 's an dith,
 'S mi m' thruaghan air faondra' a'm fasach an t'saoghal
 Gu seachrauach baoghalt' mar chaor' a bhios cli!

'Nuair bha mi am namhaid dhomh fein a's do 'n ard-Righ,
 'S ri dimeas air slainnte ge d' bha i co mor,
 Mo chul'aobh ri Pharos, 's a toirt umhlachd do shatan,
 A's esan ga m' thaladh gu samhach gu brou,
 Mi graineil a's truaillidh, lan ardaín a's uabhair,
 Toirt gradh do n' tha suarch a's fuath do n' tha caoin ;
 A' glaodh'ch airson suaimhneas 's an t-saoghal bhochd
 thruagh so,
 'S mi daonnan ga ruagadh 's cha d'fhuair mi ach saoth'r.

Thain' Trocair am rathad, s' dhomh dh'fheuch i gu
 li'ealamh,
 Gu 'n robh mi am amadan falamh gun treoir,
 'M luidh' buailteach do 'n mhallaichd, 's an diabhol ga m'
 mhealladh,
 A's truaillidheachd m' anam ro anabarrach mor,
 Co dhiu a bha stri rium, an namhaid, no 'n Fhirinn,
 Cha b'urrainn domh innseadh, le cinnte 's an uair ;
 Oir folaitch o m' leirsinn bha 'Trocáir gu leir uain,
 'S cha d'fhairich mi seamhachd gus an d'eigh mi "gabh
 truas."

'S nuair bha mi goirt ciurte, 's gu deurach mo shuilean,
 'S mi iargaineach bruite, neo-shuundach gun reit ;
 Mo pheacan' n deigh dusgadh, 's iad feuchainiu an gunis domli,
 Mo chogais ga m' rusgadh 's ga m' sgiursadh gu geur !
 A's Dia ann an gruaim rium a's Ceartas ga m' ruagadh,
 'Se glaodhaich a' m' chluasaibh le fuaim a bha treui,
 " Is mallaicht' gach uair thu, 's mar paighear gu luath leat,
 " Ni mi do ghrad bhualadhl le uamhasan De."

A's chuir e an sas mi, a's thubhaint, "o m' laimhse
 " Cha teid thu gu brath gus am paigh thu gu leir,
 " Na riun thu do cheannaire a' n aghaidh m' uil' aith'nte,
 " Oir bha iad gle thaireil fo d' shaitibh gun speis."
 Ghlac crith mi a's uamhunn, a's mheataich mo chrudal,
 A's ghlaodh mi 'san uair le guth cruaidh agus geur,
 " A Dhe dean-sa trocair oir 's peacach ro inhor mi,
 A thoill 'bhi air m' fhogradh gu doruinn a's pein."

Thain' Trocair thoirt faoch' dhomh, gu gradhach 's gu
 faoilidh,
 A's b' aillidh a h' aogas, na aon ni fo 'n għrein !
 Thiormaich i m' aodainn o m' dheuraibh, 's mi caoineadh
 A's għlax i gu caomh mi 'na gairdēanaibh seimh,

A's chiuinich i 'n fhuaim a sheirm Ceartas a' m' chluasiabh,
 A's thug esan fuasgladh o 'n fhuair e o chein,
 Na dh'ardaich e suas, gun dad eall dha ach buannachd,
 An iobairt ro uasal ful luachmhor Mhie Dhe.

'S dhoirt ola a' m' lotaibh bha daor dhi is cosdail,
 A's chiuinich i' phlosgail chruaigh ghoirt a bha 'm chri ;
 Le ceartas 'na focail, 's ann dh'aithn i do m' chogais,
 " Bi samhach is tosdach, thoir clos dha is sith."
 A's sgaoil i sgiort tharam, 'an caoinhneas do m' anam,
 'S mi aogail a's airsneil 's a mhachair bha sgaoilt' ;
 'S nuair dh'fhosgail mo' shuilean 'sann chunna mi dlu dhomh,
 Beo thobar a' bruchdadadh de 'n uisge tha saor.

A's dh'fheuch i dhomh 'n rathad tha treorach' gu flaitheas:
 Tre thir so na mallachd, gu talamh na sith ;
 " Ach feumaidh tu aire thoirt," deir i a's bhi caithris,
 " Oir naimhdean ro charach ort tachraidiu 'san tir ;
 Bidh 'n saoghal a's satan 'm feall-fholach 's gach aite,
 'S le truaill'eachd do naduir gabhail fath ort 's gach tim ;
 Ach bi thusa laidir 'san ti is ro airde,
 Le creidimh 's fein-aicheadh theid 'm blar leat 's a chrich."

'N sin ghabh mi an rathad le sunnd a's le farum,
 A's shaoil mi gu 'sgathain mo naimhdean gu treun,
 Ach 'n innileachdean meallaith, 's an cuilbheartean carach,
 'S an treubhantas ghrainail cha b'aithno dhomh fein,
 'S nuair thainig mi dluth orr', gun umhail gun churam,
 'Sa dh'fhag iad an culcean nan sputan 'dh' aon-bheum,
 Chaidh mhisneach air chul, leis na buillibh bha druidh teach,
 A's dh'fhag iad mi ciurta gle bhruito gun fheum.

Ris chunnaic mi m' ghoraich, 's beag aobhair air boilich,
 Gun neart a's gun treoir air mo leonadh gu truagh ;
 'S b'e glaodhaich ri Trocair thigh'nu a ris ga m' chomhnadh,
 Mo spionnadh, mo dochas, mo sholas, 's mo bhuaidh ;
 'Si trocair chum suas mi 's gach ceum anns na ghluais mi,
 A's dh'fhairich a's fhuair mi i truacanta caomh,
 B'i tobar mo shuaimhneis nach d' fhail'nnich mi 'n cruaidh-
 chas,
 Bha' caol-ghuth a'ruagadh gach gruaim uam a's daors'.

'S nuair bha mi goirt craiteach, fo smachdach' an ard Rig
 A thug cuid do m' chairdibh le bas as an t-saogh'l,
 'Si Trocair, gu grasmhoir, rinn seasamh nan aite,
 'S mo chreuchidan a shlanuich gu baigheil a's caoin ;
 'S re mo thim anns 'n t'saoghal, 's nuair a ghlac as 'n t'aog mi,
 Bheir Trocair gu faoilidh dhomh saors agus dion,
 'S do'n ionad ro naomha bheir aiseag 'na gaol domh,
 'Se mealtuinn a caoimhneis lan-aoibhneas gun chrioch.

LAOIDH NA NOLLAIGE.

'S O ! gur mi tha fo smuairein,
 Agus m' inntinn air gluasad le bron,
 Le bhi faicinn m' an cuairt domh,
 Moran pheacach a glusad 'sa cheo,
 Tha iad aotrom a's luaineach,
 Tha iad 'greasad gun smuaineach' 's an rod,
 'Bheir gu doruinn bith-bhuain iad,
 Far nach eluinn iad guth suaimhneach no ceol ?

Tha 's an ait so gu beachdta
 Bras shruth laidir tha neartmhòr a's luath,
 'S tha mor aireamh do peacaich',
 'Dol gu samhach leis seachad gu truaigh,
 'S ged a ghlaodhar riu "Stadaibh,
 " Gabhaibh saorsa o'n charraig nach gluais,"
 Cha toir eisdeachd do'n rabhadh,
 A's cha gheill iad nan anain do 'n Uan.

Tha na cleachduinnean graineil,
 A's na mearachdan b'abhuist gach uair,
 Air an leanachd le caileachd,
 'S iad comh-ionann ri nadur an t'sluaign ;
 'S cha druigh teagastg a Bhiobuill,
 Air an aigne, tha 'n inntinn co cruaidh,
 Is gur diomhain bhi stri riu,
 Mar tig Spiorad na firinn a nuas.

Tha cuid a bristeadh na sabaid,
 A's cuid eile a' sasach am miann ;
 Dream ri mionnaibh le h'ardan,
 'S gu breugaibh tha aireamh a' fiar' ;
 Cuid ri gaduidheachd thrailleil,
 A's do mhisge tha pairt dhuibh a striochd',
 'S cha n'eil 'h-aon de na h'aithn'tibh,
 Nach eil iad saltairt fo 'n sailtibh gach ial.

Tha uisge-beatha na mallachd,
 Air a chleachdadadh aig banais a's pos',
 'S feumaidh esan bhi paitl ann,
 Ged nach fanadh aon tasdan sa phoc' ;
 'S na seachd sreathan, 'n am caradhl
 An fhir-phosada a bhasaich fo'n fhoid,
 Ged a rachadh a phaisdean
 Fhagail ruisgte gun fhardach gun doigh.

A's aig toiseach na bliadhna,
 Cha 'n ion-mholta 's cha chiatach a' m' shuil ;
 A bhi faicinn nan riagh'ltean,
 Tha mar reachdaibh o'n diabhol 's an duth'ch ;

Theid na h'oig-fhir gu h-iomain,
 Chum 's gu 'm fogair iad bioran gun fhiu,
 'Se fuil a dhortadh gu minig,
 'Chuireas 'ghoraich 'san ionmairt air chul.

'S chum 's gu meudaichear aighear,
 'S gu 'm bi aoibhneas nan laithean ud mor,
 Theid inu thuaiream leth-ghalan,
 De na bhuaireadair 'cheannach' gu ol';
 Theid ain milltear thoirt dachaидh,
 'Chur na miltean gu lasraichibh beo,
 'S thug o naislibh am fearann,
 'S rinn an ruagadh gu talla a bhroin.

An am duibhre an anamoich,
 Ged bhiodh uisge ro gharbh ann a's ceo,
 'Chumadh daoine o'n t'searmoine,
 Do nach gaolach bhi leanmhuinn na coir,
 Theid gu sunndach do'n talla,
 Far an cluinn iad mor chaithream a's ceol,
 'S bheir an oidhche na'n caithris,
 Gun bhi claoidhte le cadal gu lo.

Ciod is aobhair do'n aighear,
 A's do'n aoibhneas, do'n chaithream, 's do'n cheol!
 'M bheil na daoine gun anam,
 'N d' fhuair iad saorsa o'n mhallaichd 's o'n bhrón?
 No an eigin doibh freagradh
 Thoirt mu 'm beusan 's mu 'n cleachdan 's an fheoil?
 'Nuair 'thig Losa thoirt breith orr',
 A's gun diobradh air sean no air og.

Ah! a dhaoine gun chialla!
 C'uim co aotrom mhi-rianail gach lo,
 Cur ur cul'aobh ri Criosa,
 Agus 'runach' bhi 'riarach' na feol!
 Bheir ain bas sibh gu striochdad,
 'S theid ur caradh gle ional fo'n fhoid;
 Ach an t'anam neo-dhiadhaidh,
 Theid e dhachaидh do phriosan a bhroin.

Ruisgte, truaillidh, a's salach,
 Graineil, uaibhreach, a's malluicht' gu leoir;
 Theid a ruagadh, gun charaid,
 'S e mo thruaigh' e! gu lasraichibh mor';
 A's na diabhlán dubh greannach,
 Rinn gu h'inneachdach 'mhealladh le sgleo,
 Ni iad sin air le fanaid,
 Ged bu dichiollach lean e an seol'.

Ann an ionad na truaigh' ud,
 Chi iad sonas ac' shuas ann an gloir,
 Aoibhneas aighear, a's suaimhneas,
 'S cluinnidh aiteal air uairibh de 'n ceol ;
 Ni an sealladh, 's an fhuaim ud,
 An geur-ghonadh, tha 'n uabhar co mor,
 Chi iad sud, a's am fiaclan,
 Ni iad 'chasadh, ge diomhain an doigh !

Birdh an cogais 'na dusgadh,
 Cumail codail o'n suilibh 's an oidh'ch,
 'S gu neo thosdach, ga'n sgiursadh,
 A's ga'n gonadh, ga'n rusgadh, 's ga'n claoidlh ;
 'Si a chnuimh sin nach basaich,
 A bhios tuille a' cradhadh nan daoí,
 A's mar ul-bheiste snagach
 Bhios gu guineach an sas annt' a chaoiadh.

Cha bhi binn cheol na fidhl' ann,
 A thoirt solas do dh'imirinn an t'sluaign ;
 Cha bhi sgala na piob ann,
 Ach cradh anam a's mi-ghean a's gruaim ;
 'S cha 'n e caithream a bhaile,
 Cha 'n e farum an damhs' bhios ri fuaim,
 Ach gaoth dhoinionnach seideadh,
 An loch theine mar bheuchdaich a chuain.

Cha bhi ol nan deoch-slainnt ann,
 Cha bhi boilich mu 'n dram ann ni 's mo,
 Cha bhi misgear a's srann aig',
 Na shuidh filte 'sa cheann air a bhord ;
 Ach bi'dh doinioinn bhios garg ann,
 Tein' a's pronnasg bhios anabarach mor ;
 Sud an cupan ro fheargach,
 'Bhios iad tuille, ge scarbh e ag ol'!

Cha bhi aighear no solas,
 Cha bhi tighean de dh'oigridh ann lan ;
 Bhios toirt tamull air orain',
 Agus tamull air boilich a's gair ;
 'S ann a bhitheas iad 'chomhnuidh,
 Ann am priosan na doruinn gu brath,
 'S ged a ghlaodh iad air trocair,
 Cha tig saorsa, no dochas, nan lath'r.

Anns na lasraichibh oillteil
 Cha bhi caraid bhios aoidheil a's seimh :
 'Chuireas gean agus aoibhneas
 Anns an anam bhios claoidle le pein,
 Bi'dh iad gruamach, neo-bhaigheil,
 'S iad gun suaimhneas, gun chairdeas, gun speis,
 Naimhdeil, uaibhreach, lan ardain,
 'Cheart cho truaillidh ri satan nan gne.

Cha bhi deahradh na grein ann,
 Cha toir gealach, no reultan, ann soills' ;
 Cha bhi smeorach air geig ann,
 'S cha tig earrach no ccitein le 'n aoidh ,
 Cha bhi fas air an fheur ann
 Cha bhi maise no eideadh air coill',
 'S cha toir claireachd no leirsinn,
 Braon souais do chreutairibh dao.

Cha bhi suil ac' ri latha
 A bhi dluth'chadh mar fhaidhir no feill,
 'Chuireas surd anns an anam
 Bhios ro chiurte fo fhaireachduinn gheir
 Fhad 's a sheallas iad romhpa,
 Chi iad deatach a's toit anns an speur—
 Cuan do lasraichibh 'losgadh,
 'S cha bhi lasach' no fois ac' o phein.

Tonn air thuinn a' sior thighinn,
 Mar a ruidhleas an t'siorruidheachd bhuan,
 'Bual' an daoí 'sá grad bhristeadh
 A's fadheoidh ag ath-philleadh do'n chuain ;
 A's mar atharrachadh feachda,
 Thig an ath-te gu ueartmhòr a's luath,
 'S bheir an stairneach gu reasgach
 'S ann air ardan a pheacaich le buaidh.

Cha 'n e masladh no tamaitl,
 A tha agam 's an dan-sa ain run,
 'S ann an caoimhneas 's an cairdeas
 Tha mi labhairt cho dan ris au duth'ch,
 Dh'fheuch an teicheadh iad trathail
 O an cleachduinnibh graineil nach fhiu—
 Agus gabhail ri slainnte
 Mu 'n teid geata na 'n gras orra dhun'.

'S tha mi 'g iuns' dhuibh gun mhearachd,
 'S ann lo ciunte o'n Abstol Pol,
 Sibhs' tha gluasad 's an rathad,
 A tha suaimhneach a's taitneach do 'n fheoil,
 No tha geilleadh do'r miaunnab,
 Gun an ceusadh 's an ciosuacl' gach lo.
 Gur h'ann gu doruiun tha 'r trialla,
 Far an comhnuich sibh 'm piantaibh ro mhòr.

Ach nach b'fhearr dhuibh grad philleadhl
 Dhiomisuidh 'n t'Slanuighear iochdmhoir a's chaoin?
 Bheireadh slainnte d' ur cridhe,
 Bheireadh gras dhuibh a's misneach faraon,
 'S uuair a dh'fagadh ur ueart sibh,
 'S bhiodh ur cairdean nan seasamh 's iad caoin',
 Bheireadh 'ghairdean-sa steach sibh,
 'S ann do'n ait sin 's am meal sibh a ghaol.

Ann an caidreamh na Trianaid,
 Gu ro dhealreach mar ghrian anns an speur ;
 Aoidheil, maiseach, a's sgiamhach,
 A' giulain dreach agus ionhaigh Mhic Dhe ;
 Far am biodh sibh neo-chianail,
 'Seinn nan oran' is ciataiche gne,
 Ann an sonas neo-chriochnach,
 'Measg na 'm brathraibh tha fior-ghlan lan speis.

GAIRM AN DUSGAIDH.

Is gur mithich dhuinn dusgadh,
 O'r cion-curam 's o'r moneis,
 Dhionnsuidh fair, agus urnuighi.
 Dh'ionnsuidh surdalachd cogaidh ;
 Oir tha naimhdean ar dutlicha,
 Daingean dubait 'n aon bhroilleach,
 Le ceum seasmhach a dluth'chadh,
 'Chum ar spuinn' 's ar troimh-lotadh !

Ach ar ceannard tha treubhach,
 Buadhach, euchdach, lan tionnsgail,
 Chuir air naimhdean nan eiginn,
 Bheur gu geill iad gun taing dhoibh ;
 'S mu bhios sinn dha dileas,
 'S anns an stri bhi cur earbs' ann,
 Bheir e uil' iad fo chis duinn,
 Dh'aín'eoin 'n innleachdan cealgach.

Tha ar cairdean fas lionmhor,
 Tha 'n ear 's an iar a toirt seachd,
 A's cha 'n urrainn an diabhol
 'Chreich a dhionadh ni's fhaide ;
 Tha o airde na greine,
 Moran threubhan tigh'nn thairis,
 A's o arois an fhuachdaidh,
 Iomadh truaghan tigh'nn dachaidh.

Tha ar cairdean fas lionmhoir,
 'S mais' an diadh'achd ri fhaicinn,
 'S annu an nearta na Trianaid
 Dol fo 'n sgiathaibh do'n bhatailt,
 'S toirt nan ionnsuidhean ciataclí
 Air bhi spionadh nan anam',
 Chum do lasraichean siorruidh,
 Nach rachadh sios iad fo'n mhallaichd.

'Sibhs' a chairdean tha aointe
 Ann an caomhalachd anam',
 'S ann trid eola is a ghaoil sin,
 Thug Fear-saoraidh gu talamh,
 Bithibh dileas da aobhair
 Oir bu daor dha ur ceannach,
 Seasaihbh daingean r'a thaobhsan,
 Sa chaoi dh na aoinaibh le gealtachd.

Tha mor thruaill'eachd ur naduir
 Sam o'n ghradh sin ga'r tarruing,
 Chium nan solasan traileil
 Tlia's an fhasach ri fhaghail,
 Ach mu dha'ontach's sibh 'chairdean,
 Bi'dh sibh 'n sas aig an nathair,
 Bheir 'na chuibrichibh basmhòr
 Buaidbean aluinn bhur n' anam'.

Ni ur creachadh 's ur spuinneadh,
 Ur glan rusgadh 's ur dalladh,—
 O n' chridh' bheir an durachd,
 'S bheir gach curam o'n anam,—
 Ni ur n' atadh lo h'uabhar,
 Ni sibh truaillidh 'n ur n' aigne,
 Dh'fhasgas tur sibh 'n ur truaghain,
 Gu mi-shuaimbhneach lan gearain.

Seasaibh daingean a's dileas,
 Cha bi sith ann ach carraig,
 Mar toir sibh fo ehis e
 Bheirear sibhse ann gn h'ealmh,
 Fhad's is beo dhuibh 'san tir so,
 Bi'dh a' milltear 'na chaithris,
 A toirt ionnsuidhean lionmhoir,
 Chum ur fiaradh on rathad.

Ach cha sinne gu sonruiebt'
 Tha e 'n dochas a mbilleadh,
 Ach na daoin nach d'fhua'ir colas
 Air Ichobhah 'sa sblighibh,
 'S mu gheibh e sinn diuididh,
 Gun bhi 'g urnuigh tsan Spiorad,
 Gun bhi tagradh le durachd,
 Le ar suilibh bhi sileadh.

Bheir e leis iad gu seolta
 Anns na roidibh tha taitneach,
 'Gealltuinn sonais bhios mor dboibh,
 Ann an storas 's am beartas;
 Ann an moas 's ann am mor-chuis,
 'S ann an solasaibh peacaidh
 Gus am faigh o fadheoidh iad,,
 Ann am doruinn na lasraich.

'S O ! nach truagh leibh an caradh,
 Aig an namhaid ga' mealladh,
 'S iad gu dannarra dana,
 'Seasamh 'n airde fo' bhrataich ;
 A's nach creid iad an Slan'ghear,
 Ged is cairdeil a rabhadh,
 Iad a philleadh gun dail ris,
 Chum 's nach basaich an anam.

Na 'm biodh agams' an Spiorad
 'Chur gu tioma 'm Fear-saoraidh,
 'S ann a ghlaodhain le mulad,
 'S mi a' gul a's a' caoineadh,
 "Och nach robh agaibh aithne,
 Air a charaid ro chaomhail,
 'Dhoirt fhuil chraobhach gu talamh,
 'Chum ur glanadh 's ur naomhach!"

'Dhoirt fhuil-chraobhach gu talamh,
 'S ghiulain 'm mallachd 'n a aonar ;
 Thug lan dioladh do'n cheartas,
 'S leig an reachd ris na naomhachd ;
 Dh'fhsogail slighe gle fharsuing,
 Do ghradh an Athar gu taomadh,
 Chum na traillean bochd peacach,
 Truaillidh, seachranach 'shaoradh.

Sibhs' a bhraithre tha dileas,
 Cuiribh dichioll ri faire,
 Agus glacaibh am Biobull,
 'Nur laimh sinte mar chlaidheimh ;
 Tha na ceudan 's na miltean
 Anns an tir so fo'n mhallaichd,
 'S mu gheibh bas iad neo-iompaicht'
 Theid iad cinnteach gu peanas.

'S cha 'n 'eil seoltachd no innleachd,
 Ann an inntinn no 'n eanchainn—
 Cha 'n 'eil gliocas no faoghlum,
 'N teangaidh dhaoine no ainglean,
 Ni an dream sin a shaoradh
 Th'aig dia 'n t'saoghail so geimhlicht',
 'S e an Spiorad na aonar
 Chuireas sgaoil' anns na ceangl'chibh.

Ach tha Athar na trocair'
 Uile dheonach 'thoirt seachad,
 Agus feitheamh gun 'dhortadh,
 Gus an toisich an tagradh,—
 Gus an toisich am bualadh
 A ni fuaim anns na flaitheas,
 'S bheir na beannachdan nuas oirn,
 A chrith-ghluaiseas an talamh.

Chuireas toirm a's crith-ghluasad
 Anns na h-uaighibh bha duinte,
 'S bheir na mairbh annta 'm follais,
 Ann an sealladh na sula;
 'Se Spiorad Naomh sin a gheallaidh,
 'Ni an togail 's an dusgadh,
 'S a sheideas annta an anail,
 Chuireas anam a's iul annt'.

'S O ! nach mithich bhi 'g eiridh,
 'S dol gu leir chum an Athar,
 Mar na diolacha-deirc, a
 Thia ga 'n leireadh 's ga 'n lathadh,
 'S e toirt gealladh gun bhreug dhuinn
 Sinn' ar beul fhosgladh farsaing,
 'S gu 'n dean esan gu fialaidh
 A shar lionadh le pailteas.

Do thaobb gealladh an Spiorad
 'Tha sinn' sireadh 'sa miannach',
 'Chum ar glanadh 's ar naomhach',
 A's an sagh'l thoirt gu striochdad,
 Tha e dhunne, gun teagamh,
 'Reir ar creidimh 's ar 'n iarrtas,
 'S cha leig 'n fhirinn no 'n gealladh
 Chaoidh a choir' chuir air Dia leinn.
 'S mar faic creidmhich de 'n al so,
 Mu am fag iad an saoghal,
 Seilbh air gabhair do 'n t'Slan'ghear,
 Anns gach ait 'am bheil daoine,
 A's na cinnich dha striochdad,
 Am an rianalachd aoraidh,
 Se a theirinn gun mhearrachd
 Gur h'e cion-creidimh is aobhar.

Oir tha 'n oidhch' air dol tharuinn,
 'S fair 'na maidne tha ciuin ann,
 Gairm a choilich toirt rabhadh
 A sior-labhairt, " Grad dhuisgibh !
 " Oir tha grian ghlan an aiteis
 " A sior tharruing ni 's dluithe.
 " 'Ni an duibhre, ghlan sgapadh,
 " 'Sa lionas talamh le surda."

'S ann an uin gun bhi fada
 Chi gach anail i 'g eiridh,
 'S gu ro-sgiamhach, mar ghaisgeach
 'Ruith a h' astair 's na speuraibh,
 A's gach creutair air thalamh
 Thug o anam lan-speis di,
 Chi a gnuise le h'aiteas
 'N am bhi saltairt nan sleibhteau.

Ach ni i muiseag a's gealtachd
 'Chur air ciontaich 's luchd-reubainn,
 'S cuiridh gelte gu h-ealamh
 Air luchd-sgapaidh nan treudan,
 Ni iad 'n teanganna chagnadh
 Le cradh anam a's peine,
 'N am bhi teicheadh le cabhaig
 Mar na sionnaich o'n spreidhe.

'S ann bhi nis a co-dhunadh
 O fhior ghrunnda mo chridhe,
 'Se a theirinn le durachd,
 "Feuch nach much sibh an Spiorad ;
 "Feuch nach dean sibh a chradhadh
 "Ach a ghnath bhi ris 'pilleadh,
 "'S mor an call bhi 'ga fhogradh,
 "Le chuid sholasaiibh milis !"

Thus' a Cholumain neamhaidh,
 Thig gu seimh oirn 's dean fanachd !
 Deonaich leasachadh eud dhuinn,
 Cuir na h'eibhlean gu lasadh,
 'S tu bheir atharrachadh gne dhuinn,
 'Nuair a sheideas tu t-anail,
 'S tu ni gradh an Fhir-shaoraidh
 A chraobh-sgaoiloadh 'n ar n'anam.

Cuir-sa fradharc 'n ar sealladh
 'N am bhi togail a Bhiobuill,
 A's cuir aonachd a's ceangal
 'Measg na h'aiteam tha dileas :
 Spiorad-pairtidh na mallachd
 Dean 'ghlan-sgaradh o'r criochaibh,
 'S cuir an cumhachd le d' fhocal
 'Bheir na peacaich gu striochdad.

AN DEADH SGEUL.

Se soisgeul nan grasan an sgeul aghmhор a's caoin,
 A thainig do'n t'saogh'l mar theachdaireachd,
 O 'n Ti is ro airde thoirt slainnt do chloinn-daoin,
 Trid umhlachd 'n Fhir-shaoraidh bheannaichte.
 Tha mi 'n drasd 'cur an dan ni is feaird' m'anama.
 A's air fonn tha neo-throm dh'fhasas connail geanail mi,
 Chum seinn air saor-ghrasan a 'm pailliun mo chuairt,
 Gus an cairear a'n uaigh 's an anart mi.

Tha daoine thaobh naduir nan traillean d'am miann,
 Eu-ceillidh neo-striochdt' 's air seacharan,
 Toirt nmhlachd do shatan, gun ghradh ac' do Dhia,
 A'n naimhdeas dha dian, gun aithne air,
 'S iad gu faoin, ruith na gaoith', feadh an t'saoghal fhar-
 suing so,
 'S le mor shaoth'r, 'cosd am maoin, 's gun ach plaosgan fal-
 amh ac',
 Dia neimh air an cul'aobh 's iad a' diultadh dha geill,
 Gun chreidimh d'a sgeul gun aithreachas.

Tha soisgeul na slainnte fo 'n sailtean gu faoin,
 Mar shalachar an t'saogh'l 's mar anabas,
 A's satan le sheoltachd cur sgleo orr', uach leir
 Dhoibh fad agus leud nam beannachdan,
 'Tha gun traogh', sruth' gu saor, nuas o ghaol an Athar
 dhoibh,
 Trid an Uain, dh'fhosgail suas, slighe nuadh a's fharsuing
 doibh,
 Gu taomadh a nuas oirnn, thoirt suaimhneas guu dith
 Do 'n anam gun sith 's e airsnealach.

Tha 'n sgeul-sa toirt foillseach' air caoimhneas graidh Dhe,
 Tha do-chur-an-geill le teanganna,
 'Nuair chuir e 'na fhabhar o airde nan neamh,
 'Dhlu-chompanach seimh mar theachdair uaith,
 'Mhac ro chaomh, chuir do 'n t'saogh'l sud an gaol tha barr-
 aichte,
 Chosnadhbh saors' do chloinn-daoin', a's gach aon fo 'n mhall-
 achd dhiubh ;
 Iad nimheil, a's naimhdeil, mi-thaingeil, gun speis ;
 An aimhreit r'a cheil, 's nan as-creidmhich.

'Nuair thain' an t'am sonruicht', roimh-orduicht' o chian,
 'S an coi-lionadh Dia a ghealladh dhuinn,
 'N sin rugadh o mhnaoi bhochd, an naoidhean o neamh,
 A b'aillidh na reult na maidne :
 Luchd-fair' 'n treid, bha 'm Betleh'm, ghlac gu leir a gheal-
 tachd iad,
 S aingeal De, tigh'nn o neamh, ann an eideadh dealarach,
 'S e tuirling a nuas orr', le luthas na gaoith,
 'S a dearsadh mar bhoisge dealanaich.

Bha 'bhriathran mar mhil a's i sileadh o'n chir,
 'Nuair thuirt e gu siobhailt tairisneach,
 " Cha 'n eagal 's cha sgath dhuibh, mo lai'reachd tha seimh,
 " Se th'agam deadh sgeul ri aithris duibh :
 " Sgeul ro bhinn, do gach linn, bheir toil-inntian 's anam
 doibh,
 " " N sgeul is mils', chaidh riamh inus', ann an tir na h'airs-
 neal so,
 " Oir rugadh dhuibh Slan' ghear 'm bail' Dhaibhidh an righ,
 " A's gheibh sibh na shin' a'm prasaich e."

So labhair an seraph, 's au deireadh a sgeoil,
 Feuch! cuideachd ro ghloirmhor maille ris,
 Do dh' armaitibh neimh, leam gu 'm b'eibhinn an ceol,
 'S iad 'cantuinn an orain mhaisich so,
 "Gloir do Dhia, feedh gach ial, 'n ti tha riagh! o chathair
 shuas,
 "S sith a's gaol, do chloinn-daoin', oir tha deadh ghean
 fhlaitheanais
 "Gle nochdta, gle dhearbhta, lan-shearmonaicht' a chaoidh,
 "A'n tabhairt an naoidhean bheannaichte ud."

Deich 'r fhichead de bhliadhn'chaibh bha Ios' ann an aois,
 'Reir baralach dhaoin', 'nuair bhaisteadh e,
 'S air dha bhi 'g urnuigh le durachd a's gradh,
 A's a shuilibh an aird ri flaitheanas,
 Dh'fliosgladh neamh, agus feuch! Spiorad Dhe tigh'nn 's
 fanachd air,
 Agus chulas 's an uair guth o shuas a labhairt ris,
 "Is tus' mo Mhac gradhach bha aillidh dhoimh riagh,
 "S mo thlachd bidh gu siorruidh maille riut."

O'n am sin bha Iosa mar ghrian anns an speur,
 'S e dealrach' na sgeimh 's na mhaisealachd,
 'Toirt solais glan glo gheal 'n Iudea le failt,
 'S gu sonruicht' le blath's an Galile,
 'N duibhre dorch, 's luibhr' na lorg, theich a's colg gach an-
 shocair,
 Ciont a's bas theich mar chach, a's thug satan chasan as,
 'Nuair 'labhair o 'm facal blia smachdail a's treun,
 Ghlac crith iad gu leir 's chaidh cabhag orr'.

Na gaothan bha doirbh riimeadh soirbh leis iad 's calld',
 'S tuinn bhuairete chuir pramh a chadail orr',
 Labhair Iosa 's a mionaid no 'm priobadh na sul,
 Feuch thug iad lan-umhlachd calamh dha;
 Dhearbh a's dh'fheuch, anns gach ceum, gu'm b'o fein gun
 atharrachadh,
 'M fior Mhac Dhe, 'n ti o chein, chruthaich neamh 's an talamh
 so,
 'S tha lionadh gach aite le lath'reachd 's le ghloir,
 Dia foillsicht' 'san fheoil—EMANUEL!

Chuir a ghuala le togradh ri obair na saors',
 Sheas daingean a'n aobhar fhlaitheanais;
 Chuir 'n aghaidh gach mearachd, 's droch-cleachduinn 's an
 t'saogh'l,
 'S saobh bharaillean dhaoine amaideach;
 'N lagh ro naomh, math gun ghaoid, ceart neo-chlaon 's neo-
 mhearachdach,
 Anns gach cas, sheas a phairt, 's dh'fheuch gu brath bli seas-
 inach e,
 Gun atharrachdadhbh, gun chaochladh, gun aomadh, gun fhiar',
 Na mhaise, ua riar, 's na bhagraidhean.

A naimhdean bha diorrasach dioghaltach garg,
 Lan mi-ruin a's dalmachd aineolach,
 M'a thimchioll ag iadhadh 'san diobh'l air an ceann,
 (Mar an t'athiar 's a chlann) toirt sparradh dhoibh,
 "Aire thall! aire thall!" arsa 'n t'seann nathair ud,
 "Glacaibh 'n fheall gu ro theann, chum 's a cheamh a caith-
 cadh air,"
 Mar nathraichibh oillteil 's neo-aoidheile greann,
 Bha 'naimhdean a's srann m'a chasaibh ac'

'S ged rinn iad a cheusadh le h-eucoir ro mhoir,
 'S 'n am fhuil bhi 'ga dortadhl fanaid air;
 A chrunadh le sgitheach bha biorach a's geur,
 Cha d' fhosgail e bheul 's cha d' ghearin e:
 O! an-speis do-chuir 'n geill, a's an seamliachd 's mhaisalachd,
 Bha 'n Uain De, 's fheol 'ga reub', a's e 'm peintcan chas-
 graidh ac',
 Nuair thuirt e, "O m'Athar! thoir-sa maitheanas doibh saor,
 "Do ghradhl no mo ghaol-s' cha 'n aithne dhoibh."

Na dlh'fhulaing &r Slan' ghear ann an aite an t'sluaigh,
 Cha gabh e a luaidh no aithris duinn,
 'N uil' pheacannan graineil chaidh 'charadh mar chual,
 Air anam le 'n truaigh slo 'm mallachdaibh;
 Righ nan dul' chlaidheamh dhuisg, liomhta ruisgte lasarach,
 'S bhuachaill' seamh, charaid treun, bhual gu geur 's gu
 sgaiteach leis,
 Fearg theimteach na naomhachd chuir 'dhaonnachd na smal,
 Ach dhiadh'eachd 'n uair rainig chaisgeadh e.

"Ata e nis criochnaicht'" thuirt Ios' air a chramm,
 A's lub o a cheann a's chadail e,
 Lan phaigh e na fiachan le dioladh neo-ghann,
 Do'n cheartas rinn teann an agairt air;
 'N gath o'n bhas thug, a's le shail, bhruthadh ceann na nathracha,
 Thugadh buaidh leis air 'n uaign, 's dhirich suas do fhlaitheanas,
 A's shuidh auns a chathair le cath-reim 's lo gloir,
 'S uil' naimhdean nan stol fo chasaibh aig'.

Tha 'n sgeul so lan-dhearbhta 's fath earbs' o nach treig,
 Sar bhunait nach geill 's nach caraich e;
 Grad chuir-sa le eolas do dhoigh ann gu leir,
 A's gheibh thu na steigh tha daingean e;
 'S ged bhiodh colg air an stoirm' seideadh borb a's bagarrach,
 Roidhle gharg air an fhaирg, 's eiridh gharbh air cladaichibh,
 Cha 'n eagal 's gach ami duit an amhgar no 'n teiuin;
 A's t'acair an greim 's a chaladh so.

CUIMHNEACHAN.

Mo bheannachd dhuit an drasda
 A bhrathair th'ann Ceap-breatan thall,
 Ge fad thu uam 's an fhasach
 Mo chridh tha 'n gradh gle cheangailt riut ;
 'S ann ann an cladh Cill-mhicheil,
 Aig eaglaise na sgireachd,
 Far am bheil na miltean
 Nan luidh sinte a dhealaich sinn.

Far am bheil uisg' Ard-uil
 Gun tamh dol seach gu farumach,
 A' teagasg do 'n luchd-aitich',
 Gu bas gu 'm bheil nan deannaibh iad,
 Gu 'm bheil gach gineal dhaoine,
 Dol seachad sios gun traoghadh,
 'S gach ni ta anns an t'saoghal
 Gu 'm bheil gu caochladh cabhaig air,

Nach cuimhne leat na laithean
 Gu brath nach tig n'ar caramh-ne,
 'Nuair bha sinn ainsn an ait' sin
 Ni blath's a chur n'ar n'aignidhean ?
 Nach iomadh car le cheile,
 Thug sinn feadh ghleann a's shleibhtean,
 'Nuair bha sinn air bheag ceille,
 'S air sligh' na reit' tur aineolach.

Ach, 'nuair a thain' an uine
 Chaidh suilean thoirt a dh'fhaicinn duinn,
 Mor aingidheachd ar giulain,
 'S 'u eas-umhlachd bha n'ar n' anamna,
 Gu 'n robh sinn truaillidh trailleil,
 A'm braighdeanas aig satan,
 A'n naimhdeas dian do'n ard-Righ,
 'S cur cul ri gras 's ri flaitheanas.

B'iad sud na laithean gruamach,
 Bha uamhasan a's lasraichean
 Air mullach Shinai shuas uainn,
 'S i gluasad leis na bagraidhean ;
 'S Iehobhah feiu o'n nial dhubb,
 Aig eigheach ruinn gu diana,
 " Teichibh as o'n t'sliabh so
 " Mu 'm brist mi sios mar dhealanaich !"

" Ach, ciod an taobh a theid sinn ?"
 Sin 'n eigh a bha n'ar n' anamna,
 " 'S sinn 'n so a'm fasach cheine,
 " An eiginn chruaidh, 's sinn' airsnealach,

“ Gach tobar traight’ gun diar ann,
 “ Gach luibh a’s blath ‘n deigh crionadh,
 “ Na speuran mar an t’iarunn,
 “ ‘S mar umha criadh na ‘m machraichean ?”

Ceart amhail a bha Hagar
 ’S an fhasach sgith air seacharan,
 A’s mac a’ cuin Ishmael
 ’N deigh failneachadh le tartmhoireachd,
 ’Nuair dh’fhosgail Dia a suilean,
 ’S ann chunnaic i gle dhluth dhi,
 Beo thobair uisg a’ bruchdadhd,
 Chur surd na cridh a’s geanalachd.

Is amhail sin rinn ’Trocair
 Ar seoladh chum na carraig
 O’m bheil am fior uisg’ dortadh,
 ’Bheir solasan bhios maireannach ;
 A’s thuirt i ruinn, “ Lau olaibh,
 “ Chum iota chasg is leoir e,
 “ Gach cionta gruaim, a’s doruinn
 “ Sior fhogradh uaibh an amhainn so !”

B’e sud an sealladh caoimhneil,
 Thug aoibhneas tha do-labhairt duinn ;
 Gach cionta gruaim a’s oillte,
 Mar oidhcho theich, ‘s thain’ latha oirnn’ ;
 ’S neul dubh a’s dorch a’s gruamach,
 Chur eagal oirnn’ a’s uamhunn.
 Dh’fhas aoidheil geal gun bhuaireas,
 ’S ghrad sheall sinn suas le h’aitreas ris !

DO’N TEACHDAIRE.

“ Cia sgiamhach oosa na muinntir sin a ta searmonachadh soisgeil na sithe.”—Rom x. 15.

*’Theachdair chaoimh na sgeimh ‘s na maise,
 Air na sleibhtibh biodh do chasan,
 ‘S tu aiy eigheach “ sith a’s reite,”
 Tre ’n Chrann-cheusaidh do gach anam.*

Ar caraid thu ‘s ar teachdair eibhinn,
 ’S is dearbhita gur mor ar speis duit,
 A’s gach taoblh a theid thu ‘ruin, bi’dh
 Sinne ‘g urnuigh loat gun fhannach’.
 ’Theachdair chaoimh, &c.

Rach-sa sios a dh'ionnsuidh 'bhatailt,
 'S bheir simm 'n sliabh oirnn' chum bhi tagradh,
 Agus *Amelic* 'sa dhaoine,
 Dean am bual' le faobh'r a chlaidhimh.

'M Philisteach neo-thimchioll-ghearrta,
 Ma bheir 'dulan do ar 'n armait,
 O'n t'sruth-chlais, tagh clacha min, 's am
 Mala chlobair dean an sparradh.

'S rach an codhail fir na boilich,
 Ann an neart 's an ainm Iehobhah ;
 'San clar-aodainn dean a bhualadh,
 Leis a chruaidh-chloich o'n chrann-tabhuill.

'Theachdair chaoimh, &c.

Ol gu pait de 'n Spiorad ghrasmhor,
 Thruacant' iochdmhor bha 's an t'Slan'ghear,
 A's mar lochran bheir thu soillse,
 'S teichidh 'n oidhche amhaidh, ghreannach.

'Theachdair chaoimh glan spion o d' anam,
 Spiorad *pairtidh* truagh na mallachd,
 Ma gheibh ait e ni do thraghaidh,
 'S tobair 'ghraidh fasaidh falamh.

Labhair thus' ri cloinn nan daoine,
 Tog do ghuth gu h'ard 's na caomhain,
 'S innis doibh mar beirear' risd iad,
 Nach bi dion ac' anns na flaitheas.

'Theachdair chaoimh na dean-sa meatach',
 'S leoir a ghras-an chum do neartach',
 Fan-sa dluth do'n ard Cheann-iuil, a's
 Bi'dh tu bochd a's bruit a's beartach.

Innis doibh gu bheil iad truaillidh,
 Salach, graineil, lan de 'n uabhar,
 'N naimhdeas dian do Dhia na gloire,
 'S iad gu doruinn 'triall' 'an cabhaig.

'Theachdair chaoimh le durachd anam',
 'S suilibh deurach bi-sa tagradh,
 'S guidh air daoinibh, as uchd Chriosda,
 Iad bhi reidh ri Dia gu h-ealamh.

Innis doibh mu mheud na h-iobairt,
 Chaidh thoirt suas chum ceartas dhioladh ;
 Gun d'fhosgladh leis an iobairt ghloirmhor,
 Doras trocair do gach anam.

Innis doibh gur 'sin do bharail ;
 'S cuir do mheur dhoibh air gach earrainn,
 'Chum 's gu'm faic iad o'n a Bhiobull,
 Gur h'i 'n fhirinn tha thu labhairt.

Thoir gu fialaidh farsuing saor dhoibh,
 Cuireadh teachd a chum 'n Fhir-shaoraidh ;
 'S innis doibh ma theid 'an dith iad,
 Nach bi 'n iobairt ac' ri thagradh.

'Theachdair chaoimh thoir thus dhoibh rabhadh,
 Chum 's nach bi iad air am mealladh,
 Socrach, siochail, anns na didean'
 Mhealltach, mhillteach, bhreugach, chad'lach.

Thoir orr' fras de'n gharbh chloich-mheallain,
 Chum am bual' le fuain 's le faram,
 Chum an dusg' an creach' 's an spuinneadh,
 'S an geur sgiursadh mach o'n garaidh.

'Theachdair chaoimh, fuidh steigh a mheallaidh,
 Leag am fudar 's cuir ris sradag,
 Suas 'na smuid e, chi thu ruisgt' iad,
 'S casan siubhlach teich le 'n anam :

'S 'g eigheach " Fheara a's a bhraithre !
 Ciod a ni sinn chum ar tearnadadh,
 Tha ar 'n urnuighean 's ar crabhadh,
 'N deigh ar fagail fo na mhallaich!"
 Theaehdair chaoimh bi mach le d' fhreagradh,
 'S abair riu, le danachd Pheadair,
 " Creidibh ann an Iosa Chriosda,
 'S gheibh sibh dion a's slainnt, blios maireann."

" Deanaibh aithreachas gu trathail,
 Pillibh ealamh chum an t'Slan'ghear ;
 Deanaibh striochdadadh dha gu h-iosal,
 'Chaoimhneas siorruidh tha, do labhairt."

Theachdair chaoimh, &c.

Tha 'm faogh'r mor 's luchd-oibre annamh,
 Tog do shuilean 's faic na h-achan',
 Fhad's is leir dhuit chi thu gle-gheal,
 Abaich reidh iad chum a ghearaidh.

'Charaid chaoimh bi mach an cabhaig,
 Dhit do chot' a's mach le t'fhallas,
 Cuir an sath do chorran geur,
 A's bi a' d' leine 'cur 's na bannaibh.

'S ged robh cuid ri d' thaobh 's an achadh,
 Direach, ard-cheainnach mar chrannaibh ;
 'N darna fear ag innseadh sgeoil,
 'S am fear eil' an comhnuidh 'fanaid ;
 'Charaid chaoimh bi thus a gearradh,
 Chaoiadh guu fhailling air do spionnad,
 Gheibh thu neart o'n Tighearn mhor,
 Oir as leis le coir na h'achan'.

'S cuiridh thugad chum an achaidh,
Smior a chruthneachd, mil o'n charraig;
'S gheibh thu fion gu paitl ri ol,
'Chuireas gean a's treoir a' d'anam.

'Charaid chaoimh cha'n fhaodar fannach,
Fhad 'sa bhios aon sguab gun tarruing,
Gus an cluinnear aird a ghlaoidh,
Tigh'nn o na naoimh "*am faogh'r dhachaidh!*"

"M faoghar' dhachaidh!" glaodh o'n talamh,
"M faoghar' dhachaidh!" freagradh fhlaithis!
Air ais 's air aghaidh feadh n'an speur, bi'dh
Caithreim eibhinn a mhic-talla!

Cha bhi creutair, ni, no anam,
'Charaid chaoimh nach damhs le h'aiteas,
'S nach bi mar theudan 'n inneal-chiuil,
Ach an slochd gun ghrunnd gun aigeann.

Ach an slochd bi'dh gruaim na tosd air,
Udlaidh mar an uaigh 's i fosgailt'
Gun ghean, gun ghair, gun aoidh na ghnuis,
Ach iargalt, muigeach, 's ceo m'a mhalaidh.
'Theachdair chaoimh, &c.

*A supply may be had, by applying to Mr. R. Simpson,
Cloth Merchant, 50 Candleriggs, Glasgow.*

